

[C 1]

[Blank]

[C 2]

[Blank]

[C 3]

<eng>DAIN IAIN GHOBHA.

Morison's Poems.

GEORGE HENDERSON

VOL. I.
1893.

A. SINCLAIR,
GLASGOW.

[DA 1]

DAIN IAIN GHOBHA.

[DA 2]

[Blank]

[DA 3]

[Blank]

[DA 4]

[Dealbh]
TÙR CHLIAMAIN: ST. CLEMENT'S CHURCH, RODEL.

[DA 5]

DAIN IAIN GHOBHA.
THE POEMS OF
JOHN MORISON,
THE SONGSMITH OF HARRIS.

Collected and edited with a Memoir
BY
GEORGE HENDERSON, M.A.

VOL. I.

Glasgow:
ARCHIBALD SINCLAIR, 10 BOTHWELL STREET.

Edinburgh:
NORMAN MACLEOD, THE MOUND.

MDCCXCIII.

[DA 6]

ARCHIBALD SINCLAIR, PRINTER,
CELTIC PRESS, 10 BOTHWELL STREET, GLASGOW.

[DA 7]

TO
ALEXANDER CARMICHAEL,

WHOSE DEVOTION TO THE RESCUE OF ANCIENT CELTIC LITERATURE IS NOT
INFERIOR TO HIS PIETY AND WISDOM; WHOSE LOVE OF THE IDYLLS OF THE
ISLES AND OF THE HIGHLAND PEOPLE IS EQUALLED ONLY BY HIS AFFECTION
FOR WHATSOEVER THINGS ARE PURE AND LOVELY AND OF GOOD REPORT
WHEREVER FOUND; WHO HAS ALWAYS ENCOURAGED ME IN MY LOVE FOR THE
GAELIC TONGUE, ITS PRESTIGE AND ITS BEAUTY, AND TO WHOSE FRIENDSHIP
AMONG OTHER BENEFITS I OWE MY FIRST ACQUAINTANCE WITH A NOBLE POET'S
MIND, I DEDICATE THESE VOLUMES.

[DA 8]

[Blank]

[DA 9]

AN CLAR-INNSIDH

	PAGE
Memoir,	
i--1xxv	
An Ionndruinn ,	
1	
Buadhannan an t-Slanuighear,	
7	
Maise Chriosd,	
17	
Foghainteachd Gras Dhe, Earrann I,	
22	
Foghainteachd Gras Dhe, Earrann II,	
33	
Cuireadh Chriosd,	
51	
Eu-Comas an Duine,	
66	
An Nuadh Bhreith,	
84	
A' Bhuaidh Larach, Earrann I,	
106	

A' Bhuaidh Larach, Earrann II,
115
A' Bhuaidh Larach, Earrann III,
127
A' Bhuaidh Larach, Earrann IV,
137
An Cath,
151
Marbhrann d' a Cheile,
160
An Airc, Earrann I,
166
An Airc, Earrann II,
182
An Airc, Earrann III,
193

[DA 10]

Am Firean,
204
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich,
236
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich, Earrann I,
244
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich, Earrann II,
249
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich, Earrann III,
256
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich, Earrann IV,
263
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich, Earrann V,
272
Cliu an Ollaimh Dhomhnullaich, Earrann VI,
288
An Cuart Cuan no Dan Na Breadalbainn,
301

[DA 11-14]

PREFACE.
[Beurla]

[MEMOIR 1-76]

Memoir of John Morison.
[Beurla]

[TD 1]

<gai>Dain Iain Ghobha.

AN IONNDRUINN.

I.

"AIR fantuinn dhomh gu fad a'm' thamh

Luidh air mo chnamhaibh aois,"
Luidh dusd us sgeo ro mhór us bàs,
Luidh duibhr' a ghnàth us daors,
Luidh tosd us bron air iomadh fàth,
Luidh cuing an aite saors,
S mur faigh mi fuasgladh nuas o 'n aird
Dhomh 's dualach smaig an aoig.

II.

Mo chridhe trom gun fhonn s mi sgith,
Us mi fo mhi-ghean mor;
Gu bruit a'm' chom gun fhois gun sith
Mi sìor dhol cli fo neoil:
Ged fhiosraich mi mu Fhear Mo Ghaoil
Cha 'n eil a h-aon a'm' chòir
Bheir sgeul no seoladh dhomh san raon
Gu faotuinn saor o m' bhrón.

[TD 2]

III.

Cha chluinn mi guth a' cholumain chaoin
No comhradh caomh nan uan,
Mu cheusadh Chriosd no air a ghaol
Cha chluinn mi aon 'to'air' luaidh
A thogadh m' aigne s m' fhonn le saod;
S cha 'n fhaic mi 'n raon mo chuairt
Chuilc bhruit no lion na smuide caoil
Ri 'n cleachduinn saors car uair.

IV.

Na neoil air comhdachadh nan gleann
Gun bhoillsg bhi ann bho 'n ghrein,
Na caoirich sgapt air feadh nam beann
Gun bhuachaill ann ri feum;
Droch aodhairean cinn-iùil nan dall
Gun tuigs air call an treud,
S ma bhriseas aon a mach bho 'n mheall
Bidh coin gu teann na 'n deigh.

V.

Is aobhar m' ionndruinn air an àm
Mo neart 'bhi fann s mo spéird,
Mo ghoruich s m' aimideachd ro mheallt
Ga m' chumail mall san t-streip;
Gun chrann-tabhuill bhi na m' laimh;—
Mo lann a bhi gun ghleus—
Le 'm buailinn Goliah sa' cheann
S gu 'm faodainn danns us leum.

[TD 3]

VI.

Is m' ionndruinn mhór s mo bhrón an tràths

Cion foills air gras an Léigh,
Nach faod run m' inntinn us mo ghnàths
Ri Fear mo Ghraiddh bhi reidh;
S e meud mo theagaimh-m' aobhar cràidh!—
A deagh-ghean s fabhar Dhe
Taobh cruas mi-chreideamh air a shlaint
A dh' fhag mi 'm' thraigheal dhomh fein.

VII.

Is aobhar m' ionndruinn air gach uair
Us fàth mo ghruaim s mo thurs
Mo pheacaiddh ghraineil s m' inntinn thruailt
Bhi folach bhuaum a ghnuis
Us m' ardan ceannairceach s m' fhein-uaill
A' glasadh suas mo chiuil,
Mo chridhe naimhdeil aingidh buairt
Mar theas a' fuadach driùchd.

VIII.

Bidh mis an sàs gun bhaigh gun truas
Fo bhuelle chruaidh an uird
Bidh mi gun tamh fo amhgar truagh
Gu 'n cluinn mi fhuaim ás ùr;
Gu 'n sil e ghras o 'n aird le buaidh
Gu 'n seall e nuas le shùil
S gu 'n sìn e lamh a ghraiddh mu m' chuairt
Ga m' tharruing suas ris dluth.

[TD 4]

IX.

Tha eud ro lobhte laist a'm' chre
O ghrunnd ro bhreun us searbh;
O 'n nimh ro throm tha' m' chòm ri streup
Ga m' lot gu geur le chalg:
N uair 's fearr mo ghleachd an aobhar Dhe
Tha cuid dheth 'n stéidh o'n chealg
S dhomh 's eigin teich' le luaths mo cheum
Gu uamh an t-sleibh air falbh.

X.

Ged sheideadh stoirm us toirm ro bheur
Chur chreag gu leir na 'n smur,
Beithir, crith-thalmhainn gharbh le cheil
Le 'n criothnaicht sleibht o'n grunnd:
Ged thigeadh teine 'losgadh gheug
Gach lus gach feur na 'n smùid
Cha 'n fhaigh mi fois gu 'n cluinn mi fein
N guth caoin o'n bheul 'tha ciùin.

XI.

Is m' ionndruinn air a chomunn thlath
Dh' fhag guin a'm' àirnibh geur;
Us air an eifeachd ta na 'phlasd

A dheanamh slan mo chreuchd:
Ta m' ionndruinn air a choimhneas ghraidh
Chur blas a ghrais na m' bheul
A chuireadh casg air gath mo namh
A tha do ghnath ga m' theum.

[TD 5]

XII.

Mo ghoimh gun lasachadh gach am
Mo chreuchd a' diultadh phlasd
Gach buaidh dheth m' anam lan dù dh' fhannt
Mo chreideamh gann gach tràth,
Mi triall san dorchadas mar dhall
To'airt beum do 'n cheannard ghraidh,
Ga mheas gu leir mar shruthan meallt
S gun m' earbs ach fann na shlaint.

XIII.

Mi 'g ionndruinn geall a chumhnaint réit
Trid aona Mhic De nan Dul
A dhaingnicheadh gu teann le sheul
Le 'n deidheadh gach beud air chùl,
Le 'n gluaiseadh m' anam na chois-cheum
San leanainn e gu dluth
Le aonachd għlain a spioraid fein
S le tarruing threin a chùird.

XIV.

N sin dh' eireadh m' eallach dhiom bha trom
Ga m' chumail crom ri lar
Us leumainn ealamh air mo bhonn
Us bhiodh mo chonn ni b' fhearr;
N sin dhannsadh m' anam na mo chom
Le oran fonn mhorr ard
S bhiodh fois aig m' inntinn a bha trom
N uair bhiodh gach tonn na tamh.

[TD 6]

XV.

N sin bhiodh mo chonaltradh gu leir
N co-chomunn seimh a ghraidh
Bhiodh tosd air cosgaraich na beisd,
Mo chridh air ghleus a ghrais;
Gach buaidh dheth m' anam cur gu treun
Na oibre s reidh ri 'àithn
Gun sri gun easeonachd le chéil
S bhiodh prois us fein fo thair.

[TD 7]

BUADHANNAN AN T-SLANUIGHEAR

I.

Se sgeul an aoibhneis ta ra inns
An cluas gach ni dheth 'n t-slogh;
Do chuid a bhios na sgeula sith,
Do chuid na dhiteadh mor,
Gun dh' fhoillsich solus ann san t-saoghal
An uair bha daoin fo sgeo,
Gu 'n cuirt an dorchadas a thaobh,
Gu 'n sgapt le sgaoth na neoil.

II.

Ach 's naigheachd bhronach ta ra inns
Am measg na mith s nan òg;
Anaireamh mhor a tha dol clì
Nach pill ri sith d' an deoin;
A ghradhaich dorchadas na 'n cridh
A bheir gu crich am bròn
Nach eisd guth lòin an fhaidh Righ
Tha gairm gach dith o 'n leòn

III.

Is faidh grasmhor, cairdeil, caoin
Mac caomhach Righ na Glòir,
A ghairdean laidir baigheil gaoil
Ga chumail sgaolt gach lò
Ri pobull comh-runach ro bhaoth
Nach taobh ri glaodh a bheoil,
E tairgse dhoibh-sa sonas saor
Bhi measg nan caorach beo.

[TD 8]

IV.

O! sibhse ta 'nur cridhe cnamh
Nach duisg ur pràmh gu luath
Mu 'n tig an uair s an guth gun dail,
Us cunnart bais 'nur suain
Mur tig ath-nuadh'chadh oirbh tre ghras,
Mur teich sibh trath o 'r truaigh
Thig binn ur sgaraidh bhuan gun àgh
Le sgrios gun bhaigh gun truas.

V.

O 'n tha sibh marbh as eugmhais grais
Us feartan slaint an Uain
Mur mosglaibh suas us gairm a ghraidh
A nis gach là 'nur cluais,
Teachd gu beatha leibh cha 'n àill
Ach dol 'nur smàl bith bhuan,
Mur dean sibh luathachadh fhad s is là
S e ifrionn s bàs ur duais.

VI.

Nach gabh sibh ris an gairm a ghraidh

Mun tig am bàs gu luath?
E tairgs a shluagh deagh bheatha ghnàth
Ribh sìnt tha lamh gach uair
Gu 'r to'airt o dh' uamharr dh' ionnsuidh slaint
Bho bhi 'nur traillibh truagh
Gu seilbh gach buaidh ann fein s compàirt
Ta fhacal grais a luaidh.

[TD 9]

VII.

Le 'fhuil a dhortadh ás a chridh
Thug e mor chis na 'r càs;
Us thug e 'n àird a shlogh bha clith
Bha teann an lith a bhàis:
N uair thug e buaidh air uaigh le strì
Thug spùill le spìd o'n namh
Le eirigh suas mar Uan an Righ
Chuir e 'n droch ni na smàl.

VIII.

Nach b' uamhasach an tair ro gheur
N robh aon Mac De an sas?
Bu trom a spairn, a leon s a phein
N uair leig e 'n eubh an aird:-
"Mo Dhia! Mo Dhia! O c'uime threig?"
E goirt an eiginn chraidh
A' giulan truaigh gu 'n d' thug e geill
Le 'n d' phàigh e 'n éiric lan.

IX.

Bha naimhdeas ifrinn guineach geur
An toir air fein gu teann
Bha diobhla' fuitteach borba breun
Bu neimheil beur us sgreann:
Bha siol na nathrach neimheil gleusd
Ga 'lot na chre s na cheann;
Bha fearg us doinioinn s mallachd De
Air anam seimh na 'n deann.

[TD 10]

X.

N uair chriochnaich Ios' an iobairt réit
Air crann na ceusd na bhàs,
N sin luaisg an talamh s chriothnaich sléibht
Cruaidh chreagan fein ghrad sgain,
Do dhiult a ghrian a fianuis fein
Us dhubh na speur' gu h-ard
Brat-roinn an Teampuill shrachd us reub
S na mairbh ghrad leum á 'n àit.

XI.

Mar sin gach anam mar an ceun',

Gu 'n tig an sgeul le ghras,
Theid dorchadas an inntinn fein
A chur na 'n léirs gun dail:
Ni 'n cridhe sgoltadh s fosgladh geur
Us plosgadh réidh le gràdh,
Bidh gnuis-bhrat teann na h-inntinn' reubt,
S bheir iad grad leum o'n bhàs.

XII.

S e 'n iobairt shiorruidh choisinn saors
Le iocshlaint chaoimh na slaint,
Thug beath o shuas a nuas do dhaoin'–
Tha cuan a ghaoil gun traigh–
S e 'n cuibhrionn bhuan fad cuairt an saogh'l
S e 'n stòr, 's e 'm maoin a ghràs;
Fo bhrataich bhuadhmhoir bheir iad faobh
Us creach far taobh an namh.

[TD 11]

XIII.

S e 'n sagart siorruidh feadh gach re
Thug gradh nach treig d' a shluagh,
S e thug na 'n àit an iobairt reit
S an claidheamh gear ga 'n ruag:
O theine cuartlan mallachd Dhe
S e theasaирг treud a chluain
Fo bhuelle cruaidh nan sleagh s nan spéic,
Troimh chorp s a chre trom-bhuailt.

XIV.

S fear tagraidh shuas air luach us craobh
Na fola 'thaom gu làr,
Tha 'g eadarghuidh air son nan naomh
Reir toil an aoin a's aird;
S e 'n t-eadar-mheadhon-fhear ro chaomh
Na Dhia faraon s na Adh'mh,
S e sheasas aobhar s aite dhaoin'
S thaobh Dhe 's e 'n t-aon a mhain.

XV.

S e dhuisgeas iad le Spiorad Naomh
Tre bhriathraibh caomh a ghras,
Le 'm faigh iad eolas air gach saod,
An grunnd s am faontradh cearr:
S e bheir dhoibh foillseachadh faraon
Air olc us gaoid an gnàis,
Le 'ghrasaibh tais mar fhrasaibh maoth
Gu cur droch sgaoth fo smaig.

[TD 12]

XVI.

S e sheid le anail orra gaoth

An Spioraid Naoimh o'n aird,
Chuir gradh na' n anam dha us gaol
Air nach tig traoghadh gu brath:
Le meud a charthanais d' an taobh
Tha 'n abhuinn saor nach traigh
Mar chuan a ghlanas o gach gaoid
Le 'm bheil an aonachd lan.

XVII.

Tha neart a ghairdein laidir treun
Do 'n neach tha 'n eigin chruaidh,
S e iochd a bhuaidh bheir fabhar Dhe
Do luchd nan creuchd fo ghruaim;
Do luchd a chluain fo chridh reubt
S e dhoibhsan leigh nam buadh
S e bheir am plasd nach failnich beud
Ged bhiodh am feum thar luaidh.

XVIII.

S e 'n cuspair graidh gu brath nach treig
A chuideachd fein ni 's mo;
S e fein a phaigh na 'n àit na feich
Air crann na ceusd ga 'leon:
O bhinn a bhais 's e shàth an eud,
Fhuair ceartas Dhe lan chòir
S e theasaирг iad o mhàig na beist
A bha le beichd na 'n toir.

[TD 13]

XIX.

S e 'n t-aodhair ard os cionn a threud
M bheil beath nach treig us lòn
Ni 'n ionaltradh gu ciùin us seimh
Air raontaibh réidh an sòigh;
Ged nì na nathraichean an teum
An lot le pein us leon
Na fhuil tha 'n t-slaint oir their e 'n eubh:-
O feuch mi ceusd air pòil!

XX.

S e 'n garadair s an fhionan fhior
Nach tamh ach dian ri feum;
Fear-aitich tha do ghnath ri gniomh
Ni maiseach fiamh nan geug
Ni 'n uisgeachadh gu pailt s gu fial
Bheir meas bhios liont na dheigh;
S o fhiacula mhadradh 's e ni 'n dion
Ged bhiodh am miann na 'n teum.

XXI.

S e rinn an sgaradh o'n stoc chrion
A shearg o chian s a chnamh
Gu 'n d' phlanndaich e iàd na lios-fion

A thaobh ro mhiad a ghràidh:
Do ni e 'n glanadh o 'n droch fhriamh
S an to'airt o nial a' bhàis;
A chum an toradh tho'airt am miad
Thig dealt us grian a bhlàthais.

[TD 14]

XXII.
S e 'm fionan maiseach a's glan fiamh
Nach mill an sion a bhlath;
Tha gheugan ceangailt ris gach iall
Ag gabhail dian fo sgail,
Tha millseachd fhallain s bainne chioch
A' teachd o chliabh gu 'm fàs,
Tha chuisle siubhlach 'sruladh nios
Do reir am miann gu 'n sàth.

XXIII.
Ged tha na sionnaich carrach dian
Us seolta riamh mar bha,
Cha ruig iad orra chum an crion,
Oir 's teann tha 'm friamh an sàs;
Tha fheartaibh glormhor dhaibh cho fial
S na 's leòr gu 'n dion na ghràs;
S e ghliocas mor an seol s an rian
S an treoir fo sgiath gach la.

XXIV.
Tha bhuille smachdachaидh d' a chloinn
A' gineadh aoibhneis mhoir;
Ach àm a bualaidh-chionn gu 'n d' thoill-
Bidh dhoibh na oidhche bhroin;
S thig dealaradh a ghnuis le foills,
An àm an teinn ro mhòir,
A chuireas fuadach air gach sgoim,
S a bheir dhoibh aoibhneas ceoil.

[TD 15]

XXV.
N uair ghuileas Criosd os-cionn a shluagh,
Bha marbh san uaigh gun deò,
Cha chum an Satan, bàs no uaigh
Iad shios fo 'n truaigh ni 's mò:
Theid cuibhrichean a' bhais gu luath
Ghrad fhuasgladh dhoibh le deoin;
Thig beath nan gras o lath 'r a nuas
Ni 'n àrach suas gach lò.

XXVI.
N uair ghuileas Ios' thig iads' o'n bhàs
Le gairdeachas us ceòl,
S ni Criosa subhachas gu h-àrd

N uair shileas iàds' na deoir;
Oir 's ann tre bhron-san fhuair iad baigh
Tre 'fhuil na 'n àit a dhoirt;
S o'n rinn e'm peacadh searbh dha 'n cail
Bidh 'n gairdeachas an gloir.

XXVII.

S e leagas sios s a thogas suas
Us se bheir uath am bron;
Se lotas iad air iomadh uair
Le claidheamh cruaidh a bheoil:
Se meud an calldach s an an-uair
Bhios dhoibh na bhuanachd mhoir
S á crann na ceusda ni iad uaill
Le h-aiteas s luathghair ceoil.

[TD 16]

XXVIII.

Si fhuil am plasd 'a bheil a bhuaidh
Gu leigheas suas an leoin;
Se 'sholus dealrach thig a nuas
N uair bhios iad truagh fo neoil:
S e 'n comhfhurtair tha lan dù thruas
N uair bhios iad buailt fo 'n ord
Se shlànuicheas an cnàmhan suas
Bha brist s bidh 'n uaill na threòir.

XXIX.

S o'n rinn e 'n saoradh o gach beud
Us o'n an-eibhinn mhoir,
O dhamnadhbh ifrinn s mallachd Dhe,
O ghal s o éigh a' bhroin,
Le saors o'n mhallaichd dh' ionnsuidh rèit,
S a bheannachd fein gach lò
Ged gheibh e 'n gaol cha n iognadh e,
Le aont us géill d' a ghloir.

[TD 17]

MAISE CHRIOSD.

THA cliù an t-Slànuighir bhith-bhuan
R'a sheinn le fuaim a ghnath,
A thaobh a ghrais s a ghraidh d' a shluagh,
Bho 'n 's E 'rinn suas an slaint;
Cha dean iad tamh gu bràth dheth 'luaidh
Ach gloir s gach uair 'tho'airt dha;
S o'n thaom e 'ghaol na 'n cridhe le buaidh
Tha 'n oran nuadh gach tràth.

II.

O'n dh' fhosgail E an suilean suas
Bha duint fo dhuathar bàis,

Bho nochd E dhoibh E féin na thruas
Bha 'n ceum gu luath na dhàil;
Oir dh' fheuch E dhoibh fior dhreach A ghruaidh
Us mais' A shnuaidh le fàilt,
Le 'n d' lean iad E s gach ceum mu 'n cuairt
Gu dlù, mar fuaight ri 'shàil.

III.

Oir 's maisich' E no clann nan daoin'
An àilleachd s aobhachd snuaidh:
Tha 'chomunn gradhach, grasmhor, naomh,
To'airt beath' o'n aog a nuadh:
Tha 'ghradh cho blath ro bhaigheil caoin
S gu 'n leagh e 'n daor-chridh cruaidh;
B 'e 'n sòlas lan 'bhi 'm páirt A ghaoil,
S na ghlacaibh caomh do-ghluais'.

[TD 18]

IV.

Tha dreach A phears us mais A ghuais
Thar cainnt us ciùil r 'a luaidh,
S e dearg us geal; tha 'anail cùbhr',
Mar ròs fodh dhriuchd sa' chluain:
Tha 'àileadh glan do 'n anam chiùrrt,
Tha 'shealladh sùl làn truais,
Tha 'bhriathran fallain' reidh' làn iùil
Tha ghealladh ciùin do 'n truagh.

V.

Bhi dearg le fuil gu léir mu 'n cuairt,
Fo 'n fheirg throm-bhuailt a dhoirt
Air còm a ghraidih tha lan de thruas
Dh' fhag maiseach snuadh A neoil
Do 'n pheacach leoínte fo 'n gheur-ruaig,
An ceartas cruaidh na thoir:
Se siud an sgàil bho 'n mhallaich bhuan;
S o'n teas s o'n fhuachd se 'n cleoc.

VI.

Bhi geal le fireantachd neo-thruaillt,
Le naomhachd bhuan gun sgleo,
Gun smal gun spot gun ghaoiid r 'a luaidh,
Ni 's glaine snuadh no 'n t-or:
Se siud a's trusgan réidh d' a shluagh
A chreid binn fhuaim A sgeoil,
A fhuair compàirt na ghràs s gach buaidh;
Gu bràth se 'n uaill 'chrún gloir'.

[TD 19]

VII.

S E' n t-Iongantach am measg an t-sluaigh,
S nan ainglean shuas an glòir;

S E thug an gràdh an aghaidh fuath,
Nach fhaodar 'luaidh le beòil;
An coslas pheacach 'theachd a nuas
A dh' fhulang truaigh' 'san fheòil;
Bhi 'n nadur duine 'bos air chuairt
S 'n A naomhachd shuas bith-bheo.

VIII.

S E Righ nan Righ gach linn gu bràth,
Tha 'nis am Pàras shuas;
Tha 'naimhdean ceannsuichte fodh shàil
Oir chur E 'm blàr le buaidh;
Tha 'cheannardachd a nis cho làn,
Tha neart a ghàirdean buan:
Tha gach uil' iomlanachd a' tamh
N Emanuel nam buadh.

IX.

S e 'n Tì ro mhor, Iehobhah 'n àigh,
S mòr inbh' ro ard r 'a luaidh;
Tha aingl' A ghloir' le 'n ceol na 'làtha'r,
Ri seinn nan dan 's binn fuaim;
A' comhdachadh an gnùis le sgàil,
Le dealradh lan A shnuaidh,
A tilgeadh sios an crùin gu làr,
To'airt umhlachd dha gach uair.

[TD 20]

X.

Tha aoibhneas lan, tha gràdh gun tnu,
Ri 'mhealtuinn dlùth fo 'sgéith
Tha beath' us slàint' am fàilt' A ghnùis
Do neach fodh chiùrradh geur;
Tha 'ghealladh gràis 'to'airt blaiths ás ùr
Do chuid 'tha 'n tùrs fodh chreuchd;
Ach 's bron s is bàs do chàch A chùl,
Nach d' chlaon an sùil na 'dheigh.

XI.

S E 's sgiamhaich' cas a dh' imich feur
Gun lùb na 'cheum gun fheall;
Tha dealradh glan na 'eudann réidh,
Mar dheàrrsadh gréin air bheann;
Tha 'chonaltradh cho bàigheil, séimh,
S E 's milse beul us cainnt:
N àm comhraig, carraig, strith no stréup
Cha 'n fhàilnich beum A laimh'.

XII.

An cruas A ghleachd bha 'thapadh treun;
Bu sgaiteach beum A lann;
Fhuair buaidh a' chath mar ghaisgeach gleust,
Le 'chumhachd féin 's gach ball;

Na 'uachdranachd air uaigh s air eug
Tha neart nan neamh na 'laimh;
Le 'eirigh chuir E 'n nàmh fo stéill;
Oir lot E bheist sa' cheann.

[TD 21]

XIII.

Tha còm A ghràidh cho lan de ghaol
E mall chum fraoch s chum fearg;
Tha 'iochd s A ghras do phobull naomh
Am bann do-sgaoilt' nach searg;
Cha sgar gu bith bhuan olc no aog
Aon anam saort' air falbh
O chaidreamh blàth A chàirdeis chaomh,
Ged robh 'n droch aon ga 'n sealg.

XIV.

Tha E cho geur an leirsinn sùl
Gu 'm faic E 'n smuirnean meanbh
Tha E cho glan na bholadh cubhr'
Gu 'n to 'air E 'ghnuis air falbh
N uair gheibh E goirteachadh 'san tùis:
Bidh samh gach sgùm leis searbh,
Gu 'n dean E 'n lot gu geur ás ùr,
Gu sgrios gach grùid us searg.

XV.

Tha 'bhrollach fiorghlan siorruidh làn
De 'n bhainne 's fearr do chlann;
Beò-uisge fior bho chliabh A ghraidh
A' ruith gun tàmh na dheann:
Tha 'uchd ion-mhiannaichte cho blàth,
Cho maoth, lan bàigh 's gach àm—
S mo mhiann cha riaraichead gu bràth
Gu 'm faigh mi dh' àit 'bhi ann.

[TD 22]

FOGHAINTEACHD GRAS DHE.

EARRAN. I.—MOSGLADH.

"Mosgail, thusa a tha a' d' chodal, agus éirich o na marbhaibh, agus bheir Criosc solus duit."—Ephes. v. 14.

O m' anam! mosgail suas ás
Do shuain s na dean dàil!
Gabh ri taigse luachmhoir
An Uain, fhad s is là,
O 'n dhoirt e fhuil ro uasal
Gun duais air do sgàth,
Mar iobairt chum do bhuannachd,
Us t' fhuasgladh o 'n bhàs.

II.

Gabh ri Iosa Criosa,
Gu d' dhion ás gach càs;
Mar do bhunadh diongmholt,
S do dhaingneach o d' nàmh;
Mar do charraig dhìdinn
Nach dìbir gu bràth;
Feadh gach àl mar t' fhireantachd
Do shith us do shlàint.

[TD 23]

III.

Gabh ris mar an fhirinn,
Ni lìrt thu o 'n chàin:
Mar an aisridh chinnteach,
Tha direadh an aird;
Mar a bheath' nach criochnaich,
S nach dìthich ach lan;
Mar thobar glan na fior uisg,
Gu siorruich nach traigh.

IV.

S e ceannard treun na slaint chuir
An namhaid air ruaig,
A bhuinig a bhuaidh-larach,
Fo spairn bha ro chruaidh,
Fo phiantaibh fuar a bhais a
Chum tearnaidh d' a shluagh,
S tha 'g ullachadh dhaibh àit ann
Am Paras tha shuas.

V.

Na fannaich an àm gàbhaidh,
Do d' namhaid na striochd,
Na biodh geilt na sgàth ort,
Bi laidir an Criosa;
Bi earbsach ás a ghairdean,
Nach failnich gu sior,
S biodh 'bhratach-san mar sgail dhuit,
Gach là chum do dhion.

[TD 24]

VI.

Gabh an cuireadh fial s e
Ga d' iarruidh gu teachd,
Na biodh geilt no fiamh ort,
Ge cianail do staid;
Se fireantachd fuil Chriosda
Ni sgiamhach do dhreach,
Cho cinnteach s tha a bhriathran,
Bithidh Dia dhuit mar thaic.

VII.

Gun leisgeul dhuit ri fhaotainn,
Mar fritheal thu dha,
S a bheannachdaibh gun chaochladh,
Gun traoghadh air àgh;
Do ghalairibh ro lionmhor
Gu 'n lion e le phlàsd,
S ro aimideach an gniomh dhuit,
Mur striochd thu na thràth.

VIII.

S ro aimideach an ni dhuit,
Mur aontaich thu dhà,
S a gheallaidhean ro phriseil,
Chaidh innse mar tha;
O 'n cheannaich e cho daor thu
Le maoin bha ro ard,
Gu 'n gabh e riut gu faoilteach,
Nach caochail a ghras.

[TD 25]

IX.

O gabh ri cuireadh Dhia tha
Ga d' iarruidh le ghlaodh,
Le cuireadh failteach fial gus
Do dhion o gach daors;
Se bheir dhuit slaint us siocaint,
Trid Iosa Mhac gaoil,
Dhoirt fuil a choi-cheang'l shiorruidh,
Mar thiodhlaiceadh saor.

X.

Na mealladh dia an t-saoghails'
A ris thu mar thráill,
Se t' allaban us t' fhaontradh,
An ni leis a 's fhearr;
Grad dhealaich ris s na taobh e,
Bi cuibhteas dheth 'phairt,
Us teich gu d' bhaile didein,
O dh' iobradh t' Uan caisg.

XI.

Dean faireachd us bi stuama,
Le crualal gu feum,
Mar neach s a nàmh ga 'ruagadh,
Grad luathaich do cheum,
A chum gu 'n glac thu 'n duaise
To'airt buaidh 'sa bhlàr-réis,
Gu 'm faigh thu 'n crùn neo-thruaillte
Ri 'bhuannachd na dhéigh.

[TD 26]

XII.

Tho'air fainear cho anabarrach
Cealgach s tha bheisd,
Le innleachdan a' sealg ort
Gu d' thearbadh na dhéigh;
Cho lagchuisseach neo-chalma,
S tha t' anfhainneachd fein,
Am feum th' agad air earbsa
San targaid nachtréig.

XIII.

Tha iomadh namh ma 'n cuairt ort,
Ga d' ruagadh gu cuil,—
Tha Satan ga do bhualadh
Gu cruaidh mar le dhuirn;
Tha 'n saoghal 'g iarruidh buaidh ort,
Le 'bhruadair nach fiù;
An fheoil le 'miannaibh truaillidh,
Ga d' bhuaireadh gu dluth.

XIV.

Tha 'n cridhe graineil fuar lan,
Do thruaillidheachd bhréin,
Lan salachaireachd mi-stuama,
Gu smuainteach dhroch bheus,
Lan aingidheachd us uamhair,
Lan uaill us fein spéis;
Gach naimhdeas 'g eiridh suas ann,
Le fuath 'n aghaidh Dhé.

[TD 27]

XV.

Tha caraireachd do naimhdean,
Le fealltachd co mòr,
A' feuchainn riut gach ainneirt,
S iad teann ort an tòir,
Gu d' tharruing dh' ionnsuidh t-aimhleis,
Gu d' shleamhnach o 'n ròd,
Us gun do nearts' ach fann gu
An ceannsach no 'n leon.

XVI.

Tha 'n fheoil le h-anamiannaibh,
Do-riaraicht a stréup,
Ga d' bhrosnachadh gu t' fhiaradh
O riaghailtibh Dhe;
A tograidhean cho ciocrasach,
Diorrasach geur,
Ri 'n ceannsachadh 's ro dhiomhain
Dut fiachainn leat fein.

XVII.

Tog ort us glac deagh earbsa,
Na dearmaid bhi gleachd;
Ged tha do laigs no an-fhainn
Neo-dhearbht agus tais,
Gu tagradh na bhi balbh, 'g iar-
Raidh tearmuinn us neirt,
Gu 'n deonaich Dia le airchios,
Dut armachd nan feart.

[TD 28]

XVIII.

Na gabh an armachd fheolmor,
Tha brooite gun sgoinn,
A dh' fhailingeas na d' dhorn thu
N àm foirneart us teinn,
Ni gealtair dhiot 'san tòrachd,
Gu t' fhogradh le sgaoinm,
N uair thachras riut Apoluon,
Gu d' leonadh le foill.

XIX.

Ach gabh ort airm Iehobhaih,
Tha ordail s nach pill,
Tha spioradail us beothail,
N àm comhraig us stri,
Us laimhsich iad gu h-eolach,
Reir ordugh an Riogh,
Le beumaibh gaisgeil, seolta,
Ni 'n leomhann a chlaoideh.

XX.

Se armachd fhallainn Dhe 'n àm
Nam feum a bhios ceart,
Bhios ealant agus gleusda,
Nach géill an àm gleachd,
Bhios barant ann san t-stréip s nach
Pill eiginn no airc,
Gu cur na ruaig gu treun air
A bheist le geur speach.

[TD 29]

XXI.

S ro acfhuinneach an armachd,
Neo-chearbach san t-stréip,
An creideamh bhios neo-chealgach,
S deagh-earbsa da réir,
N àm eirigh do 'n gheur-leanmhuinn,
Se dhearbas bhi treun;
Tha chuspair laidir calma,
S a leanabaidh cha tréig.

XXII.

Se Criod a charraig ailbhinn,
Da leanabanaidh fein;
Se o gach beud us anagnath
Ni 'n teanachdsa gu leir;
Se 'm bunait e nach cairichear
Se 's tearmann da threud,
Ged bhual an tuil s an stoirm orr',
Bithidh 'n earbsa fo sgéith.

XXIII.

Is gasd an armachd chomhraig,
Deagh dhochas tre ghras,
Le irioslachd gun mhorchuis,
Neo-bhosdail do ghnàth
Le dilseachd ris a choir ann
An roidibh na slaint,
S bhi toilicht le do chò-roinn,—
Seo-choirdte le gradh.

[TD 30]

XXIV.

Gradh do Dhia na faoile
Na d' dhaonnachd gach àm;
Gradh do 'n Mhac, t' Fhear-saoraidh
Thug daor na do gheall;
Gradh do 'n Spiorad Naomha,
Le failteachd gun fheall;
Gradh do 'n lagh tha aont ann
Am firinn gun mheang.

XXV.

Gradh do 'n chinne-daonna,
Le gaol mar dhuit fein;
Gradh brathaireil nach dean aon lochd
Do dh' aon neach fo 'n ghrein;
Gradh cathrannach ro-chaomhail,
Gun ghaoid gun droch bheus,
Bheir creideas do gach aon ni
O 'n fhirinn gun bhreig.

XXVI.

An gradh a chaoidh nach fuaraich
Gu fuath chur air chùl;
An gradh a sheasas suas gu
Bhi fuadach gach tnù;
An gradh a ghnà bheir buaidh air
Gach fuachd us mi-rùn,
S a bhios gu brath le luaghair
Do 'n Uan a' seinn cliù.

[TD 31]

XXVII.

Biodh claidheamh 'n Spioraid Naomha
Nach claoen ann do laimh;
Biodh sgiath a' chreideimh daonnan
Ga d' dhion air gach àm;
Biodh clogad slaint us saorsa,
Gach aon uair ma d' cheann;
S cha dean do namh dhuit baoghal
Le faobhar a lann.

XXVIII.

Na gabh fois no comhnuidh,
Fo sgleo nach bi ceart;
Ma d' pheacadh bi ro-bhronach,
Na sòr ris bhi gleachd;
Biodh iotadh ort mu 'n chòir s cum
An fheoil fo throm smachd,
Trid Chriosda bhi mar threoir dhuit,
Gu d' dhòruinn a' chasg.

XXIX.

Cum agad gach ni fhuair thu
O 'n Uachdaran chiuin,
Mu 'n glac neach eil' an duais ort,
S gu 'm buanaich e 'n crun;
Dean dichioll agus cruaidh-spairn,
Le cruadal s le surd,
Gu 'm faigh thu steach do shuaimhneas
Bith-bhuan Righ nan dul.

[TD 32]

XXX.

Cum siorruidheachd a ghnàth ann
An sàr bheachd do shùl,
Tha àm cur dhiot a phailliun
Tigh'nn gearr ort us dlùth;
Na to'air mi-bhUIL á gras thig,
Am bas an gearr uìn,
Gun ghealladh dhuit air là chur
Ri aireamh do churs,

XXXI.

Bi tagradh ris an Ard-Righ,
Air sgath fuil an Uain,
Do dh' fheartaibh pailt a ghrais ort
Gu 'm bairig e nuas,
Na neartaicheas tu 'n gradh dha
Fad laithean do chuairt,
Gu 'n seilbhich thu am Paras
A lathareachd bhith-bhuan.

XXXII.

A Thi sin a tha saoibhir
An caoimhneas do ghnàth

A dh' fhuasgail bruid á geimhlibh,
S á cuibhrichibh bais;
O taisbein dhomh le aoibhneas,
Glan fhoillse do ghraidh!
Thoir neart dhomh 'n aghaidh saighdean
Ro theinnteach mo namh!

[TD 33]

XXXIII.

O thus! a Righ nan neamhan,
Tho'air eisdeach dhomh 'n traths
Air sgath na Ti a cheusadh
Gu threud tho'airt gu slaint,
O doirt do Spiorad fein us
Lan eifeachd do ghras,
Air anamanaibh luchd leughaidh,
Us eisdeachd mo dhain!

XXXIV.

Chum peacaich thruagh a philltinn
O mhilltear nam breug,
An tarruing dh' ionnsuidh t' oighreachd,
S bithidh aoibhneas air neamh;
O beannaich iad trid caoimhneas,
Us toillteanas an Léigh,
Sam faigh thu 'n cliu tre linne
Nan linntibh, Amen!

EARRAN II.-IOMPACHADH.

I.

BHA mis a' m' chreutair truagh ann
An duathair a bhais;
Air m' fhoirgneadh leis an diabhol,
A' gluasad na cheaird;

[TD 34]

Air m' iomain leis mu 'n cuairt, an
Daors chruaidh aig mar thraig,
Beo-ghlact na ghoisnibh buairidh,
S fior luaidh agam dha.

II.

Is ann na oibre truagha-san
A ghluais mi gach là;
O 'n thuit o 'n bhroinn a nuas mi,
Mo thruailleachd bha fas;
Bha phuinnsean nimheil fuar a
Tigh'nn suas rium gach trath,
Ga m' dhalladh leis gach tuaileas,
Lan fuath do gach àgh.

III.

Se iomhaigh sgreitidh dhuaichnidh,
Bha fuaight agus càirt,
Air m' anam san staid thruagh sin,
O 'm dhualchas ri Adh'mh:
Us chit' air m' aodach uachdair
A shnuadh anns gach pairt;
Bu shoilleir dha 'n an t-sluagh e,
Thaobh gluasaid mo ghnais.

IV.

Nam foghnadh misg us poite
Cluich, ceol agus danns;
Le anacainnt s mionnan mora,—
Gach droch ghloir bha na m' cheann,

[TD 35]

To'air masladh do 'n ainm oirdhearc,
Le spors anns gach àm,
Ga luaidh na m' bhilibh neo-ghlan,
Gun sòradh do m' chall.

V.

Bha mi na m' fhear striochdaidh
Do dh' iodhalaibh breig;
Leis gach sòlas diomhain
A riaraich mo chre;
Gach salachaireachd ga m' lionadh
Le mianntanaibh breun;
S mo chridhe 'ghna sior fhiaradh
O iarratas Dhé.

VI.

A ghloir a dhlighear dhasan
A mhain o gach aon—
An riaghlaidair a 's airde,
Tha thamh os ar ciunn,
Thug mise 'sheirbhis Shatain,
To'air graidh dha gu saor;
Ris cul a chur cha b' aill leam,
S mi 'n sàs aig air taod.

VII.

B' fhear truaillidh mi do ghnath air
Na Sabaidibh naomh
Eas-umhail s a to'airt taire,
Do m' pharantaibh caomh;

[TD 36]

A' m' mhurt-fhear air mo bhrathairibh,
Mi 'm 'nàmhaid da 'n taobh;

S neo-gheanmnaidheachd ro-ghraineil
Ga h-àrach na m' chaoch.

VIII.

S mi 'n gaduiche ro dhàna,
Gun naire gun fhiamh,
Ri slaid, ri braid s ri meairle,
Air àithnteanainb Dhia;
Mar bhreugair thug mi 'm barr air
Neart chaich ann sa ghniomh,
S thaobh sannt cha 'n fhaodainn tharsinn
Lan shasachd do m' mhiann.

IX.

Cha 'n eil àithne sgriobht ann
Sa Bhiobull gu leir,
Air nach d' rinn mi striopachas,
Dimeas s neo-speis;
Le buairidhean a mhilltfhear,
Ga m' shior chur ris fein,
Mo chogais ga mo dhiteadh
Gu binn na sgrios léir.

X.

Tha mo pheacaiddh graineil,
Do-àireamh am miad,
Is ciontaich mi na Satan,
S na thàrmaich a shiol;

[TD 37]

Oir bha mi na m' fhear aicheadh
Air nadur an Dia
A ta na ghloir a' dealradh
Ni 's àillte na 'ghrian.

XI.

Na Iudas cha mhi b' fhearr, ged
Bu ghràineil a ghniomh,
An uair a reic e Shlàn'ghear
Ri cach air bheag fiach;
Oir dh' ionnlaid mi mo lamhan
Gu dana na chliabh,
Le ith aig bord na làth'r,
Gun fhios a'am ciod bu chiall.

XII.

Gach teagasg gheur no chruaidh, riamh
A chual mi ri m' là,
Bha cogarsaich o 'n diabhol
A' m' chluasan ag radh:-
Cha bhuin e dhuits' am fuaim ud,
Na gluais ris an traths
S gun ann ach bagradh fuathais

Tha bualadh air cach.

XIII.

Bha cealgaireachd mo namhaid
Ga m' thaladh cho meallt,
Ga m' theannachadh na ghairdeainibh
Grannda gu teann;

[TD 38]

Am b' iognadh leibh mar bha mi
Na m' thraig dha gach àm,
Us mi cho dluth dha 'n cairdeas
Thaobh naduir le bann?

XIV.

Do sheirbhis an droch aoin thug
Mi gaol agus toirt;
To'airt cluais do dhia an t-saoghails'
S mi aontach dha thoil;
O b' e m' oid fhoghlum s m' aodhair,
Mi daonnan na sgoil;
Gun churam bais no caochlaidh,
Gun smaoin air mo chor.

XV.

Gu 'n d' fhuair mi buille threun le
Sar bheum a bha ciùrrt,
Le 'n d' shaoil mi gu 'n robh 'n t-eug le
Ghath geur orm cho dlùth,
Gu 'n d' fosgail ifrinn s leirsgrios,
A beul air mo chùl,
Gach earbsa s dochas threig mi,
Dh' fhag deurach mi s brùit.

XVI.

Mo pheacaidhean ro mhòr
Thainig comhla na m' chuimhn,
Gach aingidheachd mhi-nosach
O m' oig rium bha straoi;

[TD 39]

Bha toillteanas gach do-bheairt
Ga m' leon s ga mo chlaoidh,
Dh' fhàg ceartas Dhe na gloire
Mi' m' dheoiridh fo 'n chuing.

XVII.

Ach 's ann do dh' iochd s do throcair
Iehobhaih na slaint,
Nach d' thilg e mi gu doruinn,
Gun dochas ri baigh;
Nach d' sgrios á tir nam beo mi,

Gu dòlas gu brath;
Bu cheart a bhinn dha m' fhògradh
O choir air gach gras.

XVIII.

Bha mo dhuil nan eirinn
O 'n phein bha ga m' chradh
Gu fasainn na m' nuadh chreutair
Na dheigh sin gun dàil,
Gu 'n coinsninn saors us reite,
Tre gheill tho'airt do 'n àithn,
S nach deanainn claoindh ceum air
Gloir Dhe gu tigh'nn gearr,

XIX.

Bha Belial co luaineach,
Le chluaintearachd mhor,
Ro mhiodalach mu 'n cuairt dhomh,
Le bhuairidhean seolt,

[TD 40]

Ga m' chumail mar le buaraich,
Fo dhuathar gach sgleo,
Nach fhaoduinn teicheadh uaithe
S mi 'n tuaicheal fo spoig.

XX.

Nuair fhuair mi seorsa faothaich,
S a lughdaich mo bhrön,
Bha mi 'm beachd ri m' shaoghal,
Nach aontaichinn dho,
Go leanainn ceum na naomhachd
Gun aomadh gun gho,
Nach mealladh e air aon achd
Mi thaobh o na choir.

XXI.

Ar leam gu 'n d' thug mi buaidh air,
Gu 'n d' fhuair mi e 'n sàs,
Ach b' aimideach mo smuaintinn,
San uair sin s bu bhàth,
Na h-uile ceum an gluaisinn
Ga m' fhuadach o ghras;
Ga m' mhealladh leis gach tuaileas,
Tobhairt fuath dha mo shlaint.

XXII.

Oir stiuir e mi an duathar
Le bhuairidh ag radh;
Tre 'n lagh gu faighinn fuasgladh
Gu luath o mü chàs,

[TD 41]

Ga m' dhireadh le m' throm uallach
A suas ri Sinài,
Gu 'n d' mhòthaich mi 'm mor-uamhas
Ma 'n cuairt orra bha.

XXIII.

Bha lasraichean a' dearrsadh
Mar gharadh mu 'n t-sliabh,
Le dealanaich us tairneanaich,
Ard us tiugh nial;
Chuir crith us giorrag bais orm,
Ga m' ghnà leagadh sios,
A' cur dhomh 'n ceilidh mar bhi mi,
Na m' àmhaid do Dhia.

XXIV.

Bha tuillte feirg an Ard Righ
Ga m' chradh s mi gun chli,
Thaobh bristeadh air gach àithn dheth
N da chlar sin tha sgriobht;
S gach puing mi bhi tigh'nn gearr air
Gloir àluinn an Tri,
Thaobh truailleachd mo staid naduir
A dh' fhag mi fo 'n chis.

XXV.

Bha mallachd Dhe a' bualadh
Le fuaim orm o 'n aird,
Chuir deibhreach s gaoir a' m' chluaisibh
Air luaths iad nach fag;

[TD 42]

Laidh tromadas air m' uallach,
Dubh ghruaim s mi 'n riochd bàis,
Cha b' iognadh sin san uair ud
Bu truagh bha mo chàs.

XXVI.

Us bha mi treis an sàs ann
Sa chàs sin fo bhron,
Mar neach an galair craiteach
Gun chairdean na chòir,
Gun neart gun luths gun tabhachd
Lan failinn gun treoir,
Fo chuibhrich aig mo namhaid,
Gun bhaigh aige dhòmhhs.

XXVII.

Gu 'n cuala mi 'n guth graidh sin,
O Ard Righ nam feart:-
"Gach neach a ta fo àmhghar,
"No 'n sàs ann an airc,

“Bheir mise fois us sàmchair,
“Mo ghrasan cho pailt,
“S nach dìbir mi gu bràth sibh,
“Ma 's àill leibhse teachd.

XXVIII.

“Oir bhrist mi 'n geata pràisich,
“Le tabhachd mo neart,
“Gu priosanaich a thearnadh
“Bh' aig Satan fo ghlais;

[TD 43]

“O dh' oibrich mi dhuibh slainte,
“Fo spairn us cruaidh ghleachd,
“Gu 'r fuasgladh o gach trailleachd
“Gu Pharas a steach.”

XXIX.

Leum mi 'n sin le baoim ann
An aoibhneas ro mhòr,
Le duil gu 'n d' fhuair mi cuibhteas
Gach cuibhreach us leon,
Nach rachainn ceum o 'n aoidh sin,
Gu m' aimhleas ri m' bheo
S nach cuireadh feachd nan deamhnean
Gu faing mi ni 's mò.

XXX.

San àm sin bha m' dhuil gu
Robh chuis mar mo mhiann,
Nach b' eagal dhomh co-dhiu s gu 'n
Robh m' iompachadh fior,
Gu 'n deanainn fein an t-iul gus
Mo dhluth' chadh ri Dia,
Gun fheum air gras gu m' stiuireadh
A dh' ionnsuidh fuil Chriosd.

XXXI.

Ri Satan chuir mi cul, bha
Mi 'n duil ar leam fein:
Bha m' inntinn dhorcha mhuchaidh,
Co dùr s nach bu leir

[TD 44]

Dhomh 'n namhaid bhi na dhuisg le
Chuid chuilbhearta gleust,
S mo bhàs a bhi na rùn le
Dhroch ionnsuidhean treun.

XXII.

Nuair shaoil leam chuir mi cul ris,
S nach b' fhiu leam a rian,

Se sin a nuair a dhluthaich,
As ùr rium a bhiast
Le charaireachd mhi-runach,
Ga m' stiuireadh na lion,
Cur dalladh air mo shuilibh,
Ga m' lubadh o Ios.

XXXIII.

Oir bhrosnaich e gu luath mi
Le uabhar ro mhór,
Ga m' thogail ann an uaill 'g iar-
Raidh buaidh le fein ghloir;
Na m' fhireantachd ro thruailleadh
Ga m' shuaineadh le bosd;
Air dhomh bhi' m' chreidmheach nuadh dh'at
Mi suas mar thubhaint Pol.

XXIV.

Tha 'chealgaireachd s a' dhraothachd,
A' stri rium s a' streup,
Ga m' tharraing s ga mo shlaodadh,
Le innleachdan breig;

[TD 45]

S e 'g iarraidh fàth gach aon uair,
Gu m' aomadh ris fein;
A shaighdean teinnteach daonnan
Na m' chridh gu ro gheur.

XXXV.

Tha trioblaidean us amhgar,
A ghnà rium a' streup;
Cur bacadh air mo shlainte,
Ga m' thaladh o 'n Leigh;
Nuair shaoileas mi bhi sabhailt,
Gun ghàbhadh, gun bheud,
Air ball 's ann tha mi 'n sàs aig
An namhaid air éill.

XXXVI.

Tha uamharrachd us aing'dheachd,
Gach àm orm a' leum,
Le ribeachan mo naimhdean
Cho teamn air a chéil';
Le lionmhoireachd s na th' ann dhiubh,
Do rannsaicht dhomh mheud,
S nach cuir mi cunntas ceann orr,
Le peann no le beul.

XXXVII.

Si 'n uideil bha dhomh 'n dualchas,
O għluais mi an tòs
Air oiltheireachd mo chuairte,

Is mi 's truaighe dheth 'n t-slògh;

[TD 46]

Mo nàmh a ghnà ga m' ruagadh,
S ga m' bhualadh a dhorn 'bh,
Le piobraichean a bhuairidh
Gach uair ga mo leon.

XXXVIII.

Tha phiobraichean gach uair ga
Mo bhuaireadh san fheoil,
Gun chomas dhomh am fuadachadh
Uam le mo threoir;
Fo chuibhrichean mar chruaidh-shnaim,
S mi 'n truaghan is mò,
Co nis a nochdas truas dhomh
Na dh' fhuasglas an cord?

XXXIX.

Co dh' fhuasglas ach an son Ti
A shaothraich fo m' chradh,
Leag braighdean bha 'n cruaidh dhaorsa
Fo sgaoil trid a bhais,
A dhoirt an iocsaint phriseil,—
Fhuil rioghail gu lar,
S thug tiodhlacan do dhaoinibh
Air dha direadh an aird.

XL.

An Ti thug bruid á priosan,
S a chriochnaich dhaibh slaint;
An Ti tha tairis naomha,
S nach traogh neart a ghrais,

[TD 47]

Do chuspairean a ghaoil se 's
Bun didean gu brath,
Tha fheartan pailt us saor daibh,
Lan caomhalachd us graidh.

XLI.

Tha fheartan pailt us saor daibh,
S a chaoidh iad cha treig;
Tha ghealladh dhaibh gun chaochladh
Chaidh innse le bheul
Gu 'n ceannsaich e gach aon olc,
A dh' fhaod riu bhi streup
Fad reis an cuairt gu h-iosal
An saoghal nan deur.

XLII.

Gad gheibh iad tailceas s dimeas

O dhaoine s toibheum;
Ged gheibh iad masladh s mì-chliu,
Cha chlaon iad s cha gheill;
Tha buaghaibh am Fear-saoraidh
Ga 'n sior chur air ghleus,
Le neart an Spioraid Naomha
Ga 'n aonadh ris fein.

XLIII.

Tha feart an Spioraid Naomha
Ga 'n aonadh ris fein,
Cha deireas dhaibh mar chaoraich,
Tha 'n Aodhaire treun;

[TD 48]

Cha laidh orr' gort no caoil ach
Tigh'nn daonnan fo sgeimh,
S a' bheath nach leir do 'n t-saogh'l orr
Ga taomadh o neamh.

XLIV.

O thusa! Dhe na naomhachd,
An Righ sin a's aird,
Air sgàth do throcair chaomh ann
An aon-ghin do ghraidh,
Do shochairibh na saorsa
Dean mi' m' fhear co-pairt,
Gu teann le bann neo-sgaoilte,
Reir maoineachd do ghràis.

XLV.

Chum s gu faigh mi saorsa,
Trid Chriosd agus slaint,
O mhallaichd an lagh naomh air 'n
Robh mi deanamh tair;
Gu 'n tarruing cord do ghaoil mi,
Gu aontachadh dha,
Le m' thograidhean bhi daonnan
Seo-aomaidh do 'n àithn.

XLVI.

Gu 'n gabh mi ris gu caomhail,
Le faoilteachadh gràidh,
Le inntinn fhallain aon-fhillt,
Gun chlaonadh gun sgath,

[TD 49]

Gloir Dhe a bhi gach aon uair
Na m' smaoin mar chrich aird;
Us diomhanas an t-saogh'l chur
A thaobh mar fhaoin sgail.

XLVII.

O gearr mi o 'n stoc chrionaich!
N t-seann fhriamh sin a chnamh,
Us suidhich mi na d' fhionan,
Tha fior mar tha 'n ràdh;
Us doirt do dhealt a nios orm,
Saor thiodhlac do ghrais,
Gu toradh tho'airt am fianuis
Bhios ciatach s deagh bhlath.

XLVIII.

Air sgath na h-Iobairt réitich,
Bi fein dhomh mar threoir,
Do Spiorad doirt o neamh orm,
Gu ceusadh na feol;
Gu fuadach na fein-spéis rium
Tha 'g éiridh gach lo,
Us stiuir mi ann do cheumaibh
Gu réidh mar is coir.

XLIX.

O glan mi o gach euail,
M fuil chreuchdaich an Uain!
Dean m' aodach loithreach, breun, dhiom
A' reubadh a nuas;

[TD 50]

Le t' fhireantachd dean m' eideadh,
Le sgéimh a bhios buan;
S mo naomhachd dean da réir o 'n
S tu fein a bheir buaidh.

L.

Dhuits' Athair chaoimh na siochaint,
An riaghlaidhear is mo,
Do Mhac do ghraidh-san, Criosc thug
An iocshlainte ri h-òl,
Do 'n Spiorad Naomh ion-mhiannaicht,
N t-aon Dia sin tha beo,
Tre linntinnibh neo-chriochnach
Na siorruidheachd biodh ghloir!

[TD 51]

CUIREADH CHRIOSD.

"Thigibh a m' ionnsuidh-sa."—Mata xi. 28.

I.

O'n tha sinn uile le ceannas,
O dhualchas mearachd ar naduir,
A' bruchdadh aimhleis us ceannairc,
Am buaireadh meallaidh ga 'r taladh,

Le saighdean teinnteach ro nimheil,
Mar chuinnsear sparraidh ga 'r sàthadh,
O bhrùchd puinnsean na nathrach,
S na dh' inntrig carireachd Shatain.

II.

Cò ris an dean sinn ar gearan,
Mur gabh sinn aithreachas slainteil?
O bhàirig Dia oirnn am beannachd,
Le Iosa thabhairt ga 'r tearnad,
Le 'n d' chuir e crioch air a ghealladh,
Roimh laimh a labhair Righ Daibhidh,
Gu 'm faisgeadh Criod an gath nimheil,
Bha teann fo theangaidh an dragoin.

[TD 52]

III.

Gur h-olc an draothachd s an dalladh,
Na liontaibh meallaidh a chàireadh,
Le dia an t-saoghails' an caraibh,
Gach aon nach dealaich ri 'n traillieachd,
Nach iarr gu gluasad s nach caruich,
Gu 'm buail trom ghalair am bais iad;
Gur truagh ma 's crioch air an anam
Bith-bhuan a sgaradh o ghrasan.

IV.

Tha truailleachd naduir ga 'r mealladh,
Le iomadh car agus fiaradh
Ar cridhe cealgach neo-fhalluin,
Lan aimhleis ain-iocdh us diorrais,
Gur tobar salchair e s drabhais,
A' bruchdadh nimhe bho 'n iochdar,
Gu 'n oibrich gràs ann san anam,
Le gradh us dealas do dhiadhachd.

V.

Gur sgeula duilich ri aireamh,
Us sgeula cràiteach ri sheanachas,
Ma ni sinn fuireach na 'r traillibh
Do 'n pheacadh, namhaid ar n' anma',
An Ti a dh fhuiling an taire,
Fo osna bhais gu ar teanachdsa,
Ag inns' ar cunnairt gach là dhuinn,
Mur gabh sinn trà ris an taingse.

[TD 53]

VI.

Ciod e seo ni sinn, a chairdean,
An t-olc a ghnàth ga ar leanmuinn,
Mur cuir sinn cul le fior ghrain ris,
S gu 'nochd an t-Ard Righ dhuinn airchis!

Ma 's ann air eiginn a thearnar
Am firean c' àite am bi 'n t-aingidh?
A reir na firinn, a bhraithrean,
Bidh 'n dara bas dha mar chrannchur.

VII.

Cha seas a chuseag 'sa bheuma
Roimh chorran geur an fhir-bhuana,
No duileag shearcta na geige
Roimh stoirm a sheideas le fuathas;
Mar sin cha seas luchd na h-euceirt,
An uair theid le leirsgrios am fuadach,
Gu ionad duibhre, gun leirsinn,
Fo gheimhlibh peine gun fhuasgladh.

VIII.

Gur ni gun stà dhuinn bhi diospad,
Ma 's e s gu leig sinn air dichuimhn;
Oirnn fein a dh' fhagar a chionta,
Bhi dh' easbhuidh fiosraich air diadhachd,
S an t-Abstol Seumas to'airt fios dhuinn,
A leigeadh ris dhuinn na bhriathraighe,
Gach aon tha dh' uireasbhuidh tuigse,
Gu 'm faigh e gliocas r' a iarruidh.

[TD 54]

IX.

Ma 's e s gu 'n iarr sinn le creideamh,
Gun bhi 'cur teagaimh na bhuanachd;
S gu 'm bi sinn cinnteach, neo-gheilear,
Le inntinn sheasmhach, gun luaisgein;
Tha Dia ro shaibhir gun easbhuidh,
A ghras, gun teirc, bheir e uaithe,
Ma bhios sinn earbsach, neo-eaglach,
Gu 'n doirt E fhreasdal a nuas oirnn.

X.

An uair thig am breitheanas eaglach,
S a dh' fheumar seasamh na làthair,
Is e dh' fhagas shios sinn gun leisgeul,
Gun seol air freagradh gus aicheadh,
Cho lionmhor uair ann san eaglais,
A dheisd sinn teagasg na Sabaid;
Gach puing a chual' sinn dheth 'n Sgriobtur,
Gur truagh mur creid sinn le gradh e.

XI.

Gur cruaidh am bagradh ro-chianail,
Air luchd mi-rian theid a dhortadh,
Nach striochd do Shoisgeul na sithe;
S an dream air Dia nach gabh eolas,
An uair theid an aicheadh le Criodha,
Gun duil ri siocaint, no trocair,

Ach sgrios o làthaireachd shiorruidh,
S o ghloir neo-chriochnaicht a mhorachd.

[TD 55]

XII.

Gach aon nach eisd ris an fhacal,
Nach geill do 'n reachd s nach to'air cluas da,
Tha àm a dhiolaidh am faisg air,
Sa 'm faom an t-achmhasan cruaidh air,
Gun àite tearmaid no fasgaidh,
No seol air seachnad an fhuathais,
Ach claoideh le doruinn gun mheachain,
Fo phiantaibh lasraichean truaighe.

XIII.

Am faod do chridhe-sa ga fhulang?
No 'm fund, a dhuin', thu bhi laidir,
N uair thaomas 'fhearg-san mar thuil ort,
Cia 'n taobh is urrain thu tearnadh?
Cia 'n taobh am fiar thu o 'n chunnart
Gu d' dhion o bhuiilibh a ghairdean,
Mur iarr thu Criosa mar t' Urras,
S mar dhaingneach muinghinn do shlainte?

XIV.

Thig sgrios air luchd na mi-dhiadhachd,
Nach d' aontaich riamh do na h-àithntean,
Nach gabh ri teachdaireachd Chriosda,
Nach geill do bhriathraibh a chairdeis,
Gu slochd an dubh-aigein iochdraich,
M bi bron ro-chianail us canran,
S nach muchar teine no griosach,
A' chnuimh gu siorruidh nach bàsaich.

[TD 56]

XV.

Gur geur am peanas s an doilinn,
A thig air muinntir an ditidh,
N uair thig a bhinn a bhios oillteil,
A mach o cheannard na firinn:
Bhi triall gu ionad gun chaoimhneas,
Fo chuibhreach teann ann am priosan,
San fhurnais ifrinneil, theinnteich,
A measg nan deamhnean a diosgail.

XVI.

Nochd Dia a chaoimhneas ro chaomh dhuinn,
An uair thug e Aon-ghin a ghraidh dhuinn,
An uair chuir e nuas am Fear-saoraidh,
A chriochnuich saothair na slainte;
A thug e fein suas mar Iobairt,
Gu clann nan daoine bhi sabhailt,

Gun duais ga iarruidh air aon neach,
Ach cridhe maoth le teas-ghradh dha.

XVII.

Cha 'n fhaod sinn gaol tho' airt do Chriosda,
S a bhi ri dimeas air àithntean;
Cha 'n fhaod ar gradh dha bhi dileas,
Us fuath na 'r cridh' do 'r co-bhrathairibh;
Mur bi ar n' aidmheil s ar saothair,
Co-shìnt an aonachd tre 'ghrasan,
Bidh ar crideamh marbh dhuinn na aonar,
Mur nochd ar gniomh a dheadh bhlàth oirnn.

[TD 57]

XVIII.

Is e Dia a ghlorach' s a mhealainn,
A dhaoin', air fad ar crioch araidh;—
Is e rinn an sgriobturi a nasgadh
A nuas le 'fheartan o 'n airde,
Le Spiorad Naomh rinn e 'dheachdad,
Mar sheol gu 'r n' altrum s gu 'r n' àrach,
Gur trom an diteadh do pheacaich,
A bhi le tailceas ga 'aicheadh.

XIX.

Nan coisneadh aidmheil dhuinn réite,
S gu 'm b 'ann bhiodh eifeachd chum slainte,
Co b' fheàrr na sluagh Laodicea,
Na 'n suilean fein a bha sàthach?
Gu 'n d' mhaoigidh am bagradh bha geur orr',
A' sgeith á beul an Ti 's airde;
Bha 'm barail mheallta gun fheum dhoibh,
S nach d' fhuair Mac Dhe ach meagh-bhlath iad.

XX.

Nan deanadh aidmheil na h-aonar,
As eugmhais naomhachd ar tearnadh,
Cha bhiodh ciont' Annanias,
No lochd Saphira cho graineil;
An uair dhearbh spiorad na firinn,
An cridh' bhi lionta le Satan;
An uair chaith le Peadar an diteadh,
S a bhuaileadh sios gu grad bhàs iad.

[TD 58]

XXI.

Oir reic iad seilbh an cuid fearainn,
Gu dream bha 'n amairt a chomhnadh,
Ach pairt dheth luach rinn iad fholach,
An duil nach aithnicht an seoltachd;
Mar sin do 'n bhreug bhi fo' n teangaidh,
S an sannt ga 'n tarruing o 'n eòlas,

N uair fhuaradh teann iad 'sa mhearachd,
Air ball ghrad sgaradh an deo asd'.

XXII.

Ged a dh' fhaodte leinn aireamh,
Sios an clar air a sgriobhadh,
Gach olc a thuinich s a tharmaich,
O thuislich Adhamh, ar sinnisir;
Gach murt us neo-ghlain us meairle,
Gach mallachd thainig r'a linn oirnn
Is ann air a pheacadh a dh' fhagte
Gach lochd thaobh naduir us gniomha.

XXIII.

Is e 'm peacadh ùghdar gach amhghair,
Gach ànradh 'thainig a nios oirnn:
Is e 'n tùs a choisinn am bas dhuinn,
Is e mharbh na faidhean diadhaidh,
Is e choisinn masladh do 'n t-Slanuighear,
A chuir gu nair' e ga 'r dion-ne,
S cha 'n fhaod sinn smaointinn, a chairdean,
Nach 'eil e graineil na' fhianuis.

[TD 59]

XXIV.

Luchd draothachd, adhaltrais us bhreugaibh,
Luchd breith-air-eigin s luchd foirneart,
Luchd mhionn, luchd feirg us mi-réite,
Luchd iodhal-aoraidh s luchd cò-stri,
Luchd braid s luchd naimhdeis da chéile,
Co-fharpais, striopachais s connsaich,
Gach aon tha leanmuinn nan ceum sin,
Cha seilbhich oighreachd na gloire.

XXV.

Luchd misg us raoit us luchd tuasaid
Luchd murt, to' airt fuath da 'n co-bhrathairibh,
Luchd sannt, luchd goid us luchd fuarchaint,
Luchd neo-ghlain, uaibhrich s luchd ardain,
Luchd macnuis, anacaint s luchd tuaileis,
Luchd saoibh s luchd truailleadh na Sabaid,
An uair theid an aireamh sin fhuadach,
Cia tearc an sluagh theid a thearnadh

XXVI.

Ciod nis a ni sinn, a dhaoine?
Cia 'n seol, ach aon, air bhi sabhailt?
Cha saor ar gniomharan fhìn sinn,
An lagh ga 'n diteadh s na h àithntean;
Cha 'n ann o 'r n' oibribh thig fireantachd,
Ach 'mhain o shaothreachadh grais oirnn,
Gu creideamh, treibhdhireach, dileas,
An Iosa Criosa chum slainte.

[TD 60]

XXVII.

Ach, cho mòr s dheth 'n d' chaith do ar n' uine,
Air slighe dhùr na mi-cheille,
Tha Iosa Criosa le durachd,
To' airt cuireadh dhùinne o leirsgríos;
G iarruidh tionndaidh an ùmhlachd,
Us tarruing dluth ris gu réite,
Oir tha e macant us ciùin ruinn,
S a chuing r 'a giulan cho éutrom.

XXVIII.

Is ann dhuinne thigeadh bhi taingeil,
Sinn fein a stannadh gu ladair,
Fo laimh na Ti rinn oirnn amharc,
Air dhuinn bhi 'n teanndachd s an àmhghair,
Choi-lion na briathraibh a gheall e
Roimh-laimh, do chlann Abrahaim,
Le teachd 'n Fhir-shaoraidh o Shion,
Gu tionndaidh aingidheachd o Iacob.

XXIX.

Ged bha siol Iacoib na 'm muinntir
Bha lionmhor, dumhail ri 'n aireamh,
Tha 'm faidh Isaias to' airt cunntais,
Gur fuighleach dhiubh theid a thearnadh;
Ach cliu do Ard-Righ nan duilean,
A reir a ruinteanuibh grasmhor,
A dh' fhàg seachd mile gun spùileadh,
Nach d' lub an glun do dhealbh Bhaail.

[TD 61]

XXX.

Cliu do Ard-Righ na cathrach,
Dia nan aingeal s nam buadhaibh,
Is e throcair chaomh a bhi maireann,
A ghras bhi tairis do thruaghain,
Chuir Mac a ghraidh, an sar charaid,
A nuas ga 'r glanadh o thruailleachd,
Gu leigheas euail gach galair,
S a reiteach bealach an fhuasglaidh,

XXXI.

Is e Iosa Criosa', an sàr ghaisgeach,
A bhuin a mach sinn á gàbhadh,
A dh' orduich Dia dh' fhuasgladh pheacach,
S nan truagh bha glaist an cruidh-chasaibh;
A thog e suas, le buaidh thapadh,
Le ghualainn neartmhor s le għairdean,
Mar cheannard, cruadalach, smachdail,
Thug buaidh, le ghleachd, thar ar nàmhaid.

XXXII.

Le teich o 'n fheirg tha ri teachd dhuinn,
Mu 'm buail i cas oirnn le farphas,
Bidh Criosa fein mar chul taic dhuinn,
Cho fial s a tha fhocal ga' thairgse;
Bidh sinn fo sgaile a bhrataich,
Gu 'r dion mar achdair ar n' anma;
Is e 'n daingneach laidir us neartmhòr,
Sa 'm faigh sinn fasgadh us tearmunn,

[TD 62]

XXXIII.

Tha' chuireadh grasmhor gach uair dhuinn,
Ga 'r gairm o thruailleachd s o dhòlas,
An uair tha e' g eigheach ruinn bualadh,
Gu 'm fosglar suas dhuinn a chomhla;
Bheir e dhuinn furtachd o 'r n' uallach;
Tha' iochd cho buan s a chaomh throcair,
A ghlaodh to' airt saorsa do thruaghain,
Gu sonas us suaimhneas a ghloire.

XXXIV.

Is e ni o shlighe na doruinn,
Ar cas a threorachadh dìreach,
Ar ceum a shocrachadh comhnard,
Air sligh' an t-solais s na sithe;
Is e 'n fhior chait-iuil ni ar seoladh
Gu cala 'n dochais s na firinn,
Go tobar dh' uisgeachan beotha,
San caisg na sloigh ann 'n iotadh.

XXXV.

Is e 'm bunait diongalta, daingean,
Ri stoirm no gaillion nach caraich;
Is e 'n t-Urras treun air ar n' anam,
A dhiol fo fhallus ar n' ainfeuch;
S le luach cho daor rinn ar ceannach,
Le dortadh fhola gu 'r teanachdsa;
Is e ghaol do 'n t-sluagh a bhi maireann,
Thug buaidh air nimh an fhir chealaich.

[TD 63]

XXXVI.

Ma 's e s gu 'n geill sinn do 'n ordugh,
Thug Righ na gloire mar àithn dhuinn,
S gu 'm bi sinn diongmhalt an dòchas,
Le creideamh beò trid a ghrasan,
Bidh Dia na siochainnt s na trocair,
Mar thaic s mar threoir dhuinn tre 'n fhasach,
Gu 'r cur air ceumaibh a roidean,
Air curs' an eolais gu Pàras.

XXXVII.

C' uim' nach deanamaid cabhag,
Gu tir a gheallaigh, le durachd?
Tir far bheil mil agus bainne,
Nios mar abhuinn a' sruladh;
Craobhan fiona gun ghainne,
Le meud an toraidh a' lubadh;
S gach miann a riaraicheas anam,
Co-liont an sealladh an suilean.

XXXVIII,

Ged tha laigs agus failinn,
A' ruith an nadur na feòla;
Ged tha teachdaire Shatain
Ag iarruidh fàth gus ar leonadh,
Thig dhuinn gleachd ris gu dàicheil,
Le earbsa laidir s le dochas,
S bidh Spiorad neartmhòr nan grasan,
Mar thacsa ghnath leinn 'sa chomhrag.

[TD 64]

XXXIX.

B 'e 'n solas inntinn s a mhuirne,
Bhi triall gu duthaich an aigh sin,
Duthaich far an criochnuich ar tursa,
S ar snuadh air tionndadh gu àilleachd;
Ri gleusadh teud ar cruit chiuil dhuinn,
A chum bhi seinn dha 'n an Ard-Righ,
Am bannal aoibhneach a chùirte,
San nuadh Ierusalem àghmhor.

XL.

An là na h-aiseirigh eiridh
Na naoimh, le seul an Aoin ghloirmhoir,
O 'n 's iadsan caoraich a threudsan,
Bidh iad na 'sgeimh air an comhdach;
Bidh seilbh gu siorruidh air neamh ac',
Oir bheir Mac Dhe dhoibh an còir air;
S cha sgar am bas iad o chéile,
A' bheath' nach treig bidh mar lòn dhoibh.

XLI.

An uair thig Breitheamh na glòire
Air carbaid neoil o 'n an airde,
S a theid na firean na chòdhail,
Le aoibhneas mor s le luath-ghaire;
S a theid an truailleachd air fògradh,
Bidh 'n cruth mar lochran a' dearsadh,
Ag dol gu oighreachd an t-sòlais,
Gu tir nam beo mar thom-tàmha.

[TD 65]

XLII.

Cò nach striochdadadh le cùram?
Nach deanadh umhlachd do 'n Triath sin?
Cò neach nach lubadh a ghluin dhuit,
Le cridhe brùite s le diaribh?
Cò 'm beul nach aidicheadh cliu dhuit,
O Righ nan dul le sàr mhiann ort?
S nach iarradh solus do ghuise,
Gu bhi mar stiuir gus an riaghladh?

[TD 66]

EU-COMAS AN DUINE.

I.

S ni ro-àraidh tha 'n tràths ann a' m' rùn,
Le comhnadh grais ga mo stiùireadh sa' cheum,
Mu eu-comas chloinn-daoine teachd dluth,
No staid an naduir a mhùthadh dhiubh fein;
O 'n tha ar truailleachd cho uabharach dùr,
Duibhre duathair ga 'r mùchadh gu leir
Sinn mar luing ann sa' chuan gun chait-jiuil,
Ceò mu 'n cuairt dhuinn s do 'r suilibh cha leir.

II.

"Tha do bhriathraigheibh ro-dheuchainneach leam;
S cainnt gun riaghailt, gun sudh, tha na d' bheul;
Cha 'n 'eil mo thuigs a' co-sheasamh ri d' phuing;
Tha do theagast gun ghrunnd leam s do sgeul:
C' àit an cual thu no 'n d' fhuair thu ás ùr,
N cràbhadh fuar sin chuir thu ás do cheill?
S creideamh nuadh e nach cualas o thùs,
A rinn thu chnuasach o t' ughdarras fein."

III.

Tha e coslach nach d' smaoinich thu riamh
N cudthrom feirg us an doimhne do thruaigh,
Fo na thuit thu an cumhnant nan gniomh,
Trid eas-umhlachd do shinnis gu tuaitht;

[TD 67]

Dh fhàg thu 'd namhaid an-iochdmhor do Dhia;
Na do thrall do d' anamianna gach uair;
Na d' mhac do Shatan á Pàras thuit sios;
S na d' oighre graineil air piantaibh bith-bhuan.

IV.

"Cia mar dhearbas tu 'n seanachas sin domhs'?
Cha 'n 'eil do theagast a' cordadh ri m' chàil;
S buaireadh eanachainn leam labhradh do bheoil;
S teagast chealgach do storie a bharr:
Na bi ga m' leanmuinn le d' anacaoint gun doigh;

Caisg air falbh dhiom do chomhradh gun stà:
Cha 'n 'eil mi dearmad leas m' anma cho mor;
Ma bhios mi beo ni mi 'n corr mu 'n tig bas."

V.

Tha sinn na 'r coigrich gun eolas air slaint,
Fo pheacadh graineil s ar nadur cho truailt,
Duinn fein 's eu-comas ar saoradh o 'n bhàs,
An ni a bhagradh air Adhamh mar dhuais;
Tha brat an dorchadais druit oirnn mar sgleo,
E air iathadh mar chleoc oirnn mu 'n cuairt,
Gus am boillsg oirnn a ghrian tre na neoil,
Leis an soillsich a ghloir a bheir buaidh.

VI.

"Bheir mi comhairl' ort s gabh i gu luath,
Na bi ri aimid gun bhuannachd gun sta;
Gabh ri m' earail s leig tharad do smuain,
Na bi 'g aithris air tuaileas cho bàth,

[TD 68]

Mu 'm bi cairdean an nimh riut s am fuachd,
Cuid mu thràth dhiubh ri luaidh ort le grain;
Tu' d' chuis fhanaid a ghnàth measg 'n t-sluaign,
S iad ri fuarchaint le fuath ort gach la."

VII.

O' n chaideh ar nadur a thruailleadh an tùs,
S ni tha dualach do 'r durachd bhi cearr;
Tha sinn buailteach do dh' uamhar s do thnù,
Leis gach tuaileas cur diombaiddh air cach;
Tha siol na nathrach cho aingidh us dur,
Ann an naimhdeas s mi-run do luchd grais;
S nimh a phuinnsein fo 'n teangaiddh gu dluth,
Gu sliochd na mna a ghrad chiurradh gu bas.

VIII.

"Thubhairt mi cheana gu 'm 'mhearachd do sgeul,
S tha mi 'm barail nach breug dhomh ri radh;
Tha do chainnt cho do-bhreithnicht leam fein,
S nach 'eil m' inntinn to' airt geill dhuit sa' phairt;
Is ann tha t' eachdraidh mar neach ás a chéill:
Threig do bheachd thu le leubhadh cho ard;
S mar a caochail thu t' fhacla gun fheum,
Cha bhi tlachd dhiot no speis ann sa chearn-s."

IX.

O' n chaideh ar sinnisir a bhuaireadh le ceilg,
Rinn iad tailceas le cheil air an àithn;
Rinn iad dimeas air iarratas Dhe,
S thug iad eisdeachd le speis do 'm fior nàmh;

[TD 69]

Dh' fhag siud an àlach ro bhuaileach na 'n deigh,
Gu to' airt cluaise do 'n eacoir a ghnàth,
Le bhi to' airt geill agus creideas do 'n bhreig,
S a' deanamh dimeas air sgeula na slaint.

X.

"Cha d' rinn mi dimeas le tair na neo-speis,
Air briathraibh firinneach Dhe no air slaint,
Bha mi oidhearpach s dileas 's gach ceum,
A' cleachdadh dichill gu geill tho' airt do 'n àithn;
Bha mi teo-chridheach s iochdar le cheil,
A' to' airt seachad mo dheiric mar chàch;
S bidh mi ghnath ga mo bheannachadh fein
Air gach tràth 'n àm dhomh eiridh us tàmh."

XI.

Ma bhios ar n-earb-s ás ar fireantachd fein,
Bithidh ar n-urnuigh gun eifeachd s ar bron;
Bithidh ar saothair gun bhrigh dhuinn s gun fheum;
S ann bhios ar n-eaceart ag eirigh ni 's mo;
Cha bhi stàth dhuinn n' ar n-oibre gu leir,
Ged bheir sinn deachamh us deiric gach lò;
S ann bhios ar peacaidh ag àt mar na sleibht:-
Tre lagh nan aithntean cha teid aon gu gloir.

XII.

"Tre lagh nan aithntean mur tearnar a h-aon,
Cha 'n fhios domh fàth air an saorar neach beo;
Bidh siol Adhaimh gu brath dheth fo dhaors,
Oibre lamh an Ti naomha tha 'n glòir:

[TD 70]

S ni do-radht e ri àireamh le daoin',
Gu 'n sgrios an t-Ard Righ a shaothair gu bron;
An Ti tha throcair us fhabhar co caomh,
Cha to'air e sgriob cho di-mhillt air an t-slogh."

XIII.

Tha e iochdmhor us teo-chridheach caoin,
S deigh ro-mhor aig air saothair a lamh;
Chaidh a throcair thar eolas chlann-daoin,
Ach tha 'cheartas neo-chaochlach gu bràth;
Cha saor e 'n ciontach a sheasas cho dian
N aghaidh firinn na briathraibh a's fearr,
O 'n teine lasara dian-loisgeach, Dia
A mach á Criosa, Mac siorruidh a ghraidh.

XIV.

"Cha 'n 'eil mo pheacaidhean graineil ro mhór;
Cha 'n 'eil mo nadur ni 's mò co ro thruaillt;
Cha bu tric mi air mhisg san tigh òsd,
S riamh o m' oige gu neo-ghlain cha d' għluais;

Le neo-gheanmaidheachd cha d' bhrist mi snaim-posd,
Cha d' thoill mi masladh no beol-bheum an t-sluaign;
S o nach d' choisinn mi fein dhomh do-bhron,
Gheibh mi coir air an t-sòlas tha shuas."

XV.

N uair dh' aontaich Adhamh le Satan s a chlaon
Ann sa gharradh, le innleachdan breig,
Rioghaich peacadh us bas air gach aon
Dheth 'n an àl bha gu cinntinn na dheigh;

[TD 71]

Dh' fhàg siud a chruitheachd ag osnaich fo dhaors;
S i mar mhnaoi ann an saothair s am pein,
A' feitheamh fuasglaidh o thruailleachd chlann-daoin',
Gu 'n togar suas iad an naomhachd clann De,

XVI.

"Cia mar dh' fhaodainns' bhi 'n sas cho ro-theann
Ann sa chumhnant a bh' ann o linn chéin?
Ged chiontaich Adhamh s ged dh' fhailling e ann,
S ann bha amhgar s a challdachd dha fein;
Cha robh mis' ann san t-saoghal 'san àm
San deach a bhuaireadh le mealltair nam breug,
S o nach robh bidh mi saor o na chall,
S cha teid mo dhìteadh na gheall-san gu pein."

XVII.

Thaobh s gu 'n d' chiontaich e 'n coimhcheang'l nan gniomh:
Chaill e iomhaigh an Triath sin a's aird;
Chaill e comunn ro-bhlasda ri Dia,
Thuit e sios mar chraoibh chrionaich gu lar;
O b' esan 'n stoc dh' fhàs na mhosgan gun bhrigh,
Tha sinne, 'mheanglain, mar 'n ceudna gun bhlàth,
S tha sinn buailteach do dhoruinn r'a linn,
O'n thuit sinn cho luath fo 'n bhinn us fo 'n chradh.

XVIII.

"Tha thusa dàna gu labhairt le bosc,
Ag iarraidh seoil air seann nois a chur cearr;

[TD 72]

Tha thu 'm barail le mearachd do sgeoil,
Gu 'n tilg thu thairis an doigh a bh' aig cach;
Ach 's meanbh an earrann a leanas do sgeul-s',
Na bheir aire no eisdeachd do d' dhàin,
No bheir cluas do d' chainnt mheallaidh le speis,
Mur to'air amadain géill di 'bhios bà."

XIX.

Tha 'n duine neo-iompaicht gun chiall,
S e na choigreach air briathraibh na h-àithn',

E na umaidh gun eolas air Dia,
Olc an comhnaidh s mi-rian ris a' fas;
Tha staid a naduir cho truaillidh s a chrìdh'
S e ga 'bhuaireadh le innleachdan bàis,
Gun chomas dusgaidh, gun umhlachd do 'n Triath
Gu 'n oibrich ùghdarras Chriosd air le gras.

XX.

"Ma bhios mi saothreach le dichioll o m' chrìdh',
Mu leas m' anma, gu m' shaoradh o 'n bhàs,
Tha mi 'n dochas nach fagar mi shios,
Ged robh failinn na m' ghniomh ann am pairt;
Cha 'n 'eil mo għluasad no truailleachd mo chré,
Ann an uabhar air direadh cho ard,
A chuid nach faod mi choilionadh dhiom fein,
Għabb Chriosd 'air fein iad gu leir air mo sgàth."

XXI.

Tha slainte trid Chriosda gu dearbh,
Ach cha 'n ann air son airgid no feich;

[TD 73]

S ged tha 'n iocslaint ro phriseil ga 'tairgs
Cia mar għlacas sinn seilbh orr' dhinn fein:
Tha ar saothair s ar gniomh dhuinn gun stà,
Tha ar n-oibre gu bràth dhuinn gun fheum,
Gu 'n tarruing Dia sinn le lionaibh a ghraidh,
Gu creideamh slainteil 'san t-Slanaighear threun.

XXII.

"Cha 'n 'eil mo pheacaidh cho graineil a thrian
S a tha mi clāistinn o bhriathraibh do bheoil-s',
Cha d' rinn mi gadachd no meairl air neach riamh,
Cha d' rinn mi murt no droch għniomh air neach beò;
Cha d' bħrist mi 'n t-sabaid an là sin tha naomh,
Għabb mi tamh oirr' o shaothair mo dhorn;
S ma 's nì e tharlas nach sabħalar mi,
Is trom an aireamh a dhitear dheth 'n t-slogh."

XXIII.

Tha binn an lagha ga d' dhiteadh gach uair,
S a' teachd a nios ort le fuathas nach tlàth,
Air son smaointinn do chridh' 'bhi gu truagh,
A' sior chlaonadh gu truailleachd do għnàtħ
Tha tein' us tairneanaich ard-ghuthach cruaidh,
O shliabh Shinai a nuas teachd a d' dhàil,
A' bagradh mallachd us bas ort gun truas,
Gu 'n oibrich gras Righ nam buadh ort chum slaint.

XXIV.

"Na bi 'cur dragħ orm s bi dealachadh uam,
Cha bheag a charraid measg sluaigh thu le d' għnàs;

[TD 74]

Ma bhios mi caillte 's mi fein dheth bhios truagh,
Us cha tua bheir duais ann a' m' ait;
Caisg dhiom tabhunn do theanga gu luath,
S e mar ghabh ann na m' chluais s na chuis grain;
Na bi ga m' leantuinn s tho'air aire dhuit fein,
Ma bhios tu sabhailt dhuit fein a bhios àgh."

XXV.

Gur truagh an gliocas, an tuigse s a chiall,
Dü luchd mi-riaghailt a bhi 'n dòrras co ard,
Nach dean iad striochdadadh do fhirinn an Triath,
S a chuireadh fial dhuinn ga 'r n' iarraigheach gach là;
Tha ghairdean sinte s a ghlaodh ruinn gach ial,
Chum ar tearnadh o liontaibh a bhais,
S o chumhachd Shatain gu sabhail e sinn,
Ma bheir sinn aoidheachd na 'r cridh dha le gràdh.

XXVI.

"Cha 'n fhaod thu dhearbhadh na chomhdach a chaoideh,
Nach faigh mo dhichioll gu cinnteach dhomh bàigh;
Nach faigh mi duais le lan bhuanachd gun dìth,
Ma bhios mi gluasad 's na gniomhaibh a's fearr,
Ged thigeadh buaireadh air uairibh a' m' chridh',
Ni mi fhuadach ás m' inntinn gun dail;
S mur faigh mi trocair tre 'n doigh sin, cha 'n fhaod
Mi bhi 'n dochas á saorsa gu bràth."

XXVII.

Tha staid do naduir ga d' fhàgail fo 'n chìs,
Gun chomas tearnaidh o 'n bhinn sin leat fein;

[TD 75]

Gun ghnè ach grainealachd tàmh na do chridh,
S a chuid a's fearr dheth do ghniomh mar shal breun;—
Leanabh feirg thu gun teanchds theid gu dith,
S diomhain t' earbsa ri siocaint no réit,
As eugmhais aithr'chais thaobh t' anma trid Chriosd,
Le gras ath-ghin'mhuinn saor thiodhlaca Dhe.

XXVIII.

"Cia nis an ceol air an sabhalar mi,
Ma 's e 's gur firinn air chinnt tha thu 'g radh?
Teagaisg dhomhsa cia 'n doigh air am faod
Mi bhi 'n dochas á saorsa o 'n chàin:
Ma tha thu 'g radhtinn nach stà dhomh bhi 'stri
Ri lagh nan aithn'tean gu m' shith dheanamh slan;
Nochd dhomh 'n trasa cia 'm fath air mo shith
A dheanamh 'n aird ris an Ti sin a's aird."

XXIX.

Chaidh an sgriobtura dheachadh gu leir

Le Spiorad neartmhор an De a's ro aird',
Chum ar mosgladh le brosnachadh geur,
Leis an nochdar dhuinn euail ar craidh;—
Tho dorus fosgait am Focal A Bheil,
S fuaim an t-Soisgeil ag eigheachd gu h-ard,
A chum A thruaghain 'bha 'n truailleachd gu leir,
A thogail suas le fior eifeachd a ghrais.

XXX.

"Mur dean mi aon nì le m' shaothreachadh fein,
S gu bheil mo dhichioll gun fheum dhomh gun sta;

[TD 76]

Urrad s creidsinn an Criosda chum réit
Nach faod mi dheanamh ás eugmhais neart grais;
Ciod a ni mi? cia 'n taobh gus an teid
Mi ga iarraigdh s mi 'n eigin an sàs?
Cha 'n 'eil mi smaointinn cia 'n t-innleachd fo 'n ghrein
Le 'm faigh mi fabhar an Leigh a chum slaint."

XXXI.

Iarr bainne fior-ghlan an Phacail gu luath,
Leis an nochdar dhuit buaghanaibh Dhe:
Ciod am fios duit mach pill e le truas,
S nach fag e beannachd bheir buannachd na dheigh,
Le 'n tig àm grais ort a nasgaidh gun duais,
Gu cur a phlasd riut, fuil luachmhor a' Leigh;
S e Spiorad neartmhор nam feart 'thig a nuas,
Chuireas smachd dhuit air truailleachd do bheus.

XXXII.

"Ge do theannainns ri leubhadh gu dluth,
Bithidh mo chairdean rium diombach le grain;
Mas e 's gu leag mi gu leir air mo ghrunnd,
Bheir iad beum dhomh s cha diu leo mo phairt;
Ge do lubainn le durachd mo ghluin
Ann an urnuigh le umhlachd gu lar,
S ann lasas blàths agus naire na m' ghnuis,
Le eagal tair' agus cùl-chaint o chach."

XXXIII.

Cha dean eagal thaobh dhaoine dhuit cuis,
Biodh t' eagal druiteach le curam thaobh Dhe;

[TD 77]

Cha dean aon leisgeul do dhion aig a mhùd,
Nuair a ghairmear gu cuirt thu o neamh;
Ma bhacas nair' thu o 'n t-Slanaighear chiuin,
Tha 'bheul ag radh s cha dhubhradh leis breug,
Gu 'n gabh e naire dhiot s baigh cha 'n faigh thu,
Ach sgrios gu bas s do ghrad sgiursadh gu pein.

XXXIV.

"Mas teagasc firinneach briathraibh do bheoil-s
Tha mis' gun dochas á trocair no sith,
Mi mar neach fo dhuhb neul ann an ceò,
Gun fhios cia 'n doigh air mo threorachadh nios;
Cha 'n eol domh innse cia 'n t-innleachd no 'n seol,
Air mo shaoradh o 'n doruinn gun chrich;
Dh' fhàg mo thacsa, mo neart mi s mo threoir,
Bithidh mi bronach air m' fhògradh dìth."

XXXV.

Bi ri tagradh le durachd ri Dia,
Bi ri urnuigh gu dion air son grais,
Chum s gu 'n nochd e dhuit deadh-ghean trid Chriosd,
O 'n 's e 'n Iobairt thug dioladh na d' àit';
O 'n 's e 'm Faidh, an Sagart s an Righ,
Bhios gu siorruidh os cionn luchd a ghrais;
Dhoirt e fhuil doibh mar iocshlaint gu saor,
Gu casg an iotaidh s cha traogh i gu bràth.

XXXVI.

"Ma dh' ordaich Dia dhomh le riaghladh a ghrais,
A dheadhghean s fhabhar 'n deigh trailleachd mo bheus,

[TD 78]

S gu 'm faigh mi fuasgladh tre bhuaghlaibh a ghraiddh,
O chuibhreach Shatain 'bha ghna rium a streup,
Ciod an truailleachd theid fhuadach o m' chàil,
Bha ga m' bhuaireadh s a' tamh na mo chre?
Ciod na subhailcean caomh thig na 'n àit,
A bhios a' fas rium gu laitheil na 'n deigh?"

XXXVII.

Nuair thig an Spiorad ro-naomh ort a nuas,
Traoghaidh t' àrdan us t' uabhar s t' fhein-speis,
Theid do nadur ath-ùrachadh suas,
Creutair nuadh thu na d' bhuaghlaibh gu leir;
Tobair grais theid dhuit fhosgladh gu luath,
Gu tobhairt neart dhuit gach uair an àm t' fheum;
Lasaidh blàths ann san àit an robh fuachd,
Teine graidh far 'n robh fuath mar nimh geur.

XXXVIII.

"Ma thig an t-oibreachadh grasmhor mu 'n cuairt,
S gu 'm faigh mi fuasgladh o m' dhualchas ri Adh'mh,
Ciod am beannachadh àdhmhòr us nuadh,
A theid a dhortadh a nuas orm o 'n aird?
Leis am fairich mi 'n caochladh gu luath
Air mo smaointibh us gluasad mo ghnàis?
Leis am faod mi bhi cinnteach gu 'n d' fhuair
Mi lamh-an-uachdar us buaidh air mo nàmh?"

XXXIX.

Teichidh talach us farmad us tnù;
Teichidh cealgaireachd lubach s mi-bheus;

[TD 79]

Teichidh macnus us anacaint gun sudh,
Cainnt neo-tharbhach s baoth shugradh gun fheum;
Theid an-tograidhean talmhaidh air cùl,
Bha ga d' thearbadh o churam thaobh Dhe;
S e Criosc a leanmhuinn rùn t' anama 's gach cuis,
S cha dean thu earbsa ni 's mò na d' neart fein.

XL.

"N teid mo chaochaladh gu h-iomlan 'san uair
O m' uile thruailleachd bha fuaithe ri m' chré?
No 'm bi mi foirfe an naomhachd cho luath,
An teid mo thionndadh gu nuadh us ùr-sgeimh?
No 'm faigh am peacadh a steach air mo smuain
Gu crioch mo shaoghail s mo chuairte fodh neamh?
No 'm faigh fath orm gu bràth o sin suas
Gu 'n teid mo chaireadh 'san uaigh leis an eug?"

XLI.

Cha bhi thu iomlan an naomhachd a chaoiadh
Gu crich do laithean s do shaoghail fo 'n ghrein,
Gus 'n tig cuireadh a bhais ort o 'n Righ,
Mar theachdair samhchair gu oighreachd nan neamh;
Ach uile thograighean t' anma bidh stri
Gu plaigh us salachar do chridh' chur ri srein;
Tha gras ro-neartmhòr do d' anfhainneachd o Criosc
Gu casg gach anabas s droch ghaoiid riut tha streup.

XLII.

"Mur faigh mi cuibhteas an truailleachd gu bràth
Gus an la 'n tig am bas air mo thòir,

[TD 80]

S gu 'm bi 'm peacadh rium fuaithe ann am pairt
Gus an la ann sam fag mi an deo;
Dean domh innse gu cinnteach an tràths
Cia mar dhìreas mi 'n aird air le treoir?
Ciòd na buaghaibh 'san gluais mi gach la,
Ri ré mo chuairte am fasach nan deoir?"

XLIII.

Bithidh tu basach' do 'n pheacadh le buaidh,
S tigh'nn beo do fhireantachd suas, ceum air cheum
O neart gu neart bithidh tu fas o sin suas,
Ann sa ghras bheir dhuit fuasgladh 's gach beud;
Bithidh t' earbsa laidir á fabhar an Uain,
A dh' oibrich slaint' dhuit le bhuananibh treun;
Is e chaisg do nàmh dha 'm bu traill thu bha truagh,
Gath-nimh an dragoin 's e bhual le sàr bheum.

XLIV.

"Nach robh na creidmheich a b' aird a dol cli,
Mar tha sgriobtura Bhiobuill 'to'airt sgeul?
Mar tha e 'gradhtin mu Dhaibhidh an Righ,
S a chuid a b' fhearr dheth na naoimh sin gu leir;
Gu 'n robh iomadaidh failinn na 'n gniomh,
Bha ga 'm faomadh o iarratas Dhe;
S an gearan bronach bh' aig Pol mar an cian',
Air gach leon a bha fiachain ris fein."

XLV.

Bha iomadh tuisleadh ro bhailteach do naoimh,
O fhuigheall truailleachd bha stri riu san fheoil;

[TD 81]

Bha Daibhidh suairce ga bhuaireadh s ga chlaoideh
S caochladh uairibh a claonadh o 'n choir,
Bha saighdean cràiteach a ghnà' teachd gu chì,
Teachdairean Shatain bha sior ghleachd ri Pol;
Is cumhachd grais bha ga 'n tearnadh gu saor,
O neart a namhaid bha dian orra 'n tòir

XLVI.

"Ma bhios mo namhaid a' streup rium s a' stri
Le saighdean siobhaide siubhlach ga m' leon,
Am faod mo choguis bhi reidh rium le sith
Ma bheir e beum dhomh s gu 'n claon mi o 'n chòir!
Ciod e bheir sòlas no dochas dhomh ris
Gu 'm faigh mi trocair o 'n Ti sin tha mor?
Gu 'm faigh mi seilbh air an oighreachd gun chrich
Tha 'measg nan ainglean an rìoghachd na gloir?"

XLVII.

Bithidh do choguis a ghnath na glan duisg
Air eagal sleamhnachadh cuil a chum lochd;
Bidh Spiorad Naomha nan gras ort mar stiuir,
Is e 'neart a shabhalas tu o gach lochd;
Ged fheuch do namhaid gach innleachd na run,
G iarruidh fàth gus do chiurradh gu goirt,
Bithidh Criosa laidir mar gheard air do chul,
Gu casg gach amhghair s droch ionnsuidh thig ort,

XLVIII.

Ged thig do namh ort le draothachd mu 'n cuairt,
Cha dean thu faomadh le bhuairidh ga d' dheoin,

[TD 82]

Ged gheibh e fàth ort gun fhios duit air uair,
Dol fo imcheist trom-uallach s fo bhrón,
Le diobhail misnich ged thuit thu fo ghruaim,
Bheir gras t-Fhir-saoraidh dhuit fuasgladh us treoir,

S cha bhac geur-leanmuinn no anacaint an t-sluaign,
Thu gun soirbheachadh suas an deagh nos.

XLIX.

Cha bhac geur-leanmuinn no anacaint chloinn daoin,
Thu gun ghaol a tho'airt daonnan do 'n àithn:
Cumar thu le a bhuaghaibh ro chaomh,
Gu tigh'nn suas ann an naomhachd s an gras,
Gu 'n tig an t-àm faisg air laimh ann san triall
Thu gu saoghal na siorr'dheachd gun dail,
S an giulain ainglean air culthaobh an sgiath
Thu gu luchairt an Dia sin a's aird.

L.

Theid casg air bron, squiridh deoir agus caoidh,
Lasaidh sòlas s toilinntinn na 'n àit;
Theid gach dòlas air fogradh a chaoidh,
Bha ga d' leonadh fo chuinnsear do namh;
Bithidh cliù Iehobhaih mar cheol duit gach uair,
Gloir an Uain, o 'n 's e buanaich dhuit slaint;
O chumhachd Shatain se dh' ardaich thu suas,
Le neart a ghairdein thug buaidh le cruaidh spairn.

LI.

Nuair a sheidear an Trombaid le fuaim,
Le guth an Ard-aingil nuas o na neoil,

[TD 83]

Leis an duisgear na mairbh ann san uaigh,
Bha gu h-iosal na 'n suain fo 'n an fhod,
S a thig am Breitheamh, le 'n gairmear an sluagh,
Leis an cruinn'clear iad suas chum a mhòid;
Gheibh thusa seilbh air an oighreachd neo-thruaillt,
Nuair theid na h-aingidh air fuadach gu bron.

LII.

Nuair theid na h-aingidh gu priosan na claoidh,
Do 'n ifrionn iochdraich 's nach cluinntear do cheol,
Ach gul us giasganaich fhiacal us caoidh,
Sgreadail chianail fo phiantaibh us deoir,
Bithidh aoibhneas siorruidh, nach criochnaich a chaoidh,
Do 'n muinntir dhiadhaidh a chiosaich an fheoil,
Oir trid an Uain fhuair iad buaidh air gach baogh'l,
S bithidh 'n crun neo-thruaillidh measg naoimh dhoibh an glòir.

[TD 84]

AN NUADH BHREITH
NO
GLEACHD AN T-SEANN DUINE
AGUS
AN DUIN' OIG.

"Gu 'n cuir sibh dhibh, thaobh a' cheud chaithe-beatha, an seann duine, a tha truaillidh a reir nan ana-miann cealgach; agus gu 'm bi sibh air bhur n-ath-nuadhachadh ann an Spiorad bhur n-inntinn; agus gu 'n cuir sibh umaibh an nuadh-dhuine, a tha air a chruthachadh a reir Dhe am fireantachd agus am fior-naomhachd."—Ephesianaich iv. 22-24.

LUINNEAG.

THA duin' òg us seann duin' agam,
Tha duin' òg us seann duin' agam:
Nach robh 'n seann duin' air mo chulthaobh,
S an duin' òg ni 's muirnich agam!

I.

Seann duin' mi o leasraidh Adhaimh
O 'n do shiolaich mi thaobh nàduir,
Ach duin' og tre Léigh na slàinte
Shaor o 'n bhàs mi tre ghràs naisgte.
Nach robh 'n seana duin' na ghrain domh
S an duin' òg na ghradh ni 's faisge

[TD 85]

II.

Rinn an seana duin' daor-thràill dhiom
Thug mi 'm braighdeanas do Shàtan,
S e'n duin' òg a shaor o mhàig mi
Dh 'ionnsuidh slàint o phlaigh a' pheacaidh.
Leag an seann duin' ann san ùir mi
S e'n duin' òg a dhuisg a mach mi.

III.

N uair a thàir an t-òg a m' ionnsuidh
Fhuair e'n seana duin' na dhùsal,
Le cheud fhàilte rinn e dhùsgadh,
Siud fo lùirich thugadh braidean!
Chaidh an seana duin' fo lùirich
S e'n duin' òg a ruisg am brat deth.

IV.

Air a bhonn do chaidh an comhrag
Tarruing lann ro ghleusd' air gheòiread,
Fhuair an seann duin' buille leonaidh,
Nach cuir e ri bheo ás altaibh.
Chaidh an seana duin' gheur chiùrradh
Sheas an t-òg a chuis mar ghaisgeach.

V.

Riamh o sin cha 'n fheud iad còrdadh
Ann an réit cha 'n fhan iad còmhlamh,
Cha 'n àraichear le aona sògh iad
S iad an còmhnuidh a' co-ghleachdad.
Ach tha 'n seana duin' cho brùideil
S an duin' òg cho cliùiteach tlachdmhor!

[TD 86]

VI.

Dithis iad nach còrd an càraid
Ged tha 'n còmhnuidh san aon àros,
Gus a leagar nuas am pàilliun
Ann sna ghabh iad tàmh mar chairteal.
N seana duin' gu carach lubach
S an duin' ur to'airt cuis gach gleachd deth.

VII.

Cha dean imeachd iad mar chàirdean
Ged a shaoilt gum b' iad na bràthairean,
Bhi co-chàirdte san aon nàdur
Air an taobhs do 'n bhàs cha tachair.
N seann duin' lan do chàil na bréine
S an duin' òg na bheus cho maiseach.

VIII.

Is e'n seann duin' neach a's góraich,
Ach 's e Aosd' nan làithean m' òig-fhear
An seana duin' na riogh an tós orm,
S ni an t-òig-fhear na stòl-chas e.
An seana duin' s a lus ga 'fhagail
S an duin' òg a' fas ni 's neartmhoir.

IX.

Is e'n seann duin' leam a's annsa
Ach 's e cusbaир m' fhuath us m' anntlachd,
S mi do 'n òig-fhear am bith naimhdeis
Ged 's e m' annsachd e s mo chaidreamh.
An seana duin' na ghalair bais domh
S an duin' òg air gras ga m' altrum.

[TD 87]

X.

Tha mi bàit' an cuan an t-seann duin',
Fo gheur fhuar-dhealt s fuachd a' gheamhraidh
Thig an t-òg na ghlòir gu 'theampull
Chuireas mis' a' dhanns' le m' chasaibh.
Is e'n seann duin' chuir fo neoil mi
S e'n duin' òg mo lochran laiste.

XI.

Ged is duilich leam an sgeula
An seana duin' bhi dol g'a cheusadh,
Aig an òg bidh buaidh an t-séisdidh
S ann leam fein gun bhreig is maith siud.
Bidh an seana duin' fo mhùiseig
Cuiridh 'n t-òg an cuil gu grad e.

XII.

Bheir an t-òg fo bhuaidh an seann duin',
Ni e òglach dheth fo cheannsail,
Dhìdean leagaidh e s a dhaingneach
Le thréin laimh gu 'm prann e 'chlàigeann.
An seana duin' ri dealbh dhroch innleachd
S an duin' òg a sior tho'airt chreach air.

XIII.

Is mor ioghnadh e le reusan
Teagasc diomhair seo mu sgeula:
Na leth-aona seo bhi 'm' chreubhaig
S gur mi féin le chéil' mu seach iad:
Is mi seann duin' do thaobh nàduir
Ach duin' òg tre ghras a nasgaidh.

[TD 88]

XIV.

Mar tha 'n seann duin' s an duin' òg ud
Ann an aon a' gabhail còmhnuìdh
Aon diubh neamhuidh, aon diubh feolmhor,
Toimhseachan ro mhor gun ag e.
N seann duin' miannachail us geocach
S an duin' òg o ghloir na feartaibh.

XV.

Aon air mana teachd beo dhiubh
Aon air dusalach an otraich,
Mis' an cuimrigeadh an comhnuidh
S an aon lòn nach cord ri neach dhiubh.
N seana duin' do reis na feola
S an duin' òg cha chord ris srad deth.

XVI.

Ged a rinn an seann duin' m' fhàgail
N culaidh bhreun mo bheusaibh gràineil
Spionar leis an òg mar àthainn
Mi a mach o'n àmhuinn lasraich:
Dh' fhag an seana duin' gun lùths mi
S an duin' òg ás ùr ga m' neartach.

XVII.

Is mi-shon' an creutair beò e
S i thoil-inntinn meud a dhòlais
Shonas ri a chàil neo-choirrdte,
Miann a shòlais-sa ga chreachadh.
Seann duine ga m' chradh le bhuairibh
S an duin' òg ga m' fhuasgladh asda.

[TD 89]

XVIII.

Ni ach corruich Dhé cha 'n òl e
Ioc-shlàinte cha 'n iarr ach dòruinn

S a chàil mhiannach, chiocrach, fheòlmhor,
Mhisgeach, gheòcach 'n tòir air mallachd:
N seana duin' cho salach gruideil
S an duin' òg cho cùbhraidh fallain.

XIX.

S e féin-mhealltair' th' ann an còmhnuidh
S i thoil féin is iodhal mhòr dha,
A mhiann a riarachadh 's e dheoin e
Dòruinn bheir e air do-chaisgte:
Seann duin' ga mo chlaoïdh le mhiannaibh
S an duin' òg le chiall ga 'chasg dhiom.

XX.

Bhrù nuair lionas e gu sàthach
Le chuid féinealachd ga àrach,
Eiridh suas gu h-ana-dàn e
A shràidimeachd air bharr nam baideal:
N seana duin' ag iarraidh 'n aird orm
S an duin' òg le ghras ga 'bhacadh.

XXI.

Cia cho mòr s a thogt an àird e
Chionn nach caochail e na 'nàdur
Thuiteadh sios e mar a b' abhaist
E na 'eabar a sàs sa' chlabar:
Seann duin' aig na poitean feola
S an duin' òg ri gloir dlu-bheachdaidh.

[TD 90]

XXII.

Fhuair na mhealltair mi e 'n còmhnuidh
Le 'chuid gealltanasaibh mòra,
Le dheis ghil a' sior cur sgleò air
S mi 'n dùil gu 'm b'e an t-òig-fhear macant!
Seana duin' ga m' mheall le dubhradh
S an duin' òg to'airt sùl dhomh dh' fhaicinn.

XXIII.

Dh' fhàg a chleasachd mi cho baoghalt
Us gu 'n creidinn 'bhriathra faoine,
E ràdh, an uair bha 'n t-òg ga m' shaoradh
Uaith, gur sgriob an aoig bha 'm fagus:
Seana duin' cur orm droch ghnuis-bhrat
S an duin' òg ga 'rusgadh sracta.

XXIV.

Dh' fhàg siud m' fhaireachduinn neo-stòlda,
Uair ag itealaich sna neòltaibh
Uair ga m' iomairt san dùn òtraich
Ri fair còmhlamh s mi a' m' chadal:
N seana duin' ga m' fhagail tonn-luaisgt
S an duin' òg mo shuaimhneas caidreach.

XXV.

Uair s mo chas air carraig chòmhnaird
Mi gu binn a' seinn nan oran
Uair ri toirm air teud ro bhrònach
Agus bil mo bheòil gun ghabadh:
N seann duin' dh' fhàg mo bhudadhan duinte
S an duin' òg to'airt dhiubh nan glasan.

[TD 91]

XXVI.

Nuair a thig an t-òg gu sheòmar
Theid an seann duin' sin a leònadh,
Saoilimid gu marbht gun deò e
Us nach tig e beò le gradaig:
N seana duin' ri call a dheorachd
S an duin' òg tigh'nn beo air thapadh.

XXVII.

Gus an tigeadh e na dhéigh sin
Le chuid arm gu h-ùr air ghleusadh,
Feuchainn ionnsuidh ni bu tréine
Le geal sgèimh an éididh-bhradaich:
N seana duin' ga mholadh fein domh
S an duin' òg gu treun 'cur smachd air.

XXVIII.

Chuirinn feum air ol an ùngaidh,
Thogail lannan far mo shuilean,
Gu 'n geur amhaircinn le dùrachd
Mu an aithnichinn gnùis a' mhadaidh.
N seana duin' ga m' char le cuilbheart
S an duin' òg ri m' chùl air fhaicill.

XXIX.

Ged is tric a rinn e tràill dhiom
To'air aobhair casaide do Shàtan,
Dh' innseadh an duin' òg gu sàmhach
Nach robh stàth dha bhi ri tagradh:
Seana duin' cur liontaibh bais domh
S an duin' òg ga m' thearnadh asda.

[TD 92]

XXX.

Ged tha m' pheacadh dearg mar scàrlaid
Mar an corcair tre ro-dhànanachd,
Trusgan sgiamhach na mor-shlainte
N làthair m'òig-fhear rinn mi maiseach:
Dh' fhàg an seann duin' tinn le plàigh mi
S an duin' òg to'airt slaint air ais domh.

XXXI.

N uair a dh' fhoillsicht a ghnùis òirdheirc
Rach an seann duin' sin air fògradh,
Mach á 'chùirte le cheann còmhdaicht
Shaoilt nach tig e m' chòir ni b' fhaide;
N seana duin' a' teich fo mhuisgeag
S an duin' òg to'airt lùiths a neart ás.

XXXII.

Ach bha 'chealgaireachd cho lùbach
Daonnan seòlt mar shionnach chùiltean,
S ann a gheibht ri meairl an liùgair
Ann an seòmar cùil Bhenhadaid!
N seana duin' ga fhal an cultean
O'n duin' òg s e'n dùil nach glact e.

XXXIII.

Oir tha innleachdan cho dùbailt
E'n cruth càirdeis ach droch-rùnach,
S e ghlain-amhairc dheanadh cùis domh
Rannsachadh char-lùb an t-sladair:
N seana duin' s e ghnàth droch-runach
S an duin' òg s gach cuis tigh'nn trasd air.

[TD 93]

XXXIV.

Tha a bhraigheanas ga m' chiùrradh
Anail breun a chléibh ga m' mhùchadh,
Dh' fhàg mi fann an ceann na h-urnuigh
Dh' easbhuidh driùchd an ùraich neartaich:
S e'n seana duin' a dh' fhàg gun lùths mi,
S an duin' òg chuir sugh na m' altaibh.

XXXV.

Ged tha mi s an seann duin' graineil
A' co-chordadh san aon nàdur,
S e duin' òg mo threòir s mo shlàinte
Ceòl mo ghairdeachais us m' aiteis:
S e'n seana duin' a chlaon o'n chòir mi
Bheir an t-òg le chord mi faisg oir'.

XXXVI.

Chuir an seann duin' mi 'san làthaich
Ga m' shior aonagraich sa' chlàbar,
Chuir an t-òig-fhear suas mi sàbhailt
Chor us nach do thair e m' thachdad
N' seann duin' g imlich na h-ùrach
S an duin' òg gu dluth ri tagradh.

XXXVII.

S e'n duin' òg an treun-fhear glòrmhor
Do réir m' fheumsa bheir e treòir dhomh,
Seasar eadair mharbh us bheò leis
Bheir e lòn us sògh do m' altrum:

An seana duin' ga m' bhual le dhornaibh,
S an duin' òg le treoir ga chasg dhiom.

[TD 94]

XXXVIII.

Fàilt a ghnùis is ùrach beò e,
Chuireadh lùths a' m' dhùirn gu còmhrag;
Chur air cùl an trùthair seolta
Le fiaclaibh mor le 'm b' dheoin mo chasgairt:
Bhiadh an seann duin' mi air plaosgan
S ghabh an t-òg na ghaol dhiom ath-thruas.

XXXIX.

N uair bhiodh m' anmhuinneachd gun tàbhachd
Mi gun airm s tre fhailbh air fàilinn,
Thigeadh m' òig-fhear le ghnùis fhàilticht
A lann tarr'ngt le 'n gearrt righ Agag:
Dh' fhàg an seann duin' mi lan fàilinn
S thug an t-òg le 'ghrasaibh neart dhomh.

XL.

Is mòr mo chall le easbhuidh graidh dha
Ged is tric a shaor o'n bhàs mi,
Tobhairt neirt domh, eòlais, slàinte,
Mo Righ e, m' Fhàidh us mo Shagart:
N seann duin' a' cur bac' air m' urnuigh
S an duin' òg cur tuis air m' altair.

XLI.

Is aobhar bròin ro mhòr dhomh s nàire
Cho lion uair s a rinn mi tàir air,
A' tionndadh m' chùl ris 'nuair a bha mi
Sàbhailte fo sgàil a bhrataich:
N seana duin' to'airt uam mo dhochais
S e'n duin' òg mo chord us m' achdair.

[TD 95]

XLII.

S tric a shaoil mi gu 'm b' chrioch bàis domh
N uair bha dheiligeadh 'n rùn-gràidh dhomh,
Glanadh a' chruithneachd o an chàthaidh
A ghuit na làimh aige gu fasgnadh:
N seana duin' a' meudach m' uamhais
S an duin' òg to'airt suaimhneas ceart domh.

XLIII.

Cainnt an t-seana dhuin' ga m' thàladh
Le droch mhùinnteachd s grùid an àrdain,
G iarruidh mo dhùil tho'airt deth fhàbhar
N uair b' e għairdean mo chul-taice:
N seann duin' deanamh daor-thraill dhiom
S an duin' òg to'airt aite Mhac dhomh.

XLIV.

Dh' fhàg an seana duin' cho bath mi
Fulan calldaich a' to'airt sgàth dha,
Deanamh dimeas air m' aon ghradhach
A bheireadh dhomh-sa blàths fo fhasgadh:
Dh' fhag an seana duin' mi gorach
S gliocas an duin' òig sior phailt dhomh.

XLV.

Is olc an companach seann Adhamh
Beul gun bhreug thug corp a' bhàis air,
Cha sheinn a leam air a' chlàrsaidh
N uair bhios mo ghàirdeachas fallain:
Tha duin' og us seann duin' mar rium
Tha duin' og us seann duin' mar rium
An seann duin' a' bac mo shòlais
S an duin' òg 'cur beo na m' anail.

[TD 96]

XLVI.

Is tric a sheirm e us nach b' fheairde
Mise bhrionnal baoth gun stà dhomh
S e ghuth a chluinneamaid ni b' àirde
Cluicheadh tràth air dàn a mheallaigh:
N seann duin' ga mo dheanamh baoghalt
S m' òig-fhear ga mo shaor o charachd.

XLVII.

Dh' fhàg siud tonn-luaisgt mi an còmhnuidh,
Thuig us uaithe mar na Locuist,
Acrach, iotmhòr airson trocair
S iomlanachd mo stòir gun ghainne:
S e'n seana duine ao'ar mo luasgaidh
S e'n duin' òg mo shuaimhneas fallain.

XLVIII.

Tha mi aineolach s làn eòlais
Tha mi dubh ach geal gun sgleò mi,
N dorchadas fo dhuibhr an còmhnuidh
Solus mo lòchrain sior lasadh:
N seann duin' ga m char an comhnuidh,
S an duin' òg na ròd ga m' tharruing.

XLIX.

Tha mi bochd s a ghnàth lan saibhreis
Brònach na mo chonn s làn aoibhneis,
Bacach, leòinte s mi làn-choimhliont
Mall s a' ruith gu teann le cabhaig:
An seana duin' ga m' fhagail daibhir
S e'n duin' òg mo shaibhreas falaicht.

[TD 97]

L.

Tha mi dall s mo fhradarc dùbailt,
Tinn s mi slàn s a ghnàth ga m' chiurradh,
Sòlasach s an còmhnuidh tùirseach,
Gaoideil, grùideil us glan fallain:
N seana duin' a' dall mo shuilean
S an duin' òg to'airt dhiubh nan lannan.

LI.

Tha mo lotan mòr s mo chreuchdan
Us mi slàn gun chàil do euail,
Iomlan s neo-fhoirf le chéile
Sàsaicht gun éis s mi falamh:
N seana duin' ga m' fhagail craiteach
S an duin' òg mo shlaint o ghalair

LII.

Tha mi fuathar us ro ghràdhach
Tha mi duaichnidh ach ro àillidh,
Gimeachd ris an ùir a' snàgadh
S a' marcachd àrd le buaidh-chaithream:
Ni an seann duin' m' fhagail fuathar
Ni 'n duin' òg mo shnuadh a għlanadħ.

LIII.

Tha mi siochainteach s fo amhladh
Air bheag dòchais ach làn-earbsach,
Tuisleach tuiteamach s làn-dearbhta
Falbh nach sleamhnuich uam mo chasaibh:
N seana duin' ga m' fhagail anmhunn
S an duin' òg gu calm ga m' neartach.

[TD 98]

LIV.

Tha mi làg ach treun us làidir
Creachte, spùilt us m' ionntais làn domh,
Sileadh dheur s a' deanamh gàire
Maill' ri Sàrah saor tre ghealladh:
N seana duin' ga m' lot le bheumaibh
S e'n duin' òg mo Leigh o'n għalair.

LV.

Aimideach ach glic a ta mi,
Aon air faonradh mi san fhàsach,
Aon do-ghluais air carraig slàinte
Bunait láidir i nach caraich:
N seana duin' ga m' fhàg fo luasgan
S an duin' òg gach uair mo charraig.

LVI.

Tha m' iobairt gràineil agus m' urnuigh
Ach ged tha, tha m' fhàile cùbhraidh,

Theid e'n àird mar dheataich tùise
Pillidh e le driùchd nam beannachd:
N seana duin' ga m' fhagail mùchaidh
S an duin' òg to'airt lùthais do m' anail.

LVII.

Is cuspair feirge mi do 'n àrd-Righ
Cuspair deadh-ghean agus fàbhair,
Tha mi mallaichte na làthair
Us beannaichte a ghnàth na shealladh:
Thug an seann duin' mi fo dhiteadh
S shaor an t-òg mi le daor-cheannach.

[TD 99]

LVIII.

S oighre mi air ifrinn s leir-sgrios
Oighr air gràs s air Paras Dé mi,
Air na h-aingidh 's mi 'n ceann-feadhna
Us mi airidh nèamh nan aingeal:
Thug an seann duin' mi gu leir sgrios
Dhoirt an t-òg fhuil fhein ga m' cheannach.

LIX.

Is peacach gràineil mi us firean
Is Satan mi do reir na firinn,
Us gineil an àrd-Righ gu direach
Chaoideh nach ditear le binn-sgaraidh:
Dh' fhàg an seann duin' naimhdeil geur mi
Rinn an t-òg dha fein mi' m' charaid.

LX.

Is creutair truagh mi tha do-bhronach
Sona suaimhneach le sòlas,
Cha dlighear urram dhomh no bosda
Ged 's leam oighreachd glòir us talamh:
Dh' fhàg an seann duin' mi cho truaillidh
S an duin' òg gach uair ga m' għlanadħ.

LXI.

Is creutair tha gun bhuaidh gun fheum mi
Gidheadh cho luachmhor us gur éigin,
Nach bi mħuinntir fhoirf' sna nèamhan
Iomlan ás m' eugħmhais mar riu:
Rinn an seann duine cuis-ghrain diom
S e'n duin' òg a għradhaich m' anam.

[TD 100]

LXII.

Fhuair mi suilean leis am feud mi
Sealltuinn air an tì nach leir dhomh,
Amharc air-san ann san eudann
Roimh 'n teich nèamh nan speur us talamh:

Thug an seann duin' uam mo shuilean
Thug an t-òg dhomh ungadh seallaidh.

LXIII.

S e bhi 'g amharc na ghnùis ghlormhoir
Sòlas slàinte fhad s is beò mi,
Ach nam faicinn a ghnùis oirdhearc
Cha 'n fheudainn a bhi beò na shealladh:
Leag an seann duin' mi 'n an-dochas
S thug an t-òg mi beo o'n talamh.

LXIV.

Chì sibh gur mi 'n creutair neonach
Cuspair amharc aingle s shlòigh mi,
Anabas na h-uile fòtais
Ach ni 's glòirmhoire no aingeal:
Rinn an seann duin' cuspair fuath dhiom,
S an duin' òg thug buaidh air thairis.

LXV.

Nach ioghnadh leibh-sa mar a ta mi
Mi bhì tinn le galair slàinte,
S m' aona-ghaoil na m' anam tàmhachd
Gun àite agam dha gu ghabhail:
Tha 'n seana duin' a' fàs leam suarach
S an duin' òg na luach do-cheannuicht.

[TD 101]

LXVI.

Ged is òigh mi tha ro fhior-ghlan
Rinn mi striopachas le briodal
An t-seana duin' a chuir fo nial mi,
Ni tharruing orm-sa priam a chadail:
Rinn an seana duin' mo thaladh
N uair bha m' òig-fhear graidh na chadal.

LXVII.

Mar churaidh mi a dhùisg o dhaoraich
Dh' éirich mo fhear-fair us fraoch air,
Fhuair e 'n Eglon mi fo dhaorsa
Leig e mi fa-sgaoil gu h-aith-ghearr:
Fhuair mi fuasgladh o'n t-seann laoch ud
Leig an t-òg a ghaorr m' a chasaibh.

LXVIII.

Ghlac na Canaanaich mi 'n uair sin
Rinn iad braighdeanach gu luath dhiom,
Shéid iad sin an trompaid fuaimneach
Thog iad bratach suas le caithream:
Chuir an seann duin' orm droch-bhuaireas
Mhill mo shuaimhneas car tamuill.

LXIX.

Ta mi fosgailt do gach buaireadh,
Mar thobar seulaichte neo-thruaillte,
Mo chridhe briste troma-bhuailte
Gun aobhar gruamain domh no gearain.
An seana duin' ag iarr srian-fhuasgailt
S an duin' òg le buaidh ga 'cheangal.

[TD 102]

LXX.

Iodhail ga mo tharr o' m' shuaimhneas
Us mi air bhi call mo luaidh dhoibh,
Is àite tàimh mi gach eun fuathar
Ged a chaidh iad uam a sgaradh:
N seana duin' ga m' cheangal ri m' iodhail,
S an duin' òg o' m' mhiann ga m' fharadh.

LXXI.

Ged is ciomach mi fodh dhaorsa
Braigheanach a bhàis gach aon uair,
Cha reicinn cuibhrichean mo shaorsa
Air saibhreas gach maoin air talamh:
N seann duin' ceangailte fo dhìeadh
Aig an òg fo dhaorsa-geamhail.

LXXII.

Tha mo chnàmhan sgàint o chéile
Mar shoitheach briste breoit do chré mi,
Ach dlù-cheangailte r'a chéile
Eadar altan, fhéithean s bhannan:
Dh' fhàg an seann duin' mi na m' eiginn
Shaor an t-òg mi le treun tharruing.

LXXIII.

Tha mi loma ruisgt gun chòmhdaich
Fo dheis uir do dh' éideadh glòrmhor,
S mi 'n daor thràill air dun an òtraich
S Prionns ro oirdhearc chaoidh a dhealras:
Dh' fhàg an seann duin' lomnochd ruisgt mi,
S an duin' òg ás ùr ga m' fhalach.

[TD 103]

LXXIV.

Is creutair marbh mi chaoidh nach bàsaich
Sior theachd beò air lòn deadh-àraich,
Bàsachadh gach là le slàinte
Seartg s a sior fhàs fo bhlàth fallain:
N seana duin' a' searg o fhriamhaibh
Us fàs an òig ro sgiamhach sgeà nail.

LXXV.

Ged is saor mi o gach truaighe
S éiginn domh gu 'm faic mi truailleachd,

Ged nach adhlaicear san uaigh mi
Gu là bhràch tighinn uaip' cha 'n fhaigh mi:
Thug an seana duin' do 'n uaigh mi
S e'n duin' òg thug buaidh air thairis.

LXXVI.

Tha mo chaoile dhomh na reamhrachd
Tha mo ghorta daonn na saill domh,
Mo shith a' meudachadh m' fhior ann-sith
Us naimhdeas ri m' annsachd ceangailt.
N seana duin' a sas san t-saoghal
S an duin' òg o ghaol ga m' sgaradh.

LXXVII.

Ged a fhuair mi m' aon-gaoil iarraigdh
Tha mo shùil na dhéigh gu cianail,
Ged 's dlùth E eadar mo dha chiochan
S fada cian E ás mo shealladh:
Dh' fhàs an seana duin' na chuis-ghrain domh
S an duin' òg le ghradh ga m' tharruing.

[TD 104]

LXXVIII.

Mi a' deanamh ni nach b' àill leam
A' to'airt fuath do 'n ni a b' fhearr leam
A' to'airt gaoil do 'n fhior chùis-ghràine
Us gur e mo shlàint mo ghalair:
An seana duin' air fàs na phlaigh domh
S e'n duin' òg aon-gradhach m' anam.

LXXIX.

Gun mi 'g amharc air ni 's réidh dhomh
Mi bhi faicinn ni is péin domh
Ta mi sealltuinn ni nach léir dhomh
Ged tha mi gu geur ga amharc:
Dh' fhag an seana duin' cho dall mi
Us thug an t-òg glain-amhairc għlan dhomh.

LXXX.

Cha mhi-fein mi féin oir tha mi
M neo-ni; 's e'n Ti 's mi is fearr domh,
Mo chaithe-beatha ann sna h-àrdaibh
Mi m' fhear-àiteachaidh air talamh:
N seann duin' triall gu tir na di-chuimhn
S an duin' òg ri Criod dlu-cheangailt.

LXXXI.

Sheann duin' ta ri éisneachd m' òrain
Nach do shealbhaich deadh-ghean m' òig-fhear
Mur gabh thu ri gairm a thròcair
Fhearg bidh dòruinneach do t' anam:
Cha 'n 'eil òg ach seann duin' mar riut,
Cha 'n 'eil òg ach seann duin' mar riut,

Tilg an seann duin' air do chultaobh,
S gabh an t-òg mar t' earradh.

[TD 105]

LXXXII.

Fòghlum faigh air brigh mo chòmhraiddh
Feuch gu reusanta s gu còmhnnard,
S mar treabh thu le m' agh gu seòlta
Bidh mo thòimhseachan-s ort falaicht.
Cuir an seann duin' uait gu h-ealamh,
Cuir an seann duin' uait gu h-ealamh,
Fàs m' un t-seana duin' caoin-shuarach,
S bheir an t-òg dhuit buaidh le caithream.

LXXXIII.

Gabh sar-bheachd air luach na tròcair
Peacaich bheir o bhruaich na dòruinn,
Steach tre dheuchainnibh co mòra
Gu fairg glòrmhor 'boillsg mar gloinidh:
Mu 'n to'air an seana duin' do 'n uaigh thu
Grad theich uaith a chum na carraig.

LXXXIV.

Far an seinn iad gu luath-ghàireach,—
Clàrsaichean do Dhé na 'n làmhan,
Oran Mhaoris s an Uain a ghràdhach
Iad s a shaor o 'n bhàs trid fhal' iad.
Dh' fhag an seann duin' thu fo 'n truaighe
Teich gu luath oir 's luachmhor t' anam.

Na meas fonn an t-seann duin' eutrom
Ge' b' àrd fhuaim am beul an t-saoghal
Fhuaireadh leam-s e trom s gun d' shaoil leam
Gu 'm b' shlainnte domh bhi saor o 'eallaich.

[TD 106]

A' BHUAIDH LARACH:

NO

AM PEACADH.

EARRANN I.

I.

THA mi an-shocrach, bruite,
Tinn, fo ghalair ro chiuirte,
Dh'fhag neo-gheanail gun sunnd mi;
Fàth mo ghearin s mo thursa,
Truimead m'eallaich ri ghhiulan,
Mi gun neart, mi gun luths s mi gun tàbhachd,
Mi gun neart, &c.

II.

Tha uile bhuadhannaibh m' anma
Air an truailleadh s an salachadh,
Lan do thuargneadh s do anagna,
Lan do fhuath us do aingnidheachd,
Lan do uabhar s do anabarr
G àt an uaill le fior chealgaireachd Shatain.
G àt an uaill, &c.

III.

Cridhe cruaidh mar an ailbhinn,
Druite, duinte gun oircheis,
Naimhdeil, graineil, neo-gheanmnaidh,
Ionad taimhe gach anamaint,-

[TD 107]

Tobair nimhe ro shearbh e,
Lan do phiunnsean ro mhabhteach an Dràgoine.
Lan do phuinnsean, &c.

IV.

Tha m'inntinn dorcha gun eolas,
Mi duint an duibhre mar chleoca,
M'uile bhreithneachadh feolmor,
Gun fhois ach daonnan neo-stolda;
Tha gach cuidhl' ás an ordugh,
Mar a chuibhrig an sgleo sin mo nadur.
Mar a chuibhrig, &c.

V.

Tha m'uile thograidhean truaillidh,
Tha m'uile aignidhean luaineach,
Mar an fhairg'air a luasgadh,
A sheidear thuig'agus uaidhe,
Gun fhois gun tamh air mo smuaintinn,
S m'uile dhichioll gus fhuadach gun stà dhomh.
S m'uile dhichioll,&c.

VI.

Ged tha'n guth rium ag eigheach,
Cha'n 'eil m'inntinn 'tobhairt géill da,
Tha mo chridh'air bheag speis da,
Tha mo chluasan gun eisdeachd,
Tha mo shuilean gun leirsinn,
Mi dol clì anns gach ceum'n uair is fearr mi.
Mi dol clì, &c.

[TD 108]

VII.

Is creutair aimideach truagh mi,
Tha do mhearachdan buailteach,
Fein ga m' mhealladh s ga m' bhuaireadh,
G eirigh'n ceannairc s an uamharr,

Gath na nathrach ga m' ruagadh
Air gach taobh ga mo bhualadh gu laidir.
Air gach taobh, &c.

VIII.

Tha e daonnan ga m' ruagadh,
Air gach taobh air an gluais mi,
G iarraidh fàth air gach uair orm,
Le ghath basmhor gun truas rium,
Fàth mo chaoil agus m'uamhainn,
Dh'fhàg mo theudan gun fhuaim na mo chlarsaich.
Dh'fhàg mo theudan, &c.

IX.

Tha mo chlarsach gun ghleusadh,
Cha 'n 'eil fuaim na mo theudan,
Tha gach buaidh dhiom lan eiceirt,
S mo thruailleachd ag eirigh
Leis gach druaip a's mó breine,
Dol g'a fhuadach dhiom fein 's beag is feairde
Dol g'a fhuadach, &c.

X.

Is tusa, pheacaidh, a leon mi,
A dh' fhàg an tacaid fo m' chòta,

[TD 109]

Dh' fhag ro mheata gun treoir mi,
Dh' fhag gun tlachd mi cho brooite,
Leis gach anabas co feolmhor,
Lan do bhrefne s do fhotas ro-ghraineil.
Lan do brefne, &c.

XI.

S e sgrios m'anma bu deoin leat,
Us mo thearbadh o throcair,
Thu ga m' leanmhuinn an còmhnuidh,
Dian an sealg air mo thorachd,
Le do chealgoireachd mhora
Milleadh m' earbsa s mo dhochas á slainte.
Milleadh m'earbsa, &c.

XII.

Ged is meanbh ort mo leirsinn,
Is iomadh airc agus eigin,
San do ghlac thu gu geur mi,
Ged robh m'fhaicill a' streup riut,
S beag mo neart 'n àm na deuchainn,
Gus do chasg 'nuair dheireas tu's ràs ort.
Gus do chasg, &c.

XIII.

Iomadh caochladh air t' iomhaigh,

Nam faodainn innse co lionmhор,
Tigh'nn ga m' bhuaireadh le d'bhriodal,
Gus mo shuaineadh na d' liontaibh;

[TD 110]

Is tric thu mùthadh do bhiathaidh
Air do dhubhan mar iasgair ga m' thàrsinn,
Air do dhubhan, &c.

XIV.

Chuir thu draothachd nach beag orm,
Chuir thu m' inntinn na breislich,
Dh'fhag thu 'mi-ghean s an geilt mi,
Dol gach aon uair a léth-taobh,
Ris an fhirinn neo-sheasmhach,
Ta mi daonnan mar sgeig do m' eas-cairdibh
Ta mi daonnan, &c.

XV.

Ni tha ghnà dhomh na dhiteadh,
Na aobhar nair dhomh da rireadh,
Bhi faicinn chaich le mor dhichioll
Air taobh Shatain cho dileas,
Dol cho dan' anns gach stri leis,
S mise claon air taobh Chriosd us lan failinn.
S mise claon, &c.

XVI.

Dhaindeoin doimhneachd mo chreuchdan,
Le do shaighdean ga m' leireadh,
Ga mo leon s ga mo reubadh,
Ga mo lot mar le speicibh,
Cha 'n 'eil aon ni gu feum dhomh
Gus an cairich an Leigh rium a phlasda.
Gus an cairich, &c.

[TD 111]

XVII.

Plasda leigheis gach creuchda,
M bheil an tàbhachd s an eifeachd,-
Acfhuinn shlanuich gach euail,
A bheir slaint do gach creutair,
Ris an càirich e fein e,-
Chuireas fuadach gu leir air gach plaign uath.
Chuireas fuadach, &c.

XVIII.

Siud am plasd' chuireas fogradh
Air an-earbsa s mi-dhochas,
Dh'aiseag anmaibh gu solas,
Rinn e fhuasgladh na throcair,
As gach cuibhrichean broine,-

S ni na sloigh sin a ghloir a thobhaint dha-san.
S ni na sloigh sin, &c.

XIX.

Righ nam feartaibh s na naomhachd,
Reir do ghraidh san Fhear-shaoraidh,
T' aon-ghin Mic thug an Iobairt,
Rinn do cheartas a dhioladh,
Deonaich comunn do ghaoil dhomh,
Ni ás eugmhais nach fhaod mi bhi sabhailt!
Ni á eugmhais, &c.

XX.

Ged thuitinn sios ann san smurach,
Gus'n tigeadh failinn na m' ghluinibh,

[TD 112]

S ged robh mi'g eibheach le tursa,
A sileadh dheur o mo shuilibh,
Cha 'n 'eil eifeachd na m' urnuigh
Gu'm foillsich solus do ghnuis orm o'n airde.
Gus'm foillsich, &c.

XXI.

M'uile dhleasdnais aoraidh
Tha gu buileach gun fheum dhomh,
Dh'aindeoin saothair us deuchainn,
Ged robh mi doilgheasach, deurach,
Iad gu h-iomlan gun eifeachd
Dh'easbhuidh comunn us deagh-ghean do ghras-sa.
Dh'easbhuidh comunn, &c.

XXII.

Deonaich grasan ás ùr dhomh,
Na do staitean ga m' stiuireadh;
Blas do ghraidh 'tha ro-chubhraidh,
Chuireas m'amhgar air chul dhomh,
Lasas blàths na mo dhurachd,—
Oir is creutair gun diu a measg chaich mi.
Oir is creutair,&c.

XXIII.

Mi ro mhuladach, claoidhте,
Tinn fo thrumadas inntinn,
G ionndrainn comuinn do chaoimhneas,
Bheireadh òlas sdhomh s aoibhneas,

[TD 113]

Nuair bu mho ann an teinn mi,
An dubh-bhron fo gheur shaighdean mo namhaid.
An dubh-bhron, &c.

XXIV.

Siud an comunn ro chubhraidh,
Comunn solus do ghuise,
Thilgeadh geilt air mo chulthaobh,
Gach droch theagaimh tha dluth dhomh
Bheireadh eolas an iuil dhomh,
Chum do ghloir bhi mar churam gach trath orm
Chum do ghloir, &c.

XXV.

Ged bhagradh cach mi le muiseag,
Ged mheasadh iàd air bheag diu mi,
Ged robh mi graineil na 'n suilibh,
Bu bheag mo chàs dheth'n cuid diombaiddh,
Nam bitheadh do ghras dhomh mar chul-taic
Chuireadh t' aoibhneas gach tursa mu lar dhomh
Chuireadh t'-aibhneas, &c.

XXVI.

Is iomadh sgleo agus tuaileas,
Is iomadh ànradh us duathar,
Phobull De tha ro bhailteach,
Tobhairt fios ni's fearr dhoibh mu'n truailleachd,
S na 'n comas fein nach dean fhuadach,
Ach bithidh 'ghras-san an uachdar gu brath dhoibh.
Ach bithidh ghras-san, &c.

[TD 114]

XXVII.

Is iomadh teanntachd us daorsa,
S iomadh trioblaid us caonnag,
Agus naimhdeas nach aotrom,
Tha dhoibh an gealltainn o'n t-saoghal,
Ach tha'n Ceannard cho caomhail,
S e na throcair bheir saors dhoibh o'n amhgar.
S e na throcair, &c.

XXVIII.

Nuair is daine s is luainich,
Bhios Abandon mu'n cuairt orr',
Le bhrionnal tlà a tighn'nn suas riu,
Gus an tàrsainn le bhuiridh,
Is tus' a mhain a bheir buaidh dhoibh,
A ni'n teasruiginn uaith us an tearnadh.
A ni'n teasruiginn, &c.

XXIX.

Nuair thigeadh geilt agus uamhann,
Tre mhi-chreideamh air uairibh,
Bhitheadh ga'n leagadh na 'n truaghain,
Is e do dheadh-ghean ro-uasal,
S neart do ghrais thogadh suas iad,
Bheireadh treoir dhoibh s a dh'fhuasgladh o mhaig iad.

Bheireadh treoir dhoibh, &c.

XXX.

Oir tha cordaibh a ghaoil-san
Ga'n ceangal teann ris an aonachd,

[TD 115]

M banntaibh co-cheang'l na saorsa,
Leis na geallaidhean caomha,
Air dha'n Spiorad a thaomadh,
Orra nuas le mor fhaoilt riu ga'n càradh.
Orra nuas le mor fhaoilt, &c.

EARRANN II.

I.

OCH a pheacaidh, a chealgair,
S iomadh olc riut tha leanmhuinn,
Dh'fhag thu'n saoghal an aimlisg;
S tu fear ditidh nan anama,
Rinn thu milltean a dhamnad,
Thug thu sgriob orr' air falbh ri linn Noah.
Thug thu sgriob, &c.

II.

Iomadh olc ort r'a innse,
S ann ort a dheireadh an t-aoireadh,
Is tu fior namhaid chloinn daoine,
Ge mor an gradh us an gaol ort,
Rinn thu phlaigh orr' a sgaileadh,
Dh'fhag thu'n teanntachd s an daorsa ro mhor iad.
Dh' fhag thu'n, &c.

III.

Is puinnsean nimh thu ro laidir,
O ghath na nathrach, an Dragoin,

[TD 116]

Tharruing mallachd us bas oirnn,
Iomhaigh sgreamhail an t-Satain,
S pian do'n anam a bharr air,
Do gach aon a ni taire air trocair.
Do gach aon, &c.

IV.

S ann ri murt us ri mi-stath,
S ann ri dealbh gach droch innleachd,
Bha thu riamh o na dh'inntrig
Thu'sa namhaid, a' milltear
Leis'n do bhuir thu ar sinnsir,
Dh'fhàg cho buailteach do'n diteadh am mor-shluagh.

Dh'fhàg cho, &c.

V.

Cha robh maill' ort na d' eir-bheart,
O ghabh Satan an seilbh thu,
Gu cur aird air gach ceilg leat,
Us gach innleachd a dheilbh leat,—
Saighdean nimhe ro dheilgneach,
Siud na h-innleachdan mairbh chuir thu'n ordugh.
Siud na h-innleachdan, &c.

VI.

Chaidh tu mach feadh an t-saoghail,
Fad us farsuing gu chriochaibh,
Shiubhladh muir agus tir leat;
Thruaill thu uile chlann-daoine,

[TD 117]

Cha d'rinn thu di-chuimhn air aon diubh,
Beag us mor, eadar aosd agus oigridh.
Beag us mor, &c.

VII.

S ann ri mealladh a bha thu
Riamh o charadh leat Adhamh,
Bha gach mallachd a' fàs riut;
Sgaoil gach carraid s droch ghnà leat,—
Dh'fhag thu Sodom na lathrich,
S thug thu sgrios air luchd-aitich Ghomorrai.
S thug thu sgrios, &c.

VIII.

Chuir thu braighdibh do Bhab'lon,
Chuir thu teann ann an sàs iad,
S tric a mheall thu sliochd Iacoib,
N àm bhi triall trid an phasaich
Le do bhuiridhean graineil,—
Sgrios thu milltean gu bas ann dhiubh comhladh.
Sgrios thu milltean, &c.

IX.

Rinn thu moran a thaladh
Gu tobhairt seirbhis do Bhaal,
Leig thu'n ruaig air Righ Saul,
Dh'àt thu suas e le tamait,
Gus'n do bhuir thu gu bas e,
S thug thu buaidh air Balaam mac Bhosair.
S thug thu buaidh, &c.

[TD 118]

X.

Luchd an uabhair s an ardaid,

Dh'eirich suas ann san fhasach
N aghaidh Mhaois agus Aaroin,
Chuir thu'n t-iomlan mu lar dhiubh,
Clann us taighlaich s gach earnais,
Bh'aig Abiram, aig Datan s aig Corah.
Bh'aig Abiram, &c.

XI.

Is teann a fhreumhaich do nadur
Anns gach treubh do shliochd Adhaimh,
Sgaoil thu sior feadh gach pairt dhiu;
Sgap do shiol feadh gach àit orr,
Siud an siol thug a' phlaigh orr,
Dh'fhàg gu truagh iad da'n namhaid n' an oglach
Dh'fhàg gu truagh, &c.

XII.

Ghineadh mort agus bas leat,
Ghin thu naimhdeas s eascairdeas,
Ghin thu fuath eadar bhrathairean,
Ghin thu breugan us meairle,
Ghin thu trod agus caineadh,
Ghin thu mallachadh, a ghnath b' e 'n droch phor thu.
Ghin thu mallachadh, &c.

XIII.

Ghineadh farmad us sannt leat,
Ghineadh fearg leat us gannlas,

[TD 119]

Ghineadh stri leat us aimhreit,
Ghin thu connsachadh s anntlachd,
Iodhal-aoraidh s gach aing'dheachd,
Mi-chreideamh, saobhadh, 's e'n calldachd is mò e.
Mi-chreideamh, &c.

XIV.

Luchd na gisreag s na draothachd,
Luchd nan òrachan baotha,
Luchd na poite s na daoraich,
Luchd gach comhraidh mhi-naomha;
Thug an treud sin dhuit aontadh,—
S tu fior shòlas luchd craois agus geocaich.
S tu fior sholas, &c.

XV.

Tha gach misgeir dhuit cairdeach,
Thug luchd striopachais gradh dhuit,
Do luchd macnus cha ghrain thu,
Do luchd mhionn's tu'n oid àraich,
Ri tobhairt seirbhis da 'n namhaid,
S e fior cheannard nam ballachan òil thu
S e fior cheannard, &c.

XVI.

S e bhi poit air dibh laidir,
Ceol do dhilsibh s do chairdibh,
Siud an solas s an ailein,
Sgeith mu'n bhord mar is gnàth leo,-

[TD 120]

Bord an diabhal us Shatain,
O'n se fein tha ga'n arach 'san t-seol ud.
O'n se fein tha, &c.

XVII.

Cha 'n 'eil iognadh mar tha iad,
Ag obair daonnan 'sa cheaird sin,
Ri seirbhis mhilltich a namhaid,
Dha'n droch aon na 'n daor thraighean,
S nach 'eil aon ac' tha ghna ris,
Nach 'eil teann aig an Abharsair beo-ghlact.
Nach 'eil teann, &c.

XVIII.

Is fairmeil t' fhuaim 'san tigh thairne,
Nuair a chruinn'cheas do ghraisg ann,
Dh' ionnsuidh comunn na traillieachd,
S coinneamh mhallaicht na gadrisg,
Theid an ridhl ud air lar dhiubh,
An oid a seideadh s a' mhàl a' to'airt ceol doibh.
An oid a seideadh, &c.

XIX.

Is ullamh chruinn'cheas do ghillean,
Air do ghairm s tu ga'n sireadh
Dh' ionnsuidh cuirm an fhir mhillidh,
S ged tha gairm dhoibh gu pilleadh
Is beag an gairisinn no 'n giorrag,
Triall gu furnais an teine ga'n rosladh.
Triall gu furnais &c.

[TD 121]

XX.

Ged tha d' chuirm leo ro-mhilis,
Le do bhairm dol air mhire,
Mur dean Criosda riu pilleadh,
S an tobhairt o d'chuilbheartaibh innealt,
Bithidh e seorbh daibh ri shileadh,
N lasair anabaraich ifrionn na doruinn.
N lasair anabaraich, &c.

XXI.

Sgeul tha uamhasach buileach,
Tha ro chruaidh agus duilich,

Dh' anamaibh luachmhòr na h-uiread,
Do mhuinntir thruagh an rag-mhuineil,
Bhi danns' air bruaich a mhoir chunnairt,
Aig an diabhol ga'n iomainn na ghoisnibh.
Aig an diabhol, &c.

XXII.

Rinn thu cealgairean lionmhòr,
Tha ga'n ainmeach' air Criosda,
S nach 'eil a leanmhuinn a riaghailt,
Mar shligean falamh gun bhiadh annt',
Gun chàil na 'n anmaibh do'n diadhachd,
Iad ga h-àicheadh s a fiaradh a roidean.
Iad ga h-aicheadh, &c.

XXIII.

Se'm fior chealgaire dàn' thu,
Siud mar ainm ort chà chèarr e;

[TD 122]

A rinn luchd aingidheachd cho laidir,
Bha ri marbhadh nam faidhean;
S tric a' sealg air luchd grais thu,—
Fior luchd leanmhuinn àn t-Slanuighir ghlormhoir.
Fior luchd, &c.

XXIV.

Cha 'n 'eil tlachd ort ri radhtinn
Cha 'n 'eil maise no àgh ort,
Tha thu ladurn' mi-narach,
Do gach creidmheach 's cuis ghrain thu,
Cha 'n 'eil aon do shliochd Iacoib
Nach e'n leirsgríos a b'fhearr leat gu dolas.
Nach e'n leirsgríos, &c.

XXV.

Is trom a t-eallach air pairt thu,
Mheud s a bhreithnich do nadur,
Chuir thu'n gean diubh s an gaire,
Dh'fhàg thu bronach gach la iad,
Rinn thu'n anamaibh a chradh annt',
Dh'fhag thu bruit iad na 'n airnibh a' comhnuidh.
Dh'fhàg thu bruit, &c.

XXVI.

S iomadh creidmheach us firean
A bha seasmhach us dileas,
Rinn thu leagadh gle iosal,
Ann an eagal s am mi-ghean,

[TD 123]

Ann an teagamh mu'n saorsa,

Greis le d' bhuairidh s le d' dhraothachdaibh seolta.
Greis le d' bhuairidh &c.

XXVII.

Mheud s a chreid ann san Fhirinn,
Fhad s tha'n Sgriobtura ag innse,
B' olc do theist aig gach aon dhiubh,
Le do bhuairidhean millteach,
S lionmhor uair thug thu claidh orr'
Le do chluaintearachd s t' innleachdan mora.
Le do chluaintearachd, &c.

XXVIII.

Is iomadh ciùrradh ro laidir,
Bha ro ghuineach us craiteach,
Agus cunnart us gàbhadh,
Foidh'n do chuir thu Rig Daibhidh,—
Tric a ghuil e fo amhgar,
Le do bhuilibh a ghnà bha ga 'leonadh.
Le do bhuilibh, &c.

XXIX.

Ged fhuaire Solamh mor ghibhtean,
Ann an ciall s ann an gliocas,
Ann an rian s ann an tuigse,
Leag thu sios dha ceap-tuislidh,
Ghlac thu 'd' lion e gun fhios da;
Chuir air fiaradh le brisdeadh o'n chòir e.
Chuir air fiaradh, &c.

[TD 124]

XXX.

Bu tu namhaid nan Abstol,
Bha ga'n cradh mar throm àcaid,
Ann an amhgar s an arsneal,
Tric a dh'fhag thu'm mor airc' iad;
Rinn thu Stephen a chlachadh,
B' olc an companach astair do Phol thu.
S b'olc an, &c.

XXXI.

Searbh an comunn do phairt thu,
Bhlais air sonas nan grasan,
Sgreataidh t' aogaisg a ghnà leo,
Annta fein s na 'n co-bhrathairibh;
Cha dean iad faoilte roimh t' fhailte,—
Domblas nimhe leo t' fhàile fo'n sroinibh.
Domblas nimhe, &c.

XXXII.

Ged thug mi'n ionnsuidhs an traths ort,
Ann an durachd dha d' chaineadh,
S beag an iomradh mu d' nadur,

Ma do dhraothachaibh graineil
Mu t' aisinnleachdibh àireamh,
Cha 'n 'eil m' inntinn ach gearr ort an eolas.
Cha 'n 'eil m'inntinn, &c.

XXXIII.

Cha 'n 'eil m' eolas ach beag ort,
Ge tric thu caochladh do dheise,—

[TD 125]

Mùthadh t' aogaisg le d' bheadachd,
G iarruidh m'aomadh le d' chleasachd,
Gus mo chlaonadh a leth taobh,
S gath an aoig air do leis fo do chota.
S gath an aoig, &c.

XXXIV.

Cha 'n 'eil m'eolas ach gann ort,
Ged robh mi bronach fo d' anntlachd;
Le do bhruadairibh meallta,
Nach fhaod mi luaidh air an àm-sa,
Is tric ga m' bhualadh gu dall thu,
S ga mo sparradh gu teann ann san otrach.
S ga mo sparradh, &c.

XXXV.

Cha 'n 'eil m'eolas ach gearr ort,
Ged is bronach mo charadh,
Air gach lo fo do mhagaibh,
Thu gun trocair gun bhaigh rium,
Is tric a chuir thu 'san lathaich mi
S na d' eabar an sàs air bheag dochais.
S na d' eabar, &c.

XXXVI.

Is tu'n droch shladaire millteach,
Tha ri creachadh s ri mi-sta,
Tha ri dealbh gach droch innleachd;
Thug thu masladh do Chriosda,

[TD 126]

N àm tobhairt suas da na h-iobairt,
Fo na ghleachd leis na dhit e 'san fheoil thu.
Fo na ghleachd, &c.

XXXVII.

Siud an gaisgeach a dhìt thu,
Fhuair le ghleachd thu gu h-iosal,
S le bhuaidh thapaidh thug claoïdh ort;
Le threun neart chuir fo chis thu,
A chumas smachd feadh gach linn ort,
S moladh siorruidh ga choinn agus gloir dha.

S moladh siorruidh, &c.

XXXVIII.

Moladh siorruidh gu brath dha,
Nochd a chaoimhneas us 'fhabhar
Do chaoraich chaillte tigh Iacoib,
Nach d'fhàg an geimhlibh an sas iad,
Dh'oibrich saors, dhoibh us slainte,
Trid na h-iocsainte ghrasmhor a dhoirt e.
Trid na h.iocsainte, &c.

XXXIX.

S e thaisbean caoimhneas a ghraidh dhoibh,
A bha na 'n naimhdean thaobh naduir,
Ann na'n inntinn s na 'n gnàth dha,
Nach d'fhag na'm braighdibh mar chach iad,
A thug o'n cuibhrichean bais iad,
S a ghlan o'n euail gu slan iad gu teòchridheach.
S a ghlan o'n euail, &c.

[TD 127]

XL.

Siud na dibaraich bhochda,
Rinn e ghairm ann san t-Soisgeul,
Le'n d' thug e tairgse, gu coitchionnt,
Do luchd aingnidheachd s droch bheairt,
S a chuid nach pill s nach to'air toirt da,
Theid an tilgeadh do'n t-slochd tha gun sòlas.
Theid an tilgeadh, &c.

XLI.

B'e sgeul an àigh e ri chluinntinn,
Do'n chuid ri'm pairtich e 'chaoimhneas,
Nuair thig am bas ni e'm foighneachd
A steach gu Paras an aoibhneis,
Nuair theid iàdsan, na h-aingidh,
Chur gu aite nan deamhnan air fogradh.
Chuir gu aite, &c.

EARRANN III.

I.

A pheacaidh, namhaid na dunaich,
S tu'n nimh a ghàrnraigheach an cruinne;
S tu rinn dhuit trailean dhinn uile,
Thug binn a' bhais air gach duine,
Tre ghineadh nadur a thuinich,
O'n t-sinnsir Adhamh 'sna chuireadh an tòs thu.
O'n t-sinnsir, &c.

[TD 128]

II.

Tha seo mo s tràth leam gu sgur dhiot,
S e sin dheth d'chaineadh gu buileach,
Gun tuille àireamh, mas urra,
Gu'm faigh mi gras gu bhi cur leam,
Mu'n staid na dh'fhagadh gu tur leat
Luchd dreuchd gun àgh a tha cur an droch phor leat.
Luchd dreuchd, &c.

III.

Is olc do bheusaibh ri sheanachas,
Na h-uile ceum ann san d'fhalbh thu,
Feadh gach rioghachd us talmhainn,
Is mor do mhi-sta feadh Albainn,
Rinn thu 'n eaglais a shalachadh
Le droch aodhairean clearbach gun eolas.
Le droch aodhairean, &c.

IV.

Dh'fhag thu'n cearnsa na 'chruadhlich,
Gun dealt a ghrais tigh'nn a nuas air,
S e mar fhàsach ro fhuaraidh,
Gun ghrian a bhlàthais a' cur snuaidh air;
S mar seall an t' Ard Righ na thruas oirnn
Bidh sinn caillte chion buachaille treoraidh.
Bidh sinn caillte, &c.

V.

Thruaill thu 'n sagart s am faidhe,
Thruaill thu cleachdadh a chràbhaidh,

[TD 129]

Le luchd teagast gun ghrasan,
Their gur Iudhachaibh iàdsan
S nach' eil annt ach fior thraighean,
Buill do shionagog Shatain lan neoghlain
Buill do shionagog, &c.

VI.

Siud na madraidh s na mearlaich,
Mu'n do theagaig an Slanaighear
A chuid Abstolaibh gradhach
A bhi na'm faicioll a ghnà romp'
Mu'n deagh'n glacadh no'n tarsinn,
Ann an ribeachan bais luchd na do-bheairt.
Ann an ribeachan, &c.

VII.

Luchd faire dall us coin bhalbha,
Madraidh alluidh an anmoich,
Tha cumail sluaigh ann an aimlisg,
S pobull Dhe ga'n geur-leanmhuinn,
Cha'n eil breug an ri sheanacas,

Oir tha'n sgriobturi ga dhearbhadh s ga 'chomhdach.
Oir tha'n sgriobturi, &c.

VIII.

N àm bhi sgriobhadh an t-searmoin,
O na h-inntinnibh talmhaidh,
Bidh sgrudadh geur air an eanchainn;
Na 'n eolas cinn a tha 'n earbsa;

[TD 130]

Cha chluinntear ni mu'n ath-ghineamhuinn,
S bidh chrioich gun eifeachd s neo-tharbhach do'n t-slogh uaith.
S bidh chrioich gun &c.

IX.

Theid am paipeir a sgaoileadh
Ann am fianuis nan daoine,
Us cuid air ciaradh le aois dheth,
Leis na briathraibh a's faoine;
Le seann teagasc nan sgriobhach,
Leis na dhiteadh gu binn an dubh-bhròin iad.
Leis na dhiteadh, &c.

X.

Rinn iad dimeas air Criosa,
Rinn iad tailceas air 'Iobairt;
Tair us masl' air 'fhuil phriseil;
Do thairgse ghrais cha do shrioched iad,
Dhiult iad fhasgadh s a dhidean,
O'n an fheirg 'thug sgrios mhillt' orr' gun dòchas.
O'n an fheirg, &c.

XI.

Rinn iad tarcais air 'Fhirinn,
Dhiult iad 'Fhocal le dimeas,
Nuair bha 'chaismeachd s a ghlaodh riu,
Tigh'nn fo bhrataich a ghaoil-san:

[TD 131]

Chraigheadh'n Spiorad ro naomh leo,
Chuir iad cul ris gach saors agus sòlas.
Chuir iad cul, &c.

XII.

S mar sin a reist a ta iàdsan
A' deanamh dimeas us taire,
Air fuil Iobairt na slainte,
Gealltainn saorsa tre'n àithne,
S an lagh naomh ac fo thamailt,
Leis na dhiteadh siol Adhaimh bu bronach.
Leis na dhiteadh, &c.

XIII.

Is ni e dh'fheudar a radhtinn
S do neach ri innse cha naireach
Gur ni gun bhrigh a bhi claisstinn
Na teagaisg mhi-chrabhach,
Tha tigh'nn o'n chridh tha'n staid naduir,
Tha gun saothreachadh gras Righ na glorach.
Tha gun, &c.

XIV.

Bhi gealltainn saors agus siochaint,
Trid a chumhnanta ghniomha,
Siud an teagaisg mhi-dhiadhaidh,
Sgriosas anama gu siorruidh
Dh'ionnsuidh'n t-slochd tha gun iochdar,
Far nach cluinntear o Dhia dhoibh guth trocair.
Far nach, &c.

[TD 132]

XV.

Theid an t-searman a leughadh,
S b'e siud seanachas gun eifeachd,
Is ni neo-tharbhach do'n treud e,
S cha chuis pharmaid luchd eisdeachd,
Tha 'cur an earbsa 'san steidhidh,
Ni a thearbas na dheigh iad gu doruiun.
A ni thearbas, &c.

XVI.

Cinn-iuil nan dall tha gun leirsinn
Siud an tiodal s cha bhreug e,
Tha gu trom fo'n an-eibhinn,
Gun iul air buaidh a chroinn-cheusaith,
Bhi teagaisg sluaigh b'e 'm mor bheud e,
Air slighe leithinn an leirsgrios ga'n treorach.
Air slighe leithinn, &c.

XVII.

Mur bi'm buachaillle saothreach,
Is ni tha'n dual do na caoraich,
Dhol air fuadach s air faontradh,
Feadh nam bruachaibh s na fraochaibh;
Sgeula truagh e r'a innse,
N àireamh shluaignh tha dol cli a chion eolais.
N àireamh shluaignh, &c.

XVIII.

Nuair bhios am buachaill gun churam,
E'n cadal suaine fo dhusal

[TD 133]

Ged robh'n ruadh-mhadadh dluth dha,

E gun uallach gun dusgadh,
Cha bhi'n treud air dheagh stiùireadh,
S do neach a dh'fhaodadh bhi'n dùil b'e 'n fhior ghoraich.
S do neach, &c.

XIX.

Is aobhar broin do gach aon neach,
Bhlais air trocair'n Fhir-shaoraidh,
Bhi faicinn doigh nan droch aodhairean,
Tha 'cumail sloigh ann an daorsa,
Fad air astar san aonach,
Far'n d'fhàg am peacadh fo dhraoth ann sa' cheò iad
Far'n d'fhàg, &c.

XX.

Gur bochd ri innse s gur cianail,
Na h-anmaibh priseil us fiachait,
Bhi triall gu furnais an Diabhoil,
Dh'ionnsuidh gainnteir an riaslaidh,
N teintean ifrinn ga'm pianadh,
Trid droch aodhaireachd dhiabhluidh an t-seors ud
Trid droch, &c.

XXI.

Dhall thu, pheacaiddh, an suilean,
Dh'fhàg thu'n claisneachd cho duinte,
Dh'fhàg thu'n tuigse neo-thurail,
Dh'fhàg thu'n inntinn cho muchaidh,

[TD 134]

Dh'fhàg thu'm fois iad gun churam,
Dh'fhàg na'n truaigh gu teann duinte fo d' sgleo iad.
Dh'fhàg na'n, &c.

XXII.

Na nithe naomha gun seachnad,
Ga'n tobhairt gu saor dha na madraidh,
Seul na Suipeir s a' Bhaistidh,
Gun luaidh air umhlachd no aidmheil,
S iad coma dhiu o'n 's e chleachd iad,
Ged tha e toirmisgt san Phacal gu sòlaimt,
Ged tha e, &c.

XXIII.

Iad a' mionnachadh 'n t-sloigh sin,
Ga 'n cur gu teann fo throm bhoidean,
Gu'n gabh iad curam dheth'n oigridh,
Gu'n tog iad suas iad am foghlum,
S ann an teagast Iehobhaih,
Ni nach urr' iad ri'm beo s gun iad eolach.
Ni nach urr' &c.

XXIV.

Siud na h-aodhairean aingidh,
Tha 'g iomain chaorach gu meallta,
Dh' ionsuidh ionaltraidh 'n aimhleis,
Mach air raontaibh an naimhdean,
Leis an glacar an laimh iad,
S theid am punndadh gu'n cailltear gun deo iad.
S theid am, &c.

[TD 135]

XXV.

Cha bhi 'n t-uachdaran toilicht,
Air dha 'n treud dol a dholaidh;
Bidh e diombach s ro dhoilich,
Lasaidh 'ghnus an dian chorruich,
S theid na h-aodhairean don' ud,
Chur air fuadach o shonas gu dolas.
Chuir air fuadach, &c.

XXVI.

Siud mar tharlas e dhuibhse,
Ann an la'n tig bhur binne,
Mur iompaich gras an Ard-Riogh sibh,
Ged chuir sibh'n tràths air bheag suim e,
Nochdaidh 'm bàs dhuibh air chinnt e,
Nuair theid bhur tilgeadh gu doimhne na Topheit.
Nuair theid, &c.

XXVII.

Ach Dia gu'n taisbein a thruas dhuibh,
Gu seid e thrombaid na'r cluasan,—
Trombaid Soisgeil nam buaghan,
Gu'n doirt e 'ghrasan a nuas leis,
Gus o'r namhaid bhur fuasgladh,
Chum mar thraillean nach gluais sibh ni's mò dha.
Chum mar thraillean, &c.

XXVIII.

Gu'n gabh e shaighdean gu luath dhuibh,
O'n lagh tha naomha neo-thruaillidh,

[TD 136]

Gu lot bhur cridheachan cruidhe,
Gu'n sgoilt e'm brat th'air an uachdar,
Leis am faic sibh bhur truaighe,
S gu'n cuir e sholus a nuas oirbh, ma 's omhail leis.
S gu'n cuir e, &c.

XXIX.

Le neart a ghairdean tha uamhar,
A chlaidheamh laidir tha buagharr,
Gu'n dean e shathadh le fuathas,
Steach triomh'r n-airnibh gu'm buail e,

Bheir fios dhuibh s eolas air uamhas,
S gu'n cuir sibh impidh air sluagh tha'n staid bhronach.
S gu'n cuir sibh, &c.

XXX.

A reir mar tha na 'run siorruidh,
Tre Mhac a ghraidh thug dha dioladh,
S umhlachd lan ann sna na fiachaibh,
Bha 'cheartas ard-san ag iarruidh,
Gu'n dean le 'ghras e bhur lionadh,
A dh'fhàgadh saothrach na 'fheionan ri'r beo sibh.
A dh'fhàgadh, &c.

XXXI.

S gu'n doirt e bheannachd le eifeachd,
Bheir dhuibh eolas us leirsinn,
Chum bhi teagasg a threud-san
Gu bhi gluasad na 'cheumaibh

[TD 137]

Dh'fhagadh son' agus eibhinn,
Sibh an comunn ris fein chum a ghloire.
Sibh an comunn, &c.

EARRANN IV.

I.

ACH na saighdearan tapaidh,
Shonruich Criosa gu gleachdad
Bidh'd mar shaighdean geur sgaiteach,
Ann na laimh mar threin ghaisgich,
Cha dean iad pilltinn le gealtachd,
S iad ga'n dionadh fo bhratach Iehobhaih.
S iad ga'n dionadh, &c.

II.

Air àm tuairgnidh, ged thachradh
Iomad fuathas nach tais orr',
Mar is dual dhoibh dol tharta,
Fad an cuairte s an astair,
N am chruadail s na h-airce,
Bheir an ceannard a steach iad fo chleoca.
Bheir an ceannard, &c.

III.

Sruthaidh Criosa gun airceas,
As an lanachd tha beairteach,

[TD 138]

A nuas o neamh air gach teachdair,
Chuir e sgaoileadh an Phacail,

Neart a ghrais ann am pailteas,
O'n 's e'n crioch-san bhi taisbeanadh 'ghloir-san.
O'n 's e'n crioch-san, &c.

IV.

Cuiridh Ard-Righ nam feartaibh,
A nuas gu'm beoil-san o'n altair,
An eibhleag bheo a bheir neart dhoibh,
Dh'fhuadach neo-ghlain us peacaidh
Chuireas deo ann san Fhacal,
A ghairm a shluagh a bha glaist aig Apolun.
A ghairm a shuaigh, &c.

V.

Siud an eibhleag bheir misneach
Dhoibh us foillseachadh tuigse,
Deagh-ghean Dhe s a shaor ghibhtean,
Fosgladh saoibhreis a ghliocais,
S e ga 'dhortadh gu tric orr',
Chum a threud a bhi 'g itheadh dheth lòn-san.
Chum a threud, &c.

VI.

Siud na teachdairean earbsach,
Dh'ullaich Criosa s a dhearbh e,
Chum bhi dluth ris ga leanmuinn,
Ann an disleachd neo-chearbach,

[TD 139]

Le'n tig a chaismeachd ro chalma
Dhuisgeas sluagh a bha marbh s a bheir beo iad.
Dhuisgeas sluagh, &c.

VII.

Nur thig a ghairm sin gu'n cluasaibh,
Tre chumhachd soisgeil nam buaghaibh,
O'n cuibhreach bais a ni'm fuasgladh,
Le feartaibh grais an Ard-bhuachaill,
Thig creach o Shatan 'san uair sin;
S ni aingle gairdeachas s luaghair an gloir ris.
S ni aingle, &c.

VIII.

Timchioll-gearrar na cluasan,
Bha gun chlaisdeachd roimh'n uair sin,
Thig an lagh le mhor uamhas,
Air na cuspairean truais ud
Leigear ris dhoibh an truailleachd,
Sgoiltidh'n cridheachan cruidhe le 'ord-san.
Sgoiltidh, &c.

IX.

Nuair thig am Focal da'n ionnsuidh

Mar chlaidheamh sgaiteach ro chiùirte,
Leis an srachdar an gnuis-bhrat,
Theid am peacadh a rusgadh,
Theid a choguis a dhusgadh,
Thogail fianuis mu'n cuilbheartaibh feolmhor.
Thogail fianuis, &c.

[TD 140]

X.

N cridhe stampte bha duinte,
Cha bhi seomar no cuil ann,
Nach teid a rannsach s a ruamhar;
Gu'n teid na deamhnan a sgiursadh
A mach s an teampull ath-ùrach
Le siol nan gras nach gabh muchadh ni's mo ann.
Le siol nan gras &c.

XI.

Thig gras umhlachd o'n aird orr',
Chum an cridheachan àiteach,
S thig an soisgeul le failt orr',
Cumhachd Dhe e chum tearnaidh,
Deagh-ghean Iosa s a shlainte,
Chum an saoradh o'n amhgar gu dochas.
Chum an saoradh, &c.

XII.

Is e'n cridhe nadurr an teampull,
Bha na 'aros aig deamhnaibh,
Ri reubainn, meairle s gach aing'eachd,
Bha lumha lan do gach naimhdeas,
A dh' fheumadh Criodh thighinn a' cheannsach
S a' sgrios le sgiursair na 'laimh do chaol chordaibh.
S a sgrios le, &c.

XIII.

B e'n obair àdhmhор us uasal,
An cridhe grannda ro fhuathor

[TD 141]

Bha tobhairt àit do gach buaireadh,
Le neart a ghrais a għlan-sguabadh,
Dh' fhàdadhbh graidh s a sgrios fuachda,
Le Spiorad Naomh chuir le buaidh ann a chomhnuidh.
Le Spiorad Naomh, etc.

XIV.

N cridhe teann bha rag fheitheach,
Leagħar sios mar a cheir e,
Le teas għradh dha 'n an Leigh ud
Thug o'n bhas us o phein iad,
Le mor amhgar us eiginn,

Trid na fol' air crann-ceusaидh a dhoirt e.
Trid na fol', etc.

XV.

Siud na teachdairean gradhach,
Tre mor fheartaibh an Ard-Righ,
Tha 'g aiseag sgeula na slainte
Do phobull Dhe anns gach aite,
Le 'n teid a sheula ro adhmhor
N clar an eudainn a charadh gu comhnard.
N clar an eudainn, etc.

XVI.

Bheir e o namhaid mar spùill iad,
Theid iomhaigh Shatain dhiubh thionndadh,
Gheibh iad grasan gun chumhnadh,
Gu staid an naduir a mhùthadh,

[TD 142]

Le sgeimh ro àluinn na h-ùr-mhais,
Theid o'n t-Slanuighear umpa mar chomhdach.
Theid o'n, etc.

XVII.

Siud na h-aodhairean buaghmhор,
A bheir na caoraich o'n chruadhlach,
Dh' ionnsuidh 'n ionnaltraidh luachmhор
Bhairig fabhar an Uain orr',
Dh' fhosgail tobair na 'thruas dhoibh,
Bhruchdas uisge neo-thruaillidh ri òl dhoibh.
Bhruchdas uisge, etc.

XVIII.

Siud an gras a bheir ceannas
A nuas gu lar agus ceannairc,
Spiorad oirdhearc nam beannachd
Bheir gach sòlas do 'n anam,
S thogas suas e o'n talamh,
Le uile bhuadhaibh tre ghealladh Iehobhaih.
Le uile bhuadhaibh, etc.

XIX.

Is e ghras s a ghradh tha do-rannsaicht,
Thar gach eolais us labharaidh:
An Tì ro-ghloirhor a dh' amhairc
Air staid a shluagh bha na 'm braighdibh,
Le theachd 'san fheoil 'n to'airt o ainneart
A mach le coir mar a gheall e na 'chumhnant.
A mach le coir, etc.

[TD 143]

XX.

Tha stor nan neamhan dhoibh fosgailt,
Rinn Mac De dhoibh a chosnad,
A bheatha shaoibhir neo-ghortach,
Dheth 'm faigh na feumaich s na bochdaibh,
S gach aon tha 'g eigheach fo lotaibh,
Siud a chungaидh bheir fois dhoibh o 'n leontaibh.
Siud a chungaيدh, etc.

XXI.

Tha tigh taisg dhoibh aig Criodha,
S a bheil pailteas ga 'riaghlaadh,
Bheir e seachad gu fial dhoibh,
Chum a sgapadh s a riarrach
Air muinntir ocrach us iotmhòr,
Tha fo thart us fo chiocras na corach.
Tha fo thart, etc.

XXII.

Bithidh naomh bheannachd an Ard Righ
N cois an arain gu gnàthaicht,
Chum s gu sgap iad air cach e,—
Phobull saoirt tha to'airt graidh dha,
Gheibh gach aon ac' co-phairt dheth,
Chum am biathadh s an àrach gu sòghar.
Chum am biathadh, etc.

XXIII.

Siud an t-aran ro phriseil
Bhios e 'sruthadh a nios orr',

[TD 144]

As a lanachd neo-chriochnach,—
E to'air nam beannachdaibh siorruidh;
Gheibh na bochdaibh an diol ás
Dheth na sochairibh lionmhòr us mor ud.
Dheth na sochairibh, etc.

XXIV.

Siud am fior aran grasmhor
Thig o'n ionad a's airde,
Chuireas Criodha ás a lanachd,
Dh' fhàgas anmanaibh sasaicht,
Mana falaicht, ro-adhmhor,
Nach tuig aon neach ach iàdsan gheibh coir air.
Nach tuig aon neach, etc.

XXV.

Tre chreideamh slainteal neo-fheallsach,
Cuiridh 'n t-Ard-Righ gach àm orr',
As an lanachd tha saoibhir,
Neart a ghras-san gun ghanntar,
Sgriosas ardan us aingidheachd,
S chuireas namhaid an aimhleis air fogradh.

S chuireas namhaid, etc.

XXVI.

Siud na h-aodhairean caomhail,
Bhios ag arach nan caorach
Le fior fhaicill gach aon uair,
Chum nach sgapar a h-aon diubh,

[TD 145]

S nach cunnt an costus no 'n saothair',
Iad ga 'm biathadh air raontaibh, an sòlais.
Iad ga 'm biathadh, etc.

XXVII.

N àm bhi deanamh a bhalla,
Cha chriadh gun taoisneadh fallain,
Leis an tilg iad e thairis,
Ach stuth ro dhearbht agus barrant,
Sheasas earbsach us daingeann,
S ged do bhual a chlach mheallain nach leon e.
S ged do bhual, etc.

XXVIII.

Tha faobhar s durachd an ciocrais,
A ghna gu dluth romh 'n dion iarrtas,
Thaobh an euail bhi lionmhòr,
O chuir an Leigh iad na 'm fianuis,
S bheir e fein dhoibh an iocsaint,
O 'n 'se 'n cuibhrionn gu 'm biathadh gu sòghail.
O 'n 'se 'n cuibhrionn, etc.

XXIX.

Bithidh naomh reachdan na rioghachd
Air an cridheachan daonnan,
Air an inntinnean sgriobhta,
N àm do 'n sluagh dhaibh an liobhairt,
Bithidh Spiorad Dhe 'tobhairt gu 'n cuimhne
S cha 'n fheum iad paipeir no ing gus an steornadh.
S cha 'n fheum iad, etc.

[TD 146]

XXX.

Cha bhi comunn gu brath ac'
Reir an comais ri cach ud,
Tha gun eolas air gras-a,
Oir is leir dhaibh mu 'n gnathaibh,
S bheir iad géille do 'n àithne,
Sin bhi cuibhteas am pairt mor ni neo-ghlan.
Sin bhi cuibhteas, etc.

XXXI.

Tha teas a ghraidh annt air fhadadh,

Le Spiorad laidir nam feartaibh,
Mar theine blath tha do-chasgaidh,
Nach faod an namhaid cuir as da,
Ged fheuch e thabhbachd s a neart ris,
S òla ghrais a sior-lasadh na 'n lochlain.
S òla ghrais, etc.

XXXII.

Siud na h-aodhairean ciatach
Sin a runaich an Trionaid,
Chum an treud a dheagh riaghladh
Leis na sochairean lionmhor
Bhuilich Criosa gu fial orr',
Bheatha naomha ro-fhior-ghlan gun fhòtas.
Bheatha naomha, etc.

XXXIII.

Thig na caoraich bha cailte,
Fad air seachran roimh 'n àm sin,

[TD 147]

Mach air aodann nam beanntaibh,
Fo na h-aodhairean dall ud,
N uair thig iadsan da 'n amhrac
Bheir iad dhachaidh le ceannsachd do 'n chro iad.
Bheir iad dhachaidh, etc.

XXXIV.

Sruthaidh 'n t-Ard-Righ a nios orr'
As an lanachd neo-chriochnaicht,
N tobair grais sin tha lionta,
Feartan aghmhor fuil Chriosda,
S iad a ghnath le fior chiocras
G òl an sath á naomh chiochan an sòlais.
G òl an sath, etc.

XXXV.

Thig beath us slaint leis an Fhacal,
Chum na pairt dhiubh tha 'n lag-chuis,
S trom le àl a sheimh altrum,
Luchd an amhghair a neartach',
Thig gach àgh orr' a chaisgeas
Nimh ro laidir a pheacaidh tha 'n tòir orr'.
Nimh ro laidir, etc.

XXXVI.

Bheir e misneach us treoir dhaibh,
Bheir e ciall dhaibh gun soradh,
Chum bhi triall a reir orduigh;
Bheir e'n Spiorad gu 'n seoladh,

[TD 148]

Chum an teagasg na 'roidean,
S bheir e gliocas us eolas gun bhosd dhaibh.
S bheir e gliocas, etc.

XXXVII.

Am fearann cruaidh a bha tartmhòr,
Thig uisg a nuas air gu frasach,
Grian an àigh le blàth dhealtra,
Bheir gu sgeimh us ùr-mhais e,
S theid dion mu thimchioll us fasgadh,
Gu toradh s blàth thobhairt gu pailt mar bu choir dha.
Gu toradh 's bláth, etc.

XXXVIII.

Siud na h-aodhairean sgiamhach,
Leis nach fhaodar bhi diomhain,
S a bhios tarbhach 'san fhion-lios,
Le bhi nochdadadh 'n run-diomhair,
Reir mar dh' fhoillsicheas Dia dhaibh,
Bheir a phobull o chian an an-eolais.
Bheir a phobull, etc.

XXXIX.

O 'n chuir an Triath ann san dreuchd iad,
Bithidh iad dileas da reir sin,
Bithidh iad saothrach le deagh-thoil,
Gu bhi dìteadh gach eucoir,
S cha bhi sgiros orr' no eislein,
G innse 'n aon ni tha feumail do 'n mhòr-shluagh.
G innse 'n aon ni, etc.

[TD 149]

XL.

Bithidh iad dileas da reir sin,
Air taobh Chriosda ro eudmhòr,
Cha bhi tosd air am beul-san
Gun bhi 'g inns' do 'n luchd eisdeachd,
Peanas millteach luchd euceart,
Theid a thilgeadh gu leir-sgrios gun trocail.
Theid a thilgeadh, etc.

XLI.

Ach misneach s sòlas o mhi-ghean,
Do 'n mhuinnitir an-shocrach dhiblidh
Tha caoidh fo 'n eallach na 'n sineadh,
Thig sgeul na slaint thuc' le siochaint,
Le gean us failte gu 'n cridh-san,
Bheir sith us sonas s tolinntinn o 'm bron daibh,
Bheir sith, etc.

XLII.

S e Iosa Criossd air a cheusadh,
Mar gach buaidh bhios gu leir dhaibh,

Mar an gliocas s an leirsinn,
Mar am fireantachd ghle-ghlan,
Mar an saorsa s gach deuchainn,
Mar an naomhachd s bun steidhidh an dochais.
Mar an, etc.

XLIII.

Ged dh' eireadh naimhdeas ri 'n aodann,
O mhuinntir aingidh an t-saoghail,

[TD 150]

Ged dh' eireadh deamhnaibh na 'n sgaothaibh,
Le 'm prionnsa Beelseub s fraoch air,
Cha dean iad beud dhaibh no baoghal,
Bithidh 'n claidheamh geur air dheagh fhaobhar na 'n dorn-san.
Bithidh 'n claidheamh, etc.

XLIV.

Bithidh 'n leasraidh crioslaicht le firinn,
Uchd-eideadh fireantachd Chriosd orr',
A chlogad slainte ga 'n dionadh,
Sgiath a chreidimh ga'n didean,
S ullach Soisgeil na sithe
Air an cosaibh, gu diongmhalt, mar bhrogaibh.
Air an cosaibh, etc.

XLV.

Uil' armachd Dhe tha cho saor dhaibh,
A chum am feum ann sa' chaonnaig,
N armachd threun nach dean clalonadh,
Chaoiadh nach treig iad na 'n saothrach,
S le sar-bheum'naibh neo-fhaoine,
Bheir iad buaidh anns gach' raon agus tòrachd.
Bheir iad buaidh, etc.

[TD 151]

AN CATH.

[Ceòl]

I.

IS iomadh còmhrag, stréup us strìth
Do 'n chreidmheach fhìor tha 'n dual,
Tha naimhdeas ifrionnail le spìd
Ga' ruith gach mìr dheth 'chuairt;
Us buairidhean bho 'n t-slochd a's isl'
A' lot a chrìdh' gu cruaidh:
Ach bheir e buaidh 'san ruaig gu crìch,
Fodh bhrataich shith an Uain.

[TD 152]

II.

Is lionmhor cath us gleachd us duaidh,
Us buille bhualadh dhòrn,
Us àmhghar trioblaid, teinn us truaigh,
Tha dhaibh an dual 'san fheòil;
Ach armachd Dhé bheir dhaibh a' bhuaidh,
S thig iad an uachdar beò;
Trid neart an Tì 'rinn sìth dhaibh suas,
Bidh gaisge chruaidh n'an treòir.

III.

Tha buairidhean a' teachd bho 'n nàmh
Air iomadh fàth mu 'n cuairt,
Mar dhiachainn theinnteich 'bhios 'g an cràdh,
A' to'airt dhaibh tàire cruaidh';
Cha nochd e caoimhneas dhaibh no bàigh,
Gun iochd na 'gnàths no truas;
Ach chum an dearbhadh anns gach càs,
Bheir iad tre ghràs làn bhuaidh.

IV.

N uair 'thig an leòmhann béucach, garg,
Le 'shaighdean s fhearg 'na 'léum,
Bidh 'n còmhrag tràm, bidh 'n ionnsaidh garbh,
Bidh gleachd ro shearbh 's gach céum;
Ach saighdearan 'bhios ullaicht, calm',
Us deas fodh armachd Dhé,
Bheir dùbhlàn dhaibh fodh 'n éideadh dearbht
Gu teich air falbh le béum.

[TD 153]

V.

N uair thig feach Mhidian do 'n tìr,
S a bhios an crìdh' ga' chràdh,
Theid Gideon fodh aim nach clì,
Us bheir e'n cinn gu làr:
Air cuirp nam marbh cha tuislich aon,
Ged thuiteadh daoin' sa' bhlar;
Theid buaidh a' ghleachd le feachd nan naomh,
S lóm-sgriosar sgaoth an nàmh.

VI.

N uair dh' éireas Belsebub gu garg,
Fodh lasan dearg s le ràs,
Bidh fearas-chlaidheamh ann gu dearbh,
Le iomairt arm gun tàmh;
Thig Criosc 'san eadraigean gu calm,
S ann dha nach clearbach làmh;
S e 'ghràs 'ni féum 'san éiginn shearbh,
Gu to'airt nan dealg á sàs.

VII.

Bidh 'làmh a ghnàth am measg nan séud

A thagh e fein bho 'n tòs;
S iad 'àilleagain dh' an tug e spéis,
A dh' ullaich e chum glòir,
Bheir e á àmhainn àmhghair ghéir
A mach gun bhéud mar òr;
Gu 'n naomhachadh bho cheum gu céum
An iomhaigh Dhé gach lò.

[TD 154]

VIII.

N uair bhios an còmhrag teann le spàирн,
S a bhios an nàmh fodh 'n chaoch,
Bheir Criod an sin a ghnùis le fàillt,
Mìn-bhrisear làmh na daors;
Ni 'n oighreachd aoibhneas ann a shlàint,
Tre 'n Spriorad ghràsmhor, naomh,
Tre chreideamh beò, le dòchas làn,
Le gràdh gu bràth nach traogh.

IX.

Is lionmhor cruth us caochladh dealbh
S an tig an cealgair mor,
Le 'n cuir e cuid na 'n dùsal balbh,
Gun lann no arm na 'n dòrn;
Us labhraidh e le briathran dalm—
“Nis tha sibh marbh fodh m' spòig;
Cha dàn duibh teich, oir thugadh sealbh
Nur cuirp s 'nur n-anamaibh dhòmh.”

X.

Ach thig an Comhfhurtair na 'n còir
Tho'airt dhiùbh nan còrdan bàis,
Us labhraidh e le briathran fòil,
Gu bheil ni 's leòr na 'ghràs;
Us séididh orr' an anail bheò,
Thig mic na h-òige 'n àird,
Us bidh an neart s an taic fadheòidh
Fodh bhrataich s treòir a ghràidh.

[TD 155]

XI.

Ach thig an nàmh mar aingeal soills,
Us gath na foill fodh' chleòc,
Us clann na saors fodh neòil na h-oidhch',
An cunnart roinn ni 's mò
Gu 'm buail e 'n cogaisean le sgoim,
Gu dìteadh dhaibh na còir';
Bidh féum air solus glan na coinnl',
Gu 'n to'airt gu foills an ròid.

XII.

Is iomadh coslas, cruth us snuadh,

S an tig e' bhuaireadh dhaoin,
Ga 'n cur an dùil 'bhi 'n gràdh do 'n Uan,
S an saoghal fuaight na 'n gaol,
Gu bhi ri gàirdeachas air uair,
Mu 'n aobhar uaill a's caoil',
Le aoibhneas feòlmhor a's beag luach,
Nach mair ach cuairt ro fhaoin.

XIII.

Thaobh gur iad oighreachan na slàint,
Dh' an tug e gràdh bho chéin,
Bidh aingle Dhé mu 'n cuairt dhiubh 'ghnàth,
Gach àm cruaidh-chàis no stréup;
Bidh làmh-an-uachdar ac' gu bràth,
Tre fheartan gràidh an Léigh,
A dh' fhuadaicheas air falbh gach plàigh,
Le neart nach fáilnich béum.

[TD 156]

XIV.

S e 'n tàbhachd e an àm na féum,
Nach fannaich céum na 'threòir;
N uair thàrlas dhaibh 'bhi ann san t-streup,
S e 'bheir bho 'n éug iad beò;
Ta làthaireachd a ghnùis cho séimh,
A ghàirdean tréun gu fòir;
S e 'airm neo-fhailinneach 'bheir béum
Do 'n bhéist n'an déigh 'tha 'n tòir.

XV.

Ge lionmhòr airc us teinn us daors,
D' a phobull caomh 'tha 'n dàn,
Us caoile, acras s tart faraon,
An Criodh cha traogh an sàth;
N uair 'thogar suas an altair naomh,
S a thig an saors o'n àird,
N sin ìobraidh iad an cridh' s am maoin,
Theid casg air caoch na plàigh.

XVI.

N uair 'bhios tiugh dhorchadas s dubh néul
Ri folach éudain uath,
Bidh 'n aghaidh ris an ùir gu léir,
An inneal théud gun fhuaim,
Thig Grian na fireantachd bho néamh,
Le slàint fodh 'sgéith gu luath,
S ni 'n Spiorad Naomh an aonadh réidh,
Ri nàdur Dhé nan sluagh.

[TD 157]

XVII.

Cha 'n aithreach dhaibh-s' an sin iad féin

Bhi 'n airc s an éis gu truagh;
Bidh 'n aiteas àrd air son gu 'n d' éisd
E 'n glaodh n'an éiginn chruaidh;
An cridhe liont le aoibhneas réidh
A' Ghaisgeich thréin 'thug buaidh;
Le gràdh tríd fìreantachd làn eud;
Do 'm peacadh féin làn fuath.

XVIII.

Tha aoibhneas ac' nach léir do dhaoin'
Tha 'n cuid 'san t-saoghal chré,
Tha 'n sòlas mòr air sheòl nach saoil
Nach tuig am baoth gun chéill:
Cha fhàilnich lòn, tha 'n stòr làn maoin
Am feasd nach fhaod dol eug;
Tha 'n tobar làn gu bràth nach traogh,
S na feadain saor ri 'm beul.

XIX.

Ged bhiodh na lòcustan na 'n sgaoth
Air feadh gach raoin us pàirc,
Le 'n crùin mar òr le eolas staoin,
Le còmhradh caoin gun ghràs,
Cha deanar dochann leo air aon
De threud an Aodhair àird,
Oir bheir e féin dhaibh léirsinn saor
A chì 'n droch ghaoid fodh 'n èarr.

[TD 158]

XX.

Tha iad n'an riochd mar eachaibh arm,
S gnùis dhaoin' a' falbh fodh chleòc,
Na 'n coslas naomh le sgleò 'ni 'chealg,
Le blasdachd labhraidh beòil,
Le falt nam ban s le déudach garbh,
Fiamh ciùin ach marbhteach fòp',
An earbuill nimheil, geur, le calg
Nan gath 'ta searbh gu leòn.

XXI.

Ni iad le 'n sgiathan turbhraich gharbh,
Mar chaismeachd charbad réis;
Tha 'n eòlas cinn s an gliocas foirm
A' cumail seirm na 'm beul;
Le bòsd á cainnt bho inntinn mhairbh,
Mar ghaoith á balg gun fheum,
Cho seòlt ri Nimrod gu bhi 'sealg,
A' goid air falbh 'n droch éisg.

XXII.

N uchd-éididhean mar iarunn treun,
Le facal Dhé n'an ceann;
An cainnt an sgriobtuir iad cho gleusd,

Mu bhrìgh an Sgéil ro dhall;
A' deanamh dìdinn dheth 'n deagh-bheus,
E togt' air stéidheadh meallt;
S cùis-thruais na doill a bheir dhaibh géill
Nach tuig ro mhèud am fabht.

[TD 159]

XXIII.

Tha 'n aidmheil maiseach le deagh sgèimh,
An cridh' gu lèir làn lùb;
Gun ghràs, gun anail annt' bho nèamh,
Ach lobhte, brèun n'an grunnnd;
Tha 'n nimh n'an earbuill s iomadh beud
Nach faic an léirsinn sùl;
Tha 'm puinsean falaicht orra fèin,
S nach faic iad è bho 'n cùl.

XXIV.

Ach dh' aindeoin seòltachd, innleachd s cealg,
Nan làmh a dhealbh a' bhéist,
Le miodal mìn no ionnsaidh gharg,
Cha dean an armachd beud
Do phobull saoirt an Uain 'bha marbh,
S tha beò gu calma, treun;
Tha 'chùmhnan siorruith dhaibh cho dearbht
S gu 'n d'fhuair iad sealbh na sheul.

[TD 160]

MARBHRANN D' A CHEILE:
MOR NICILLEATHAIN,
A DH' EUG MU THIMCHIOLL A' BHЛИADHNA 1829.

[Ceòl]

I.

OCH! s mi deuchainneach ga m' léireadh
Fodh ghoimh gheur ro chiùrrte;
Caoidh mo chéile bu ghlan beusaibh
Bu tearc té bu chliùitich:
Dh' fhàg thu eislinneach a' d' dheigh mi,
Is tric na deuir o m' shuilibh
O 'n là 'threig thu mi le eug
S a chaidh chré do fodh 'n ùir bhuam.

[TD 161]

II.

Is cianail tha mi 'n ceann do phaisdean
Ta maoth bàth gun churam;
Is lot a' m' airnibh bhi ga 'n claisstinn,
Caoidh do ghràidh bha dlùth dhaibh:
Is e dh' fhàg gabh là mo chridhe sgainnt,-

Mi 'n cruaidh chàs fodh thùirse,
Nach 'eil tràth 'san cluinn mi ràn
Nach bidh na chràdh ás ùr dhomh.

III.

B' fheoil do m' fheoil thu s cnamh do m' chnàmh thu,
Bha do ghràdh ro mhòr dhomh;
An asn' o m' thaobh a thug an t-Ard Righ
Nuas o'n aird ga m' chomhnadh:
An Tì rinn iomchuidh thu ri d' àite
Cuimt ri càch s co-chòirrdte,
Cnap no meall ort cha do dh' fhàg e
Bheireadh cràdh no leon dhomh.

IV.

Briathra beil cha chuir an céill
Mar tha mi 'n teinn ga d' ionndrainn;
Bha do threigsinn na mhòr phéin domh,—
Fhuair mi fein do ghiulan:
M' asna cleibh bhi uam ga 'reubadh
Is goirt mo chreuchd dheth s drùighteach
Us doht a' m' chré mar lot ro gheur
Ta m' fheoil a' d' dheigh gun dunadh.

[TD 162]

V.

Is lot ta fosgailt e do dh' iomaguin,—
S duilichinn ta do-shloinnnte;
Beul na madruidh nach dian imlich
Bheir le mionacnas greim ás:
Naimhdean furachair mu m' thimchioll,
Deamhnan tilgeadh shaighdean,
A ta co goirt do m' fheoil ri 'n iomachar
Ri geur chuilg deth 'n droighnich.

VI.

Maiseach, ceutach bha thu 'd' eugasg,
Bu ghlan sgeimh do dhealbh chruth;
Thaobh do speis domh mar chaomh chéil'
Ri m' ré cha 'n fhaod mi dhearmad;
Mheal mi sonas fad do réim
Bha mar riut fein ga m' leanamhuinn
Us iomadh beannachd mar an ceun'
A rinn mo threigs o'n dh' fhàlbh thu.

VII.

Do reir orduigh s feum a phòsaidh
Bha thu a' d' chomhnadh dearbht domh;
Laidh thu stold a' m' uchd s cha d' leon
Thu mi le bròn no ana-gnath:
A thaobh do churam dhiom s gach doigh
Is ann bha mi 'm' mhòr chuis farmaid,
Bu bheannachd mor os cionn mo sgeoil

Thu dhomh thaobh feol' us anama.

[TD 163]

VIII.

Na abradh cach a nis ma ta
Gur feoil a mhain bha 'm' ionndrainn
Ach caoimhneas tlàth mar thoradh gràis
A las a' m' pairt a' d' ghuais ghil:
Fhuair thu earlas air do shlaint
A thog o'n bhás do churam,
Mo bhròn! gu 'n d' fhàg thu mi 'n cruaidh chàs
N uair bha do ghradh dhomh dubailt.

IX.

Is cord ta laidir mar am bàs
An gràdh oir bheir e dùlan
Do ni le 'm b' àill a chumail là
Bho chuspair ard bhi dlu dha:
Tarruingear anmaibh leis gu Pàras
A thaobh gur gras is tùs dha;
Is trom air cuirp an gaol tha nadurr'*
Bheir e 'mhàin dha 'n ùir iad.

X.

Rinn E nis do sgaradh uams',
Is E fhein, a luaidh, b' fhearr còir ort;
Thug e null thu thar gach truaigh
Is e sin san uair-s' mo dhochas:

<eng>* (Variant):-<gai>
An gaol tha nadurr' 's trom a shrachd
Oir bheir e mhain dha 'n ùir iad.

[TD 164]

Thu nis a' sealbhachadh do shuaimhneis
Ann an cuan A sholais,
Reir t' aidmheil fein air còir na 'bhuaidh
Mu 'n d' thiomanadh suas an deo leat.

XI.

Is peanas peacaidh dhomh-s' a bh' ann
Gu 'n d' fhuair mi 'n calldach mor seo,
Rinn mi iodhol dhiot cho teann
S nach d' sheall mi ort mar throcair:
Cha'n 'eil iognadh mi bhi fann
No bhi san ám seo bronach
Ged ghuil mo shuilibh na mo cheann
Fodh bhuille laimh Iehobhaih.

XII.

Ach ged tha mise deth fodh ghruaim,

Gu tursach truagh a' m' dheoiridh
A' caoidh do chomuinn,—ni tha cruidh leam
Us mi fodh uallach t' oigridh,
Fhuair mi iasad diot bha luachmhòr
A bha na 'bhuannachd mhòr dhomh;
An Ti thug dhomh thu 's E thug uam thu
Cliu bith-bhuan us gloir dha.

XIII.

Ge do-iomchar leam bhi 'g iomradh
D' fhurbhailt us do chaoimhneis
Bha 'd' ghnuis shuilbhearr, leam bha ionmhuinn,
S a reir t' inbh' bha loinneil;

[TD 165]

Bha thu tulchiseach gun bhuirbe
Cha 'n fhuilingeadh tu aimhreit;
Dh' fhàg thu 'n cuimrig mi s an urchaid
Us ann am buillsgeinn aimbeairt.

XIV.

Chaidh tu imrich do 'n tir ionmhuinn
Dh' ionnsuidh inbh' ro oirdhearc;
Fhuair thu iomlaid mhòr ri iomradh
O'n ionamhas ta ro ghlormhor
A rinn an Tiomnaidh-fhear dhut ull'chadh
Mar bhunachar tùr do dhòchais,
Us tha 'n Ti iomlan nach gabh tulgadh
Dhut mar chuilm ro shòghmhòr.

[TD 166]

AN AIRC.

EARRANN I.

Airc a' choimhcheangail. Taisbean xi. 19.
Ann an Ierusalem gheibh sibh sòlas. Isaiah lxvi. 13.

I.

AIR Ierusaleim ghrasmhoir,
Shluaigh àraighe Mhic Dhé,
Teannaich teudan do chlarsaich
Gu ro ard air ùr ghleus,
Sheinn nan laoidhean s nan danaibh
Air a ghradh dhuibh nach tréig,
Thig bhur fuasgladh na 'lanachd
Chum bhur slaint o thìr chéin:

II.

Sibhs' tha 'm bròn fo throm amhghair,
Fulang cràidh us mor phéin,
Giùlan cuibhrinn dheth tàire

Bho 'r cuid namhaidibh treun;
Cluinnibh gairm an naoimh Ard Righ
Dhuibh is grasmhor an sgeul
Teachd a ghabhail compairt rith'
Na 'fior ghairdeachas stéidht.

[TD 167]

III.

Cuiribh 'ghualainn gu laidir
Gu beo àbhachdach treun
Ann an aonachd s an gradh dhi
Falbh cruaidh chàsaibh gu léir
Cha 'n 'eil beannachd tha 'n dàn dith
An gealladh faistneachd gun bhréig
Nach tig oirbhse 'n compairt rith
Mar is fearn dhuibh 'nur feum.

IV.

Is gearr an uine s na laithibh
Gus an tàrlar na 'dhéigh,
Nach bi roinnibh no pàirtibh
A measg nam bràithribh ach réit;
Le co-aontachadh càirdeil
Ann an gradh dol le chéil
A thaobh a cheana gu 'n d' ràinig
Mu shligh' na slàint sibh bhi réidh.

V.

An craidreamh beo a chaomh ghraidh-san
Biodh bhur gràdh-sa da chéil,
Bithidh bhur n-aiteas na 'shlàinte
Na 'chomunn blàth ris nach tréig;
S bithidh bhur sòlas lan shàsuicht
Fodh bhriathraighs grasmhor a bhéil
A shileas oirbhse bho 'n airde
N uair bheir e 'lath'reachd bho neamh.

[TD 168]

VI.

Deanaibh aoibneas a chàirdean
Ghabh compairt rith fodh deoir,
Ann na 'fulangas chraiteach
Fodh geur amhghair s do-bhròn;
A Tha criothnachadh 'n trath seo
Roimh Fhacal Ard-Righ na glòir
S a dh' fhuiling masladh bho 'r brath'ribh
A thilg le tair sibh bho 'n chrò.

VII.

Brathraighs bréige mic Hàgair,
Ghabh dhibh grain air sgàth Dhé,
Deanamh uaill na 'n cuid àrdan

Us na 'n cuid raiteachas féin
Airson gloire do 'n Ard-Righ
Mas fior iàd-san le 'm beul
Sgar a mach sibh bho 'r màthair
Le fuath ro làidir s searbh eud.

VIII.

Dream mhi naomha gun eolas
Thruaill iad ordugh tigh Dhé,
Mar ghniomh muirt tha 'n tairbh oga
Bho 'n altair 's mòr tha 'm beag spéis:
Mar cheann madaidh ro neoghlan
Tha 'n uain deothlaidh bho 'n treud
Mar fhuil mhuc air a dortadh
Tha 'n cuid thobhartais bhréin.

[TD 169]

IX.

Tha 'n cuid tùise cho searbh leis
S ged bheann'cht le dia bréig;
Is ion nach tig e ga 'n amharc
A chum an amhluadh gu léir:
An uair a dhòirteas e fhearg orr'
Ga 'n cur air falbh gu sgrios léir
Is aoibhneach sibhse 'nur tearmunn
A chuir bhur n-earbsa fodh sgéith.

X.

B'e 'n toilinntinn s an sasachds'
An cuid grainealachd féin,
Slighean toirmisgt b'e 'n àillean
Ghabh iad grain do lagh Dhé;
Air an aobhar-s' thig ard ghuth
Mar fhuaim tairneinich thréin
Nuas o'n chathair is airde
S bho 'n teampull lamh dheant le chéil.

XI.

Guth ard-ghlaoidh o'n ghloir àrdaicht
A sgrios a nàmhaidibh treun,
Is cruaidh an glaodh sin ri 'chlàistinn,
Sgreadail ghràineil fodh phéin;
Is glaodh lan aoibhneis us slàint e
Do chloinn nan gràsan gu léir,
Is binn an iolach luath ghàireach
S co-fhreagraidh lär dhoibh us nèamh.

[TD 170]

XII.

Ann am Phìlipi luaisgeach
Na mòr uaibhrich gu léir
An uair a chriothnaich s a chuartaich

Crith thalmhuinn chruaidh iad o'n speur,
Chionn gu 'n d' bhuin iad neo-thruacant
Ri abstoil luachmhor Mhic Dhé
N uair rinn iad ciomaich gun truas riu
Am priosan fuarraidh gun léirs'.

XIII.

Ge' bu dultaiddh 'bha 'm priosan
Us iad bochd sgìth air dhroch dhoigh
Bha gaol Chriosda dhoibh prìseil
Thug na 'n crìdh dhoibh làn treòir;
Bhi 'm muinghin laidir 'san Ti sin
Air sgàth 'n do shrioched iad do leon;
Is cliu saoir-ghrais bu cheòl binn doibh
A għluais na h-ainglibh o ghloir.

XIV.

Tha 'sheol fein aig an Ard-Righ
Na 'għliocas ard air gach dòigh,
Chum a bhraighdean a thearnadh
N uair bhios an sarachdainn mòr,
Bho gheur iomaguinean craiteach
No goimhean amhghair no leòn
Mar ghairm e Cirus na 'là-san
A thug dhoibh gairdeachas s ceòl.

[TD 171]

XV.

Ach a reir mar is aill leis
D' a chéile gràidh tho'airt sliochd òg,
Tha àm gineamhuinn a għnàth aig
Am breith us àraich le lòn;
S a bhreith cha bhacar gu brath leis
Oir gheobh am mathair lan treoir
Ga 'n to'airt do shaogħal nan grasan
Chum cliu a ghraidihs a naomh ghloir.

XVI.

An sin deothlaiddh sibħse gu sunntach
Do 'n bhainne is sugħmhoire buaidh,
Do 'n mhil is fħallain s is cùbhraidi
Do chridhe brùite fo ġħruaim;
Us luaisgear sibh air na gluinib
Le oran ùr is binn fuaim
Fo bhraonaibh blà nan gras ûraich
Chuir smior us luthais ann sna h-uain.

XVII.

A cuan neo chriochnach na lanachd
A dh' ullach gras dhuibh mar stor
S a shileas oirbh-se o'n aird, air
An d' thug a għradh dhuibh lan choir,
Bheir neart us spionnad do 'r cnàmhan

Bha brist' lan failling us leon
Le 'm fàs iad ùrail us laidir,
Bheir taic d' ar n-airnibh us treoir.

[TD 172]

XVIII.

Mar innigh theo-chridheach mathar
D'a gineil gràidh bhios fo leon,
Le tlus us comhfhurtachd bhaigheil
Bheir fois o amhghair dhoibh s fòir;
Mar sin nuair dh' fhoillsichear gairdean
Ro neartmhòr Ard Righ na gloir
An sin thig bhur fuasgladh o'n airde
Tre 'n Spiorad ghrasmhor shior bheo.

XIX.

Le teine s carbad, le caonnaig
Mar iom'ghaoith 'sgaoileadh a nuas,
Thig e gu 'chorruich a thaomadh
Air naimhdean baoth a chridh' chruaidh,
Gur truagh an dream nach to'air gaol da
S d'a phobull naomh tha lan fuath,
Bidh 'n corpaibh marbha mar aolach
Air bhlar us raon na lan bhuaidh.

XX.

N uair thagras Dia le stri laidir
A nuas o'n aird ris gach feoil,
Le teinne lasarra smalaidh
Le claidheamh dealrach a bheoil;
Dà fhaobhar geur air gu tearnadh
D'a mhac a ghraidh na bheir pog
Gu sgrios a naimhdean s eascairdean
Nach géill s am fagail gun deo:

[TD 173]

XXI.

Air feedh nan criochaibh nach cuala
Mu iomradh s fuaim an deadh sgeoil
Bidh chòmhlan eillteil bheir luasgadh
Le iomaluaths air mor shlògh:
A chuid theid ás dhiubh o'n uamhas
Tre ghéill do 'n Uan ga 'n to'airt beo,
Bidh iad le 'n iolaichean luath ghair
A' seinn to'airt luaidh air a ghloir.

XXII.

N uair thig na Cinnich do 'ionnsuidh
Theid soisgeul druighteach nam buadh
Le cumhachd iompachaидh s dusgaidh
A ghairm nan Iudhach o'n suain,
Gu Tarsis, Pul us gu Tubal

Gu Lud a lubas gu cruaidh
Am bogha staillinn le durachd
Gu lot us ciùrradh luchd fuath.

XXIII.

An sin 'n uair chruinn'clear na braithrean
Bha feadh nam fasach fo neoil
Bh' air an sgapadh s an sganradh
Fo dhuibhre bhais s fo dhubb cheo,
A measg nan Cinneach s gach canain
Ri 'n d' mheasgaich i iàd le 'n droch nòs
Gu sliabh ro naomha na slainte
Bidh 'n anama sàsaicht le sògh.

[TD 174]

XXIV.

Bidh 'n toil-inntinn an comhnuidh
An cuirm ro shoghmhor nach tréig,
Ann an saibhreas a ghloire
Ni iàd bòsd gun fhein spéis;
Bidh sith mar abhainn ga 'n còmhdach,
An àlach og fo ghlan sgeimh
Us gloir nan cinneach s nan sloghaibh
Mar shruth tigh'nn comhla na 'n deigh.

XXV.

N uair thig e fein ann na 'n comhdhail
Bidh cabhag mhòr orr' gu leir,
Bidh cuid fo lotaibh s fo leointibh
Cho fann gun treoir s nach dean ceum;
Ach dh' ullaich innigh a throcair
Dhoibh uirigh chomhfhurtail sheimh
Le 'n ruith iad socrach us comhnard,
A chungaidh sòlais ri 'n creuchd.

XXVI.

Tha uirigh Sholaimh dhoibh sabhailt
Le samhlaibh gràidh tha lan soills',
S an gabhar fois agus tamh leis
An caidreamh blàth ruinn le loinn;
Feachd do threun fhearaibh laidir
Gu dion o ghàbhadh na h-oidhche
An aghaidh mi-ruin gach namhuid
Tha 'g iarraigd fàth orr' le foill.

[TD 175]

XXVII.

Bidh cuid mar Ephraim gu sàraicht
Mar dhaimh nach d' ghnàthaich a chuing
Iad a' gul fo gheur amhghair
Fo smachd ga 'n cradh s iad ri caoidh;
Ach innigh chiuin nan caomh àirnean

Do 'n leir an cnamhan bhi claoidht
Bheir e lan dearbhadh mu ghradh dhoibh
S air iochd gu brath dhoibh nach traoigh.

XXVIII.

Bidh cuid dheth chusbairean gràidh-san
A dh' ith na 'lathair aig feasd,
A bhual galair thug bàs orr'
Fo bholadh graineil ro bhreun:
An t-suil a ghuil os cionn Las'ruis
Dha fein a mhain iad bu léir,
Is e mhosglas suas le ùr-ghras iad
S b'e 'n t-ioghnadh ard e 'm beachd cheud.

XXIX.

Bidh cuid mar Iob bha ion 's iomlan
Coimhliont s cuimt ri lagh Dhé
A spuill an Satan dheth 'n ionmhas
Ga 'n cur fo urchaidibh geur;
Na 'n sgeig do 'n cairdean m' an timchioll
Nach d' thuig gur tiom-chridheach Dé;
Ach gloir a ghrais rinn an iomchar
Bhidh ard ri iomradh na 'm beul.

[TD 176]

XXX.

Bidh cuid fo lotaibh nach fulaingte
Mu 'n bhord aig cuirm no aig feusd
Ach chum nan dorsan a thilgte,
Na madaidh 'g imlich an creuchd;
Ainglean treun bidh mu 'n timchioll,
Is iad muinntir ionmuinn Mhic Dhé
Us aiseag slaint' dhoibh cha 'n iomrall
Oir chuir iad muinghin 'san Léigh.

XXXI.

Bidh cuid do mhi-thùrain fheineil
Dheth mor fhein-spéis a rinn bosd,
Rinn tair air lotaibh us creuchdan
Na muinntir éisleineach leoint
A thuit an laimh an luchd reubainn
Nach nochdadhbh daimh dhoibh gu 'm fòir,
Bidh iad 'san lò seo na 'n éigin
S am meas ga 'n treigsinn gu mòr.

XXXII.

Bha meinн an t-sagairt s an Lèbh'aich
Na 'n cridh dheth 'm foghlum rinn bosd,
Gu truas a nochdadhbh do 'n fheumnach
Nach rachadh ceum far an roid;
Ach O! nam b' aithne dhoibh reubadh
Us cràdh luchd chreuchd agus leon
Bhiodh aithn' air trocair an Leigh ac'

S an ola sheimh annt e dhoirt.

[TD 177]

XXXIII.

Ach bidh cuid dhiubh mar tharladh
Do 'n dream bha sarachadh Ioib
A bha ga 'dhìteadh gu taireil
To'airt breith air càs dhoibh nach b' eol;
Nuair dh' fhurtaich Dia air o amhgar
Bha lasan ard riu gu mor,
Troimh urnaigh Ioib fhuair iad fabhar
Thug nuas gu lar am fein ghloir.

XXXIV.

Cha 'n ioghnadh 'n cabhag bhi mòr orr';
Bidh deamhnaibh roiceadh na 'n déigh
Bidh ghaol tarr'nidh 'to'airt treoir dhoibh
Mar chaomh chordaibh ro threun;
Bidh an tograiddh s am beòthail
Mar mheann deoth'laidh na 'n cré
Air ciocraibh aoibhneis us sólais
Saoibhreis, soigh a chaoimh chéil.

XXXV.

Bidh cuid fo 'n éideidhean dearbhta
A' ruith na 'n carbaid na 'n deann
Iad na 'n treun fhearaibh calma
Nach géill le cealgairean meallt;
Is diamhain naimhdean 'bhi sealg orr'
Le 'n innleachd dhealbh o run feall
Iad co gleusd fo 'n cuid armachd
Gu 'n lot s am marbhadh troimh 'n ceann.

[TD 178]

XXXVI.

Bidh cuid a' marcachd each meanmach,
Na 'n leum a falbh s nach dean maill
Nach gabh eagal romh armait
Luchd breabadh dhealg le 'n èud dall;
An colg mar leoghannaibh garga
Nach meataich fearg an droch naimhd'
Bheir buaidh tre fhulangais searbha
Le beumaibh garbh' an geur lann.

XXXVII.

Bidh cuid air muileidibh ainmeil
Le luaths chas ainmhidh nach mall
A' teich' s an draoichtir ga 'n leanmhuinn
Le inneal marbhaidh na 'làimh
A dh' ionnsuidh 'n dìdean g' an tearnadhl,
An daingneach tearmuinn nach fann,
To'airt gloir do 'n ullachadh earbsach

A dhion an anama' gun chall.

XXXVIII.

Mar eachaibh 'n carbadaibh Pharoih
Nach pill bho namhaid le sgaoim
Tha chuid shaighdearan àillidh,
An airm na 'n làmhan le sgoinn;
Ri aghaidh chath theid gu daicheil
Tre 'n eud fein-àicheil sa' chuing,
Nach pill to'airt dulain do Shatan
Tre 'n ceannard slaint an Ard Righ

[TD 179]

XXXIX.

Bidh aoibhneas mor ann san là sin
Do 'n chuid bho laithibh an òig
A ghabh a chuing ann an gràdh dha
Gu dol tre amhghairibh mor:
Bidh 'n trusgan maiseach ro dhealrach
An culaidh àillidh gu 'm broig
Le laoidhibh 'm bilibh luath ghaireach
A sheinn nan dan is binn ceol.

XL.

Deasgainn cuache na ball chrith,
No corruiich gharg sibh cha 'n òl
Theid laimh an luchd geur-leanmhuiinn
Bha cradh bhur n-an'ma s ga 'n leon;
Bidh 'n leasraidh fhann s iad fo fharbas
Bidh 'n cupan searbh dhoibh lan leor
Mar amhuinn theinntich bidh fhearg dhoibh
Nach mùch s bidh 'n gairbhsin ro mhòr.

XLI.

Do shaothair anama nuair chì e
Bidh aiteas cridh air gun ghruaim,
Bidh iad mar thabhartais phriseil
An soitheach fior għlan neo-thruaillt;
Bidh 'n iobairt mholaidh ro bhinn leis
Oir bhean an eibhleag bho shuas
Ri 'm bilibh milis s bidh cinnt dhoibh
An urnaigh chluinntinn le 'chluais.

[TD 180]

XLII.

Bidh freagradh urnaigh dhoibh cinnteach,
Tha innigh chiùin doibh lan truais
Us dhiubh bidh shagairt s a Libheich
Gu 'reachd a mhìn'chadh do 'n t-sluagh,
Gu tabhairt suas dha nan iobairt
Tre 'n tig mor mhillseachd a nuas,
Chur neamh us talamh fo chaochladh

An sealladh dhaoin an cruth nuadh.

XLIII.

An aite luaithre s saic eudaich
Fo 'n do dh' eubh sibh fo leon
Gheibh sibh maise 'nur n-eudann
Ni glan bhur sgeimh mar an ros;
Thig ol aoibhneis bho neamh dhuibh
An aite dheur us do-bhròin,
Eididh mholaidh 'n àit' éislein
Mar gheall e fein dhuibh an tòs.

XLIV.

Is beag an t-ioghnadh a réisd e
Neach thog o'n eug sibh an tòs
A thog s a dh' àirich dha fein sibh
Mar mhic us oighreachan beo,
Ged bhiodh bhur gaol dha do réir sin
A chliu gach ré ann bhur beoil
A' leantuinn dluth ri chos cheumaibh
Dha ghairm to'airt géill chum a ghloir.

[TD 181]

XLV.

Nach cruaidh an cridh sin nach maothaich
Ri ghairm s a ghlaodh tha na 'n cluais
A ghairdean laidir riu sinte
Bho ghradh a chridh' tha lan truais;
A ghras cho farsuing s cho saor dhoibh,
S nach diùlt e h-aon thig le luaths
Air cuireadh trocair a ghaoil dhoibh
Mu 'n tionndaidh fhaoilt riu gu gruaim!

XLVI.

O! an t-ioghnadh ard nach tuig nadur
Bho ghloir cho àillidh ri nèamh
Gu 'n gluaiseadh àirnean a ghraidh e
Gu tlachd do fhasach nan deur,
A dh' fhulang bais ann na 'n àite
Fo mhasladh, nàire s mor phéin
Gu 'n togail suas leis gu Pàras
Mar 'sheudan s àilleagain fein!

[TD 182]

EARRANN II.

"Criosc, a thug e fein suas tre 'n Spiorad shiorruidh gun lochd do Dhia."—Eabh. ix. 14.

"Air dhuibh fios a bhi agaibh annaibh fein gu bheil agaibh air neamh maoin a's fearr agus a ta maireannach; uime sin na tilgibh uaibh bhur muinghin, aig am bheil mor dhiol-thuarasdal. Oir a ta feum

agaibh air foighidinn; chum an deigh dhuibh toil Dhé a dheanamh gu faigh sibh an gealladh.—Eabh. x. 34–36.

I.

O ISRAEIL! bi laidir
D' airm a ghnath biodh air ghleus,
Crios do leasraidh mu d' airnibh
S clogad slaint, oir 's mor d' fheum
Air bhi deas chum nam blaraibh;
Is lionmhor namhaid a' d' dhéigh
Dhut bu dual a bhuaidh laraich
Anns gach gàsaid us stréip.

II.

Am broinn na daorsa ged bha thu
Ann an carraig a' streup
Ri do bhrathair Esau
Ghlac thu 'shail le groim geur,
Ged a dh' fhogair a ghrain dut
Thu gu fhagail car ré
Thig thu dhachaидh s maoin Labain
Leat s lan àl aig do spréidh.

[TD 183]

III.

Is iomadh doinionn s fuachd geomhraidh
Bhuail mu d' cheann thu s gaoth reot
Tiormachd, tart us grian samhraidh
Iomadh teanntachd ro mhór;
To'airt a mach cuspair d' annsachd
Ghabh thu teann le snaim posd
Thug thu leat e le ainneart
Dh' aindeoin naimhdeis le còir.

IV.

Ged chuir Laban gu meallt riut,
Chum le feall uat do chòir
Air chor s am fianuis do naimhdean
Beag 'san àm bha do stòr:
Slatan glas nan craobh calltuinn
Chriothionn cham us gheanm chno
Ge bu dorch iad ri 'n amhrac
Bhiodh 'n gil' annta fo sgleo.

V.

Fo 'n an uisg bha 'n geal gle għlan
Soilleir réidh mar bu leor
E do shuilibh an treuda
An àm gu leir dhoibh bhi 'g òl;
An uair a shiolaich an spreidh sin
Ged bha 'n gleus 'n aghaidh nois,
Bha na stiallaibh geal ceudna
Ceart d'a réir san àl òg.

[TD 184]

VI.

Ge bu dorcha bha 'n rusg ac'
Ni tha drùighteach us geur
Eadhon faireachduinn chiùirteach
Duibhre dhuldaidh gu léir;
Teagamh, cruas s eagal diumaidh
Bron us tursa fo neul
O naimhdean ifrionnach lubach
Tha dealbh gach cuilbheairt ro-ghleusd.

VII.

Ach thig an geal ris ri 'n rusgadh
Gradh, deadh run us naomh eud,
Naomh bheo iarrtas us durachd
Aslach urnaigh ri neamh,
Grasan fhublangais chliuitich
Dochas dlu ri àm feum
Seimheachd mhacant' a chiuineis
A nì seo-ghiulaint 'n cronn-ceusd.

VIII.

Aig na h-amair ghrais ùraich
Bidh na h-ùr-ghil seo treun
Tha na geallaidh ro dhluth dhoibh
Bidh bhur n-urnaigh-s' air ghleus;
Thig iad oirbh mar fhrois chubhraidh
Mar mhaoth dhriuchd air an fheur,
S bidh bhur gairdeachas dubailt
Seinn air cliu an Ard Léigh.

[TD 185]

IX.

Bithidh bhur gairdeachas dubailt
Sealbhach' ùir-ghrais duibh fein
Ni dhibh gleachd-fhearaibh siubhlach
Ruith gu dlù 'sa bhlar réis;
Mealtuinn lath'reachd a ghuise
To'airt grais a dhusgadh nan ceud
A chreachadh Shatain to'airt spùill dheth
Us luchd mi-ruin fo ghoimh gheur.

X.

Faic mar dhiol Righ nan sluagh dha
A réir mar bhuannaich e ghnath
Ann an creideamh s an cruadal
Fo gach tuairgneadh s cruaidh chàs;
Ged a mhuthadh a dhuais air
Na deich uairibh le tair
Thionndaidh Dia sin gu 'bhuannachd
S bha 'dhiol thuarasdal paidht.

XI.

Eaglais Shaor! a chaomh chairdean
Is gearr na laithibh gu léir
Gus an cluinn sibh caoidh Labain
Sibh air fhagail gun treud:
O! nam faicinn na m' là sin
B' aoibhinn gaire bho m' bheul
Bhi ga 'chluinntinn le ard ghuth
Gul s a rainich na 'n déigh.

[TD 186]

XII.

Ged robh casaid a namhaid,
Ribh ag radhtinn le beum
Gu 'n do chreach sibh tigh Labain
Dheth 'chuid àilleagain bhréig;
Ged a dh' fholaicheadh le Rachel
Iad 'san eàirneis fo sgéith
Cha robh cionnt ann do Iacob
Nach tug gradh dhoibh no géill.

XIII.

Is e bh' ann fuighleach a' naduir
Bh' ann an Rachel i fein,
Fhuair i 'n leasraidh a parant
Dh' fhàs na 'ghrain dhi na dhéigh:
An uair a lorgadh le Iacob
Iad cha b' fhabhar dhoibh e,
Thilg e mach chum nan fàmh iad
S ghleidh e Rachel dha fein.

XIV.

Cleachdaibh foireachd a chairdean,
Is iomadh namhuid ni beul
Farsuing fosgait ga 'r caineadh
Leis gach fàth gus bhur teum;
Bho nimh innleachdach Shatain
Tha cur aird air gach gleus
Chum bhur measgadh gu graineil
Le iorball sail dheth chur fein.

[TD 187]

XV.

Is cuimhn' leibh fein mar bha Pharaoh
Fo na plaighibh 'san Eiph't
Gu 'n do mheasg dheth chuid thraigheas
Le cloinn Iacoib iad fein;
An uair ghlac ciocras 'san fhàsach
An coimeasg grannd sin gu léir
Thainig breitheanas laidir
Air gineil Iacoib na 'dhéigh.

XVI.

Tha nuadh chreidmhich gu gnàthaicht
Mar chuir Pàl dhuibh an céill,
Fosgait s buailteach do 'n ardan
Mar bac gras iad o neamh;
Is cunnart mor 'bhi cur lamh orr'
Tuilleadh s tràth mar luchd dreuchd,
Dh' easbhuidh dearbhaidh is laidir
Na faoineis sgaile do sgeimh.

XVII.

Is fior an sgeul e ri radhtinn
Gu 'bheil a càth air gach déis
Gu 'bheil eagal an namhaid
Measg sluagh àraidi Dhé;
Crainn-fige chrion gun bheag fas orr'
A' bacadh fais nan naomh gheug
A tha to'airt leth trom s mor thaire
Do chloinn nan gras us bial-bheum.

[TD 188]

XVIII.

Is iad sin naimhdean gun ghrasan
Do 'n cusbair graine sluagh Dhé
Is ard a dhuisgeadh an ardan
Nan deanta tair air an spréidh,
Air son reitheachan fasaich
Bhi milleadh àil an cuid threud
Air son seotachan grannda
Nach togadh lan phris air féill.

XIX.

Ged robh coimeasg 'sa mheall ac'
Tha 'ghliocas annta s do chéill
Nach cuir am fior bhriod le anntlachd
Fo 'n aon cheann ri 'n droch spréidh:
An uair a chruinn'clear gu faing iad,
A chuid 'm bheil meang chur o'n treud,
Cha chan aon neach gun ghamglas
Gur garrlaig th' annta gu léir.

XX.

Ged bu bhualteach dhuit, Iacob,
Iomadh tair o chloinn clìth
Cha do bhuadhaich Ismaelich
An cruaidh chàs ort no 'n stri;
An Dia 'b'e t-eagal thug gradh dhut
Is e rinn do thearnadh gach linn
A thog ri d' naimhdean gach la leat
Ga 'n cur a ghnàth dhut fo chìs.

[TD 189]

XXI.

Ge b' mhór do ghéilt s d' eagal trailléil
Roimh bhagr' Esau s roimh laoich,
Is ann air do ghluinean a b' fhear thu,
Chasg a rais riut s a chaoich,
Cha b' e do thiodhlac a mhain a
Chorrúich ard riut a thraogh
Ach toradh d' urnuigh na d' ghàsaid
Rinn gnuis do namhaid leat caomh.

XXII.

Is e'n t-ioghnadh mor e do shuilean
Fior luchd do dhiombaideh us d' fhuath
Gu 'm biodh bacáich us crubaich
Na 'n spionnadhlùis dut s fàth uaill;
Ach siol do leasraideh bha 'n Iudah
Is e ghleachd gu dlu riut o shuas
A rinn cho neartmhòr s lan luis thu
S (mar d' ainm) rinn prionns' dhiot thug buaidh.

XXIII.

Bu bheag a smaoinich luchd mùiseig
Do 'm b' aithn' an tus do dhian luaths
Gu 'm bu fhreagradh dha t' urnaigh
Ach comharr' diumbaideh us fuath
A bha na d shliasaid bhi crubach;
Ach mheall an duil air na truaigh
A shaoil gu 'm b' chreach do 'm mi-run thu
Nuair os an cionn bha d' lan bhuaidh.

[TD 190]

XXIV.

Oir cha do mheas iad rùn àraideh
An Ti a ghradhaich thu 'n tos
A chuir d' fhein earb-sa mu lar dhut
Bho b' i do namhaid bu mho
A chum do thaic bhi ri ghrasa
B'e neart a ghairdein do threoir
A bha gu d' dhion o gach namhaid
S bheir dhut bhuaidh laraich fadheoidh.

XXV.

Na gabh eagal no fanntachd
Roimh feachd do naimhdean bhi mor
Is ann tha 'n cogadh le d' cheannard
A chuir do lann ann do dhorn,
A dh' aon do chorp anns gach ball dheth
Gu daingean teann le snaim beo
Is e bheir gu leir iad fo d' cheannsal
A dh' aindeoin ainneirt s am bosd.

XXVI.

Do mhuineal treun mar fhuair Daibhidh
Coimhcheangal grasmhor nach tréig
A dh' aon do chorp na bhuill àraid
Ri d' cheann gu h-ard le mor spéis,
Is e bann an aonaidh ro laidir
S an creideamh slainteil mar sgéith
A mhuchas saighdean an dragoin
Le 'm b' àill a ghnàth bhi ga 'r teum.

[TD 191]

XXVII.

Tha beath' a chinn na 'bheo thàbhachd
Tre 'n mhuineal ghrais seo s na buill,
Is e 'n tùr daingnight ro laidir
Do-rannsaicht airde s a ghrunnd;
Tigh-airm do thaisgeachaibh lan e
Nach seisd an namhuid s nach spùill,
S bho 'stor-s' tha frithealadh lathail
Do chloinn nan grasan ás ùr.

XXVIII.

Tha slabhraiddh mhuineil ro àillidh
Na 'failibh laidir us treun
Gach gras eugsamhlaidh mu 'fhainibh
Gu treun an tàthadh a chéil;
Is e siud an cord tha mar chàbhladh
S an acair ardaicht air neamh
Tre 'n seas an long gach stoirm ghàbhaidh
A sheideas Satan na 'n déigh.

XXIX.

Biodh misneachd mor ort, a Iacoib
Is ann dhut-s' tha 'n gras seo gu léir
Ged 's cnuimheag dhiblidh us bhasmhor
Gun neart gun stà thu dhiot fein;
Ni gras dhiot inneal ro laidir
Le 'm pronn thu ard chnuic us shleibht
Mar mholl ro mhin bheir gu lar iad
S do bhacaich chraidih dhut cha 'n éis.

[TD 192]

XXX.

O chairdean gaoil bithibh dileas
S bhur misneachd cridh biodh ni 's mo
Tha 'n t-àm tionail tigh'nn dìreach
Mar thu'airt am Biobull o'n tòs;
Na ceud-thoraiddh chaidih iobradh
A cheana 'n Innsibh nan slogh
Mar ghealladh daingnich tha 'g innse
Na mill bhi naomha fadheoidh.

XXXI.

Tha righrean, prionnsan, deadh mhilidh
A nis s na h-Innsibh tigh'nn beo
Tha diucan s morairean siobhailt
A' gabhail taoibh ribh le deoin;
Do armaitl steidheicht na rioghachd
Tha aireamh mhilltean dheadh sheoid
A' teachd a dh' aoradh do Chriosda
Do 'n Eaglais Shaoir mar bu chòir.

XXXII.

Tha na nithe seo 'g innse
Gu 'm bheil an tìm a' teachd oirnn
Gu 'm bheil bliadhna na saorsa
Ri teannadh ruinn na 'h-ard ghloir
Sam bi gach rioghachd 'san t-saoghal
Ann 'n aonachd ghaoil nan naomh shlògh
A' seinn lan aoibhneis na 'n cridh dha
S "hosanna" bhinn ann na 'm beoil.

[TD 193]

XXXIII.

Is e nis an t-àm dhuibh bhi saoithreach
Gun fhois gun sgios ach 'nur duisg
Mar bha Daniel dileas
Bu tric na 'shineadh 'san smur,
A leugh san fha'dh Ieremiah
Fior àm an libhrig 'bha dluth
Tre 'n d' fhuair e taisbeanadh cinnteach
Air aobhar aoibhneis o thùrs.

XXXIV.

An là sin seinnear an dan seo
An tir nan grasaibh gu léir:-
"Tha againn cathair ro laidir
"Sàr chaladh slaint air deadh stéidh;
"Is e seo ar Dia-ne s ar n-Ard-Righ
"A gheall a ghràs dhuinn o chéin
"Dh' fheith sinn ris mar a dh' àithn e
"S a ghloir gu brach biodh dha fein!"

EARRANN III.

"Bha a chridhe air chridh air son àirc Dhé."—I Samuel, iv. 13

CHA bheag am bron s an cradh anama
Dhuibh 'san aimsir seo fhein
Staid bhur mathar o'n d' fhalbh sibh
Gu crion air seargadh o freumh;

[TD 194]

Fo dhris nam bagaidean searbha,

A geugan aimrid gu léir
S a' faicinn aogais a meanbh-chruidh
Fo dhearcan marbhtach dol eug.

II.

Tha droighneach s feanntagach chiùrrteach
A nis na 'luchairtibh mòr,
I na 'fardaich ro dhùldaideh
Do dhragoin lubach nan còs
Na h-àros tiamhaidh ro mhuchaidh
Do chomhchaig dhùir an sgreath frò,
Do bheathaichean allta ro bhruideil
S do shionnaich chuilbeartach sheolt.

III.

Ged is deurach do shuilibh,
Na 'm frasaibh dlu air do ghruaidh,
Do throm osna ri buireadh
Do chridhe tursach ri fuaim;
Do chulaidh bhroin ort ri tuchan
Saic eudach dùint' ort 'san luainhr'
Thig do shòlas 'n gearr ùin' ort
Ag iathadh dluth ort mu 'n cuairt.

IV.

Do dheoir tha 'm buideal Iehobhaih
Ri d' osna bhroin tha chaomh chluas,
Ri glaodh nam bochd tha e teo-chridh'ch,
Thig gu'n còmhnuidh na 'thruas

[TD 195]

A chum am furtachd s am fòirinn
An dion bho fhoireigin chruaidh,
Gu'n togail suas ann na 'throcair
S dha fein bidh 'ghloir na 'lan bhuaidh.

V.

An Ti ghradhaich naimhdean a ghloire
Le fhuil a dhortadh na thruas
Thug gradh na'n airc do mhic shrothail
A' teachd le poig thuc gun ghruaim,
Nach saor e chéile s a h-oigridh
A ghaol dhi'n còmhnuidh do-ghluais
E dluth ri ciocan gun fhogradh
San oidhch' is reota ghaoth tuath.

VI.

Sibh dha mar Rut a chaomh og-bhean
A dh'fhàg tir Mhoaib s a sluagh
A rainig achaidhean Bhoais
A dhiolum lòin measg nan sguab;
Gu achadh coigreach nach b'eol dhi
S cha deach i ròineag air ruraig

B'e fein fear fuasglaidh a còrach
Ghabh am bann posd' i gu luath.

VII.

Ged bu spùillte Naomi
Bha Dia s a thròcair dhi buan
Ghràdhraig Rut a Dia mòr-sa
Cha b' shàibhreas feolmhor bha ùaip;

[TD 196]

Oir 's ann fo sgail chuir i 'dòchas
Mar nochd beul Bhoais dhi duais
Ach ghràdhraig Orpah saill Mhoaib
Tre'n d' phill i 'g òradh gun bhuaidh.

VIII.

Mar sin tha ghnàth 'mhuianntir fheolmhor
Tha'n duil an stòr 'bhi do-ghluais
Tha na'n saill s na 'n sult geocach
A' dianamh bosd us mor uaill;
Ach druididh 'n t-saill sin mu'n dorn-chur
Theid gaoth na 'mor-bhroinn le fuaim
Tre'm brist an salachar s an neoghan
Na 'bhréin an sronaibh an t-sluaigh.

IX.

Ged is druidt iad na'n seomairibh,
An daigneach mor dhoibh mu'n cuairt,
Theid Ebal thuca gu seolta,
Fior theachdair beo Righ nan sluagh,
A chlaidheamh sinn te fo chòta
Gu lot Righ Mhoaib trom bhuaile
Seididh 'n trompaid s thig mor-shluagh
Na'm feachd gu gloirmhor 'tho'irt buaidh.

X.

Bithidh cuimhn ann san lò sin
Nach fuilingte Moab no threubh
A theachd a riaghlaigh no sheoladh
An tigh no'n orduighean Dhé

[TD 197]

Ged bha 'm fearg s an cuid mor-chuis
An uabhar bosdail ro threun,
Nach robh an spionnad gu còmhstrix
Sa chath an coir bhi d'a réir.

XI.

Ach thig an t-ordugh mu'n teampull
Chur leis an t-sraing an deadh sheol
An t-slat thomhais neo-mheallta
An laimh dheadh ainglean gun ghò;

Gach dorus, cuirt agus altair
Le reachd gun mheang chur air doigh
Gach salchar uaipe ghrad adhlac
Bha 'togail campair do'n t-slogh.

XII.

Theid e suas na 'ghloir aillidh,
Bidh neart an lamhan an t-sloigh
S ged robh Tobia 'n càrraid
Ri Sanballat le'm prois,
Cha bhac iad clachairean àraid,
Dhuisg eud nan gras cho fior bheo
Aon lamh a' cumail gath sàighteach
S lamh eil' an sàs ann san òrd.

XIII.

Is iomadh Esra us Haggai
Us Serubabel bhios beo,
Agus Ieshua bharr orr,
S Nehemiah lan treoir,

[TD 198]

A dhùsgadh chiomach o'n traillieachd
Na'm feachd ro thàbhachdach mor
Bidh sluagh an fhearrainn thar aireamh
An comhbhoinn s an gradh riu le deoin.

XIV.

Bidh gart-ghlanaidh an là sin
Air coimeasg graineil o'n t-slogh
An leth-bhriod neo-ghan a tharmaich
An aghaidh àithn an Dé mhoir
Bha eadar Iudhaich s cloinn Amoin,
Mhoaib s Ashdoid (droch phòr),
Nach labhradh Eabhradh mar chànan
No'n teangadh mhath'rail mar b' chòir.

XV.

Air an aobhar seo fagar
Dhiubh iomadh fàlaid gun dlò
Cinn gun ghruaig na'n sgaill bhana,
Cha'n ann mar Nasraich fo bhòid;
Bidh 'n gnuis ro mhugach s neul bàis orr'
Fo mhasladh naire s trom bhrön,
Cha ghabh na h-Iudhaich compairt riu
S cha tig Mic Ashdoid na'n còir.

XVI.

Nis is ainm dhi Loammi
A chionn gun d' fhàg i 'fear posd,
Gu 'n lean i coigreach na 'aite
Do 'n d' thug i gradh airson soigh,

[TD 199]

An geall air arain s dibh laidir
Air òllain thlà agus cloimh,
Bha 'n t-àm ann duibhse uaip tarsuinn
S gun bhi copairteach dheth doigh.

XVII.

Is tu rinn do ghliocas 'nuair dh' eisd thu
R' a ghuth a dh' eibh riut na 'ghaol,
A cuid neoghlan a threigsinn
S dol na 'dhéigh air a ghlaodh,
Teachd a mach chum an t-sleibh' air
An do naisg e 'n fheasda gu saor;
A chuirm seo-bhlasda ro-éibhinn
Lan smior ro réidh us fion aosd.

XVIII.

Is e sin an sliabh air an sgaoilear
Am brat far aoduinn gach sluaigh
S a chum an cruinn'chear an saoghal
Air cuireadh ghaoil dhoibh o shuas;
A thaobh s gun d' ullaich e iobairt
Gun d' ghairm e aoidhean na 'thruas
Bidh sibhs' a' roinn dhoibh an cuibhrionn
Mar stiubhairt dhileas an Uain.

XIX.

Is e sin a chuirm 's am bi millseachd
Air fleadh an Righ thug dhuibh buaidh,
Nuair chì sibh ghloir na 'lan aobhachd
Le gean us faoilt air a ghruaidh;

[TD 200]

A dheadh-ghean graidh do gach aon dhibh
A bhratach ghaoil duibh mu 'r cuairt,
Cha bhi amhghair 'nur cuimhne
Nach sluig tolinntinn le buaidh.

XX.

N sin their e:-"ithibh a chairdean
"Us olaibh 'gnà luchd mo ghaoil
"Na cuiribh 'n teagamh gu bràch mi
"Thug dhuibh na m' ghràdh fuil mo chraoidh,
"Mar dheoch do 'r n-an'mannaibh pàiteach
"Na 'cuan do lanachd nach traoigh;
"Mo chorpa mar bhiadh gus bhur n-àrach
"Le 'm bi sibh sasuicht a chaoidh.

XXI.

"Do m' fhion a mhiosg mi gu 'r slainte
"Chur gean us gradh ann bhur cridh
"O gabhaibh s m' fhialachd cho lan duibh

“Bhur n-aiteas ard biodh r’ a linn
“Bhur n-uile chiocras biodh sasuicht
“Le miann fo m’ sgàil ‘bhi gach tìm
“Mo thoradh milis do ’r càileachd
“S do ’r blas nach sasuich ach mi.

XXII.

“Cha ’n iognadh e ged robh ’n trà sin
“Bhur spicnard ’lathair bhur n-AON
“A’ sgaoileadh cùbhraidheachd fhailidh
“Tre spéis do lathareachd mo ghaoil

[TD 201]

“A dh’ aom mo chluas o m’ chaomh airnibh
“Ri ’r miann o ghradh nuair a ghlaodh
“Sibh ’g iarraidh poig o bheul gràsmhor
“Mo ghealladh ghnàth dhuibh tha saor!

XXIII.

“Nach eil bhur gaol dhomh ga ’r fasgadh
“A nis s ga ’r fagail gu claoideht
“Cur feum air airnibh mo ghraidih dhuibh
“Ged bha sibh ghnàth teachd ga m’ chaoideh
“Gu cumail suas ann a’ m’ lathair
“Bhur laigse naduir ta claon
“S nach comas dhuibh dheth mo lathareachd
“A ghiulain ’n tràths ach roinn fhaoin.

XXIV.

“Is cian na linntibh s na laithibh,
“B’ e miann bhur n-àirnibh do m’ thaobh
“Gu ’m bithinn foillsicht ’nur nadur
“Mar neach d’ ur brathairibh araon,
“A dheothail ciochan bhur mathar
“S a nis o ’n thainig mi m’ ghaol
“O! pogam sibhse le failte
“An glacaibh gràidh le lan fhaoilt!

XXV.

“Phog uile bhuadhan an Ard-Righ
“A chéil gu sasuicht d’ ur taobhs
“Ann a’ m’ fhuil-sa gu ’r tearnadh
“Bho chumhachd s traillieachd na daors;

[TD 202]

“Bha pog mo bhilibh lan fhailteach
“Na m’ ghealladh gràis dhuibh nach claon
“S biodh pog bhur creidimh-s gun fhàillinn,
“Is math mo ghradh dhuibh co saor.

XXVI.

“Nuair tha na braonaibh-s o’ n àirde

“A nis g’ ur fagail co brùit
“S nach cum bhur n-aghaidh-s’ an tràth seo
“Ach beag ri failte dheth m’ ghnùis,
“O! cia mor bhos mo lànachd
“Nuair theid na sgailean air chul,
“Theid sibh suas gu bhur Pàras
“An comhdhail Ard Righ nan Dul!”

XXVII.

Nuair bhos bhur n-anmhuinneachd bhasmhor
Gu leir air fhagail ‘san ùir
S a ghairmear suas sibh gu Pàras
Le aoibhneas s gairdeachas ùr
A’ faicinn Criodha mar thà E
Na ’ghloir ro dhealraich fo chrùin
Sibh fein ris cosmhul ‘nur nàdur
Gun bhrat no sgail air bhur gnùis:

XXVIII.

Sa sin nuair chi sibh Clann Hagair
A dh’ fhan na ‘n traillibh fo dhaors
Tilgte mach o gach fàbhur
Bho oighreachd ghrasmhor nan naomh:

[TD 203]

Bidh ‘n Scriobtur coimhliont an là sin
Mar labhair Sarah d’ an taobh
Nach biodh oighreachd no pairt ac’
Le cloinn nan gràs na ‘n còir shaor.

XXIX.

An sin chi sibh iochd us mor fhàbhur
An Ti thug gradh dhuibh an tùs
A spann o ‘n chich sibh s o ‘n tràilleachd
San d’ lean mic Hagair gu dùr;
Cha dian iad sgeig oirbh mar b’ àbhaist
Nuair chì iad dealradh bhur gnuis
Iad fein fo mhasladh ga ‘m fasgadh
Fodh bhinn a bhais tre ‘n droch iùl.

XXX.

Cha ‘n aithreach dhuibh-se ‘san là sin
Ged shil le cràdh sibh ‘san fheòil
A’ fulang masl’ air a sgàth-san
Thug suas co ard sibh fadheoidh,
An comhnuidh ainglean am Pàras
A’ seinn gu brath air a ghloir
Gun sgios gu siorruidh na ‘làthair
A cuan a lànachd ag òl.

[TD 204-209]

AM FIREAN.

[Beurla]

[TD 210]

[Beurla]

AM FIREAM
NO
CLIU ALASDAIR MHICLEOID, UNG-NA-CILLE.

ROIMH-RADH, ANN AN CROIS-DHAN.

A dhuine bheir eisdeachd!
L e fior spéis do mo chomhradh,
A ig a phuingibh le geur-bheachd
S eas s dean feum dheth gu stolda;
D ean a chreidsinn cha bhreug e
A ch fior sgeul gun ghne sgleo ann
I s tagair beannachd Mhic Dhe air
R i linn a leughadh gu d' chomhnadh!

[TD 211]

M eas cho goirid s a dh' fhaodas
A n geur aog do ghlan sguabdh
C hum na siorruidheachd nach caochail
L anachd saorsa no truaillidheachd:
E isd ri cuireadh a ghaoil dhuit
O innidh chaomh an Ard-Bhuachaill
I s gabh a lamh tha riut sinte,
D ean greim nach sgaoil air do shuaimhneas.

I.

BIDH cuimhn' us iomradh gun diobradh
Air na fireanaibh còire,
S bidh mi'n tràth-sa r'a innseadh
Mu chliu a h-aon diubh na m' oran;
San roimh-radhd mar a sgriobh mi
Ainm dhuibh sios ann an ordugh,
O'n tuig na cairdean s na dilsean
Cò 'n t-aon ro chaomh is brìgh sgeoil dhomh.

II.

A Ung-na-Cille gu'n thriall uainn
Chum na sìorrachd do shòlas;
An reult bha soilleir san Diadhachd
Us glan na 'fhanuis mar lochran,
O ghrian na Fireantachd fhior-ghlain
A fhuair a thiodhlacan oirdhearc,
Gach gras dh'fhàg ciùrrte ga 'iarguin
Na h-iomadh ciad d'a luchd eolais.

[TD 212]

III.

Oir chaill iad aodhair s oid-àraich
Le curam àraidh bha faireil
A thaobh a threud oir b'fhiòr ghnàth dha
Bhi 'g gabhail sàr-bheachd s deagh aithn' orr';
A mheud s bhiodh trom le deagh àl diubh
Bu mhòr a bhaigh dhaibh na 'anam
S o 'innigh throcair bu ghrain leis
An iomain laidir le h-an-iocdh.

IV.

Cha bu chóthar gun anam
Ach puingean fallain lan tàbhachd
A bhiodh na d' theagasc oir dh'fhairich
Thu'm buaidh air t' anam o'n airde;
Mar mhil us bainne fodh d' theangaidh
Tre ghras le'n sealladh do chach iad;
Bu bheag do spéis do bheul-aithris
S do reachd nan seanair dheas-ghnàthach.

V.

Bha do bhuadhannan naduir
Leis gach talanta luachmhor,
A bhuilich Dia ort o'n airde,
A rinn le 'ghras an athnuadhachadh,
Air an cleachdadadh do ghnàth leat
Fodh fheartaibh ghrais chuir e nuas ort,
Ag gabhail beachd air a statuibh
S a reachd gach là fad do chuairte.

[TD 213]

VI.

Cha bu notachan teagmhach
No seoltachd s cleasachdaibh cealgach
A bhiodh tu cleachdadadh mar theagasc
An àm bhi 'g oideachadh anama;
Ach firinn dhaingnicht us sheasmhach
Le cainnt an Sgriobtura ga dearbhadh
Oir cha b' fhein crioch t' aobhar spreigidh
Air sluagh ach teicheadh gu'n tearamunn.

VII.

Bu mhòr t' eagal-s gu'n iobradh
Tu bheag do shith na deadh choguis,
Do dh'fhein ghloir a tha millteach
No cheannach siocaint luchd brosgail;
Bu bheag do speis d'a bhi sliabadh
Luchd brionail mhìn nam beul sodail
Air chor s ged dhuisgeadh tu mì-run
Gu'm b'fhearr leat innseadh mu'n grodachd.

VIII.

Tha siol na nathrach lan mì-ruin

Do uile shiol us shliochd Adhaimh;
Tha siol na mnatha co cinnteach
An naimhdeas inntinn do cail-se;
Ach tollaidh iàd-san os ional
Mar thug an Triath dhoibh mar fhagail
Us siol na mnatha theid gu direach
Gu'n clraiginn mhillteach le danachd

[TD 214]

IX.

Bha do threibhdhireas dileas
Na chusbair mi-ruin do'n t-Satan,
Dha cho-oibrichean lionmhor
San d' rinn e'n t-siolumhuinn sin àrach;
S a dh' aindeoin innleachd us liontaibh
Chleachd e riamh riut san fhasach,
Uaith theasraig Ughdair na Sith thu
An Laimh 'n do libhriig am Bàs thu.

X.

Mar bu lionmhoire cleasachd
Na nathrach sgreitidh fodh lar riut,
Se sin nuair 's mo bhiodh do threise
Ga d' dhion am feasd o 'gath basmhor;
Mar bu dluith' bhiodh i streap riut
Gur ann bu deise do shaile
Gu saltairt sios os do sheasamh
A cinn san eabar s 'n d' shnag i.

XI.

Thug thu dùlan an Criosc di
Le neart a chiosnaich fodh d' shail i,
Ann an seasmhachd s an disleachd
An aghaidh a h-innleachdan graineil;
A dh'fheuch le seoltaichean mìn' riut
S le diachainn theinntich neo-ghnathaicht
Ach thug thu buaidh chum na criche
Tre ghras an Tì sin thu ghradhaich.

[TD 215]

XII.

Tre' n d' fhuair thu eolas air liontaibh
Us innleachd dhiamhain a namhaid,
Is mise a dh'fhairich gu'm b'fhior siud
O chorru us bliadhna-ni chraidi mi
Leis mar mheall mo mhi-chiall mi
An uair nach d' shliochd mi do d' ràdh-sa,
Tha nis na fhirinn choiloint domh
Dh'fag goimh us pian ann a' m' àirnibh.

XIII.

Tha fein mhealltairean daonnan,

Mar bha Clann daoin ann san Eiphit,
A' coimeas oibre nan draoidhean
Us oibre Mhaoise ri cheile;
Bha cuid mar sin ri do linn-sa
Fodh obair innleachdach bhreige
Ach chuir thu sios an neo-shuim iad
Gu'n d' shluig do phuing iad le eifeachd.

XIV.

Ged is mor mo chuis dhitidh
Airson m' easaonta do d' bhriathraibh
Tre bhrionnal treun na fior dhiomhanas
Air dhomh 'bhi baoth thug na lion mi;
Ged nach leithsgeul r'a innse e
Gidheadh is firinn gun fhiaradh
Gu'n chàradh mise gu direach
Mar mhealladh Dileas le Briathrach,

[TD 216]

XV.

Is ceart do rinn do bheul innseadh
Na d' earail chaomh dhomh le reasan
Gu'm bu ribe ro mhillteach
Dhomh dol an luib an luchd treigsinn,
Nach do thuig mi'n run intinn
A bha san innleachd a ghleus iad
S tha nis a thoradh 'to'airt cinnt domh,
Gu'm b' olc a dh' inntric o'n bhreug e.

XVI.

Ach O! nach faodadh saor-ghras domh
Na ioma lànachd bhi fialaidh,
Ged nach b' ionnan s mar tharladh
Domh s do Samuel diadhaidh,
An uair a dh' ung e Righ Saul
A' cur a làmh air an ciad uair,
Nach do ghéill d'a chuid ardaid
To'airt urraim dha na mhi-riughadh.

XVII.

Chuir m' easaonta fodh chràdh thu,
Ni tharruing plaigh air na ceudan,
S a chuir fodh dhoilgheas mor aireamh
Do m' fhior chairdean,—ni léir mi;
Cha dian m' fhiachan a phaigheadh
Ged bhuanach m' amhgar fodh dheuchainn
Ach Ios', fear aisig nan rathaidean
A theachd a chàireadh a bheuma.

[TD 217]

XVIII.

Chaidh mo mhealladh gu laidir

Le m' mhic, dhiubh 'phairt a bha feineil,
Dh' iarr iad gloir d'an cùis naire
Tre spiorad ardan mhi-chéillidh;
Dh'fhiar iad breitheanas àraidh
Mar mhacaibh Sham'eil 'm Beerseba,
Tre' m b' eigin domh-sa le tair orr'
An comunn graineil a threigsinn.

XIX.

Thug mì fainear mar rinn Samuel
Nuair dhuisg an gradh s am fior eud e,
Oir ged 's e fein a dh' ung Saul
Nach b' aobhar naire dha threigsinn;
Nuair thug e'n iobairt ana-dana
Bha'n aghaidh àithn us reachd Dhé dha
Bho'n dh' fhàgadh beo leis Righ Agag
S a chuid a b' fhearr dheth na treudaibh.

XX.

Ged do phill e o'n àr ud
Le iolaich s gairdeachas eibhinn
S e'n duil gu'n choimhlion e'n àithne
Gun urrad s pairt di bhi 'n déigh laimh,
Cur suas clach-chuimneachain àraidh
Air buaidh tre làthaireachd Dhé leis
Bha'n sluagh gu h-iomlan ach Samuel
A' seirm co-ghair ris le chéile.

[TD 218]

XXI.

Is ann bha Samuel s gaoir ann
Na chluasan naomha ri eisdeachd
Na fuaim bh' aig méighlich chaorach,
Aig cruidh a chaomh-shrath bha geumnaich,
An tràth dhuisg a Spiorad fodh fhaobhur
To'airt breith neo-chlaoin air an eucoir
Fodh mheinn tigh Shauil shior lüghdaich,
Tigh Dhaibhidh sior fhàs ni 's treunmhòr.

XXII.

Is ni nach sgarach le moran
Tha nis 'nar lò ann san t-saoghal
Obair fheartmhòr 'n Aoin ghloirmhoir
Fodh innleachd sheolta na draothachd;
Ach tre t-oibre s tre throcair
Gu 'm faodadh moran an aonta
A chur le aidmheil am beoil rithe,—
Seo meur Iehobhaih na 'saorsa.

XXIII.

Bu bheag do choltas na d' dhoighibh
Ri cruth nan locuist san deataich
Ged bha crùin mar an t-òr orr'

Bha 'n iorbaill dòbheairteach sgaiteach;
Is ann bhiodh do chridhe gu 'leonadh
Le meud an gloire r' am faicinn
O 'n dream fhein mheallta gu bronach
Bha trid an seoltachd ga 'n casgairt.

[TD 219]

XXIV.

Cha d' rinn thu uaill ann am faisneachd
No 'n gibhtean arda ri 'n cleachdad,
Mar rinn uabhatt Bhalaaim
Ged rinn an t-Ard Righ tighinn trasd air,
An uair a bhuin e tre 'n ardan
Cho beag a bhaigh ris an asail,
Us gu 'm b' aoibhar a mhain dhi
A suil ni b' fhearr a bhi faicinn.

XXV.

S a' dol troimh choilltichibh diomhair
Cha b' e do rian a bhi marcach,
Mar bha Absalom fiadhaich
Gu 'n d' rug an fhiadh chraobh air fhalt air;
Ach mar Ionatan gradhach
A' streap le lamhan s le chasan
Nuair thug e buaidh air an namhuid
Dol suas gu blar eadar chas chreag.

XXVI.

S cha b' ann neo-chinnteach mi-steidheil
A ruith thu 'n réis fad do chuairt,
Ach chum thu direach do cheumaibh
Ri comhnard réidh na lan duais,
Mar iolair mhor air dha sgéithibh
An gaoith nan speuran ga 'n gluasd
Airson crùin gloire ro ghle-ghlain
San Oighreachd neamhuidh neo-thruaillt.

[TD 220]

XXVII.

Cha b' ann a' gleachd ris na speuraibh
A bha do gheur lann ga bhualadh
Ach ris gach gaoid us mì-bheusaibh
Bha fàs air freumh na fior thruaill'chd;
Do bhuillibh trom leis gu beumnach
Air corp na fein bha leat suarach
Ag cumail smachd air gu treubhach
Gu crioch do réis thug lan bhuaidh air.

XXVIII.

Bha firinn fhiorghlan an Sgriobtuir
Mar thaic do leasraidh a ghnath dhut
Crios na fireantachd sheasmhaich

Mar lùths us treise do t' àirnibh;
Do pheacadh fhiata bha streap riut
Le fiamh us geilt a chuir cradh ort,
Gu 'n chuir thu dhiot leis gach lethtrom
Nuair thriall thu 'teicheadh gu d' shlainte.

XXIX.

Le fior suilbhreachd inntinn
Thug thu aoidheachd gun ghearan,
Bha thu iochdmhor do 'n mhuianntir
A bhiodh ga 'n claoidh leis an ainneart;
Bha fior fhialachd gun chuingeachd
A' d' innigh chiùin ris gach ainnis
O ghlaine s anfhainneachd cuinnseis,
Le cridhe simplidh gun aindeoin

[TD 221]

XXX.

Cha b' ann le srein no le sparraig
A shaoithrich t' anam san fhion lios,
O ghabh thu 'd' laimh an crann araidh
Na d' dheigh cha d' shealladh gu fiar leat;
Bho chaidh a chuing ort a cheangail
Cha b' i chuir eallach no pian ort,
Ach peacadh searbh a bhith mhallaicht
Us cuilbheart mheallaid an diabhoil.

XXXI.

Ged nach b' ann o na chrannaig
A sheirm thu caithream na saorsa,
Thoilich Criosc a ghras tairis
A chur a bheannach' do shaoithreach,
Mar stiubhart dileas do 'n anam
Air gras eugsamhuil na maoireachd,
S 'n aghaidh treun obair mheallaidh
Gu sluagh a tharruing o dhaorsa.

XXXII.

Oir bha ungadh ro ghlan ort
Le spiorad fallain na naomhachd
Air a thaomadh gun ghainn' ort
O lanachd mhairionn t-fhir-saoiridh;
S bu bhinn a chliu uat ri aithris
Do 'n dream fhuair aithn' air a ghaol doibh
Ri d' bheul bha trompaid buaidh-chaithream
Thug Criosc trid fhala san t-saoghal.

[TD 222]

XXXIII.

Bha thu eudmhòr us fearail
An aghaidh ceannairc chlann daoine;
Mar leomhann treun bha thu barraicht

A' diteadh mhearrachd s gach baothachd,
Mar an t-Uan bha thu aithnicht
An seimheachd carthannas s naomhachd,
An simplidheachd s cuineis an leanabh
Bu tearc do shamhuil r' am faotuinn.

XXXIV.

Chuir gradh saoraiddh ort falluing
A ghlan gach galair us gaoid uat,
Bu lòn àraich do t' anam
Am mana faluicht bha saor dhut;
Gun mheas toirmisgt bhi mar riut
Nach deachaидh d' spannadhbh o d' ghaol air
Le diadhachd fior ghlan neo-shalach
S nach d' fhuras smal ort o'n t-saoghal.

XXXV.

Is iomadh fianuis air deadh-ghean
Thug Dia na dheiligeadh grais dut,;
Is e thug na throcair dhut céile
Mar t' asna cleibh a luidhe blàth riut,
A bha na beannachd na d' ré dhut,
Bu mhòr a speis ann na gradh dhut
S a lean do 'n uir ás do dheigh thu,
Co-ghiulan deuchainn ri t' amhghair.

[TD 223]

XXXVI.

Bha i na comhnadh do d' réir dhut
Sna h-uile ceum mar a dh' orduich
An Ti a cheangail ri chéile
Sibh a reir na daimh phosda;
Bha rian us seol a fior chéille
Na thaic do d' chre fhad s bu bheo thu,
S bha 'h-urnuigh mhin'ge 'n àm t' éiginn,
Dol suas chum Dhe gus do chomhnadh.

XXXVII.

Cha d' sgar am Bàs sibh o chéile
Ach seal ro ghle bheag san fhasach;
Tha nis ur comunn lan eibhinn
Cha sgar an t-eug sibh gu bràcha;
Ged nach ionann an daimh sin
Sna h-uile ceum mar a bha sibh,
Tha naomhachd iomlan neo-threigte
S gach pairt gu leir os cionn naduir.

XXXVIII.

Ach 's mor an t-ionndrainn le cach thu
Do chomunn blàth a tho' airt uapa,
Oir bha sailleadh saor-ghrais air
Do chomhradh araidh bha buadhar,
To' airt cneis us cluas do na phairt diubh

A bhiodh ga 'n cradh le geur bhuiribh
S do sholus diamhair mu 'n t-Slanaighear
To' airt sgeula tearnaidh gu 'm fuasgladh.

[TD 224]

XXXIX.

Cha robh cail eigin marbha
Cur bolladh searbh dheth t' ol-ungaидh;
Bha do chleachdadadh to' airt dearbhaidh
Gu 'm b' aon thu 'shealbhaich gras iompaich;
Dh' fhàg siud eifeachd na d' labhradh
Nach robh s gach searmoin o'n chubaid
Gu dusgadh pheacach bha calma
S gu fois do dh' anma bha bruite.

XL.

Is mor a chomain chuir gras orr
Airson gach là dhiot a fhuair iad,
S diolaidh aingidh gu brach air
Airson an tair ort tre chruas cridh;
Ach na cuspairean gràidh sin
A fhuair gu slainteil dhiot buannachd
Bidh seinn nan iolach le ard ghuth
Air cliu saor-ghrais uat a chual iad.

XLI.

N uair chì do naimhdean thu chual thu
S a chuir gu suarach do ghlaodh riu
Air deas lamh britheimh na buadhaibh
A' teachd a nuas na ghloir naomha;
Bidh suilean critheach lan fuathais
Aig amharc nuadh chruth na d' aodainn
Gur geur an sgrean ann na 'n cluasaibh
T' ainm ri buan sgrios gach aoin diubh.

[TD 225]

XLII.

Le sgal na trompaid a' s fuaimnich
Leis an luaisgear an saoghal
Le 'n duisg an cuirp ás na h-uaighibh
Le gradh s geur uamharr na 'n aogaist;
S na beannta leaghta mu 'n cuairt diubh
Nach nochd dhoibh truas riu ged ghlaodh iad
A chum an saoradh o'n uamhas
Tha nis an gruaim na gnuis naomh riu.

XLIII.

Dol ás cha 'n fhaod iad o uamharr
S an lasair suas air gach taobh dhiubh,
An coguis chiontach ga 'm bualadh
Le lotaibh cruaidh fodh gheur fhaobhur;
Gur truagh an crioch dol air fuadach

Le sgrios bhith-bhuan do 'n t-slochd aognuidh,
Gun duil gu siorruidh ri fuasgladh
Us fearg an Uain orr' air sgaoileadh.

XLIV.

An uair bhios claidheamh a cheartais
Na theine caitheach gun bhaigh dhoibh,
An talamh a' losgadh fo 'n casaibh,
Gach duil na 'n lasair gu h-ard riu
Us fuirneis ifrinn gu 'n casgairt
A' sgaoileadh farsuing a gàilich
Gu 'n slugadh sios oir is creach iad
Do 'n t-slochd gun aigeal gun smaladh.

[TD 226]

XLV.

Ach bith do shuil-sa cha għluais i
Dheth 'n damanadh buan a chum leir sgrios
Bithidh siud a' meudachadh truaigh dhoibh
Airson an cruais riu 'n uair dh' éigh thu,
Le gairm na saors ann do thruas riu
S nach d' aom an cluas le fior ghéill di
Ach t' haleluia-s' theid suas le
Smuid dheataich thruaigh an geur phein-san.

XLVI.

Ach na h-anman fhuair buannachd
Dheth d' theagasc luachmhor san t-saoghal
A għabb ri d' theisteas mu 'n Uan doibh
Thug gradh bith-bhuan doibh nach caochail,
Theid iad na 'chomhdhail le luaghair
Le gean gun għruaim ach lan faoilteachd
A għabħail suilbhearr an suaimhneas
S gach aon dhiubh 'n snuadh a għlan aogais.

XLVII.

Bha do chomunn ro bħuadh'or
San fhasach fħuaraidh seo fein doibh
Oir is ioma beannachd a fħuair iad
Ri linn do chuaир doibh bha feumail:
Bhiodh t' anam naomha fo smuairein
An uair bhiodh iad cuartaicht le deuchainn
S tu 'tagħradh grais an Aird Bhuachaill
Bha għnàt ga 'm fuasgladh an eġġinn.

[TD 227]

XLVIII.

Aig na coinnimhean ceisde
Bu bhinn an teisteas do sheanachas
Bhiodh cluasan sluaigh riut na 'n seasamh
Aig eisdeachd deas-chainnt do labhraidi;
Do chlaidheamh geur air do leasraidi

Mar shaighdeas fo chuid armachd
A' dion saor-ghradhaicht gu ro eagnaith
O run neo-sheasmhach a chealgair.

XLIX.

Bu ghaisgeach treun a bha deas thu
Gu dion a chreidimh bha slainteal,
O bheachdan saobhail nach freagradh
Ri cliu an Scriobtair o'n aird air;
Le fanaoid naomh dheanta sgeig leat
Air fàidhean s cluicheannan Bhaail,
Chuir gradh na diongmhaltachd teicheadh
Fad uat air eagail na traill'achd.

L.

Bha do phuingeannan co fallain,
Co geur gu fanachd a chealgair
Le dol a stigh mar gheur lannaibh
Gu eadar sgairidh an anama;
Bhiodh obair grais co fior aithnicht,
Co eadar-dhealuicht o anabas
Us faobhar geur ort gu glanadh
Gach gaoid s to'airt aithn air ath-ghineamhuin.

[TD 228]

LI.

Aig na coinnimhean urnuigh
Far 'm bu druiteach do chomhradh
Is mor tha d' theisteas r'a ionndrainn
Leis a mhuinntir do 'm b' eol thu;
N uair bhiodh tu tagradh le durachd
Tre Criosd do dhlù chuspair dochais
Bhiodh frasan blath do mhaoth dhriuchdan
Do 'n chuid bhiodh bruite fo leontaibh.

LII.

Is ann an deatach na tuise
Bha t' earbs á t' urnuigh bhi freumhach,
O 'n iobairt slainte rinn cubhr' i
Do 'n chuile bhruite s lan eifeachd;
Bhiodh a toradh to'airt ùraich
Do 'n mhuinntir chiùrrta bha reubta
S i dol gu Criosda troimh 'n dumhlas
Gu to'airt ol ungaidh gu 'n creuchdaibh.

LIII.

Cha b' ann tre shealladh do shul air
Bha t' imeachd dlu ris an comhnuidh;
B' e d' Dhia fad uat e us dlu dhut
B' e sholus gnuise do lochran;
Ged bhiodh tu 'n dorchadas dumhail
Bhiodh 'fhocal ciuin dhut to'airt sòlais
Us troimh na neultaibh bu duldaidh

O phairtibh cuil thigeadh gloir ort,

[TD 229]

LIV.

Bha thu iochdmhor s ro bhaigheil
Ro thairis tlà ris na truaghain
A bhiodh na 'n deoraidhibh lan failing
Fo ioma càs us tonn luasgadh,
Le doinionn uamhais a namhaid
Na 'n tuiltean bais dol mu 'n cuairt diubh,
Ach troimh 'n Euroclidon ghabhaidh
Bhiodh gealladh slaint leat ga 'n cluasaibh.

LV.

Cha d' ghabh thu Tighearnas riaghlaidh
Air oighreachd Dhia air an talamh,
S a choguis anfhann cha d' iarr thu
Dho chumadh rian ri t' fhein bharail;
Bha fior eagal na Diadhachd
A ghnàth ga d' leanadh le faire
S le gras fein-àicheadh cur rian ort
Le stoladh s ciall na fior ghlainne.

LVI.

Bha lamh smachdachaидh 'n Triath ort
Ga d' chumail iosal mar leanabh:
A bhi sna h-achaibh a' dioghlum
Is e ghabh thu riamh mar dheadh-mhanadh;
Bha do chùraichean diamhair
San oighreachd shiorruidh dhut daingean
Cha d' ghabh thu oilbheum do 'n Diadhachd
S fo h-uallach sios thu cha d' fhannaich.

[TD 230]

LVII.

Ach Dia na dheiligeadh beannuicht
Mar chunn'cas math leis na d' fhabhair
Is e thionndaidh fiabhrus do ghalair
Gu foirfeachd mhairionn do shlainte;
A rinn do ghairm o gach aimbeart
Tre Chriosd a stailig am bas dut
O bhi na uamhas gu caithream
Air sgiath nan aingle gu Pàras.

LVIII.

Is e rinn do dhorch'as a philleadh
Gu sollus millse ro dhealrach
A thionndaidh tiormachadh t' innigh
Gu bhi na 'linnidh nach traigh dhut;
A thionndaidh t' anfhuinneachd mhinic
Gu neart us spionnadh nach failing
Gach geimhlibh, cuibhreach us tinneas

Gu saors us imeachd gu samhchair.

LIX.

Is e thionndaidh bron gu toil-inntinn
Is e thionndaidh oidhche gu là dhut
Us na deoir a shil thu gu saoibhir
Gu bhi na 'n aoibhneas gu brach dhut;
Gach lot a fhuair thu na aobhar
Gu bhi na 'n daoimein a' dearrsadh
Na d' chrun ro ghlormhor ceann éididh
Mar fhiùrain speiseil na 'lathair.

[TD 231]

LX.

Air dhut áth Iordan a ghabhail
Gu tir a gheallaidh sna h-ardaibh,
Far sruth am fion dut s am bainne
Le misleach meala nach failing;
Do thobar siorruidh 'cur thairis,
Neo-chriochnach fallain na 'lanachd
Le òl cha sgiosaichear t' anam
S do mhiann a' gabhail lan shàsachd.

LXI.

Bha gach trioblaid thu chuitaich
Na 'n aobhar uaill fad do ré dhut;
Cha b' ionnann s sionnaich nam bruachaibh
An uair ghlaict na 'n cluaintearachd fein iad;
Cha b' gheur-leanmuin an ruagadh
Cha b' aobhar uaill doibh an deuchainn,
Fo thathunn ghaothar na 'n luas-ruith,
Air son nan uan bhi g' an reubadh.

LXII.

Bha inntinn Chriosd dhut mar armachd
Bha cumail t' anam' air dheadh-ghleusadh
Bha clogad slaint ort mar cheana-bheairt
Fo 'n do dhearbh thu bhi treunmhor;
A' gleachd ri naimhdibh bha dalma
Tre 'n nimh bha sealg ort le 'n geur-ghath
Ach bha do sgiath dhut co earbsach
S nach d' bhrist an cealg tro t' uchd-éididh.

[TD 232]

LXIII.

Riamh air mhiathlachd cha d' fhalbh thu
Gu bainne salachaидh na muinntir
A bha fo thorr'cheas gu falmh'chadh
Le ruintibh chealg s a' breth puinnsein,
Bha 'togail ghalairean seargach
Do dh' iomadh leanaban bha simplidh,
S a dh' fheumadh burgaidean searbha,

Ma 'n glainte salachair o'n inntinn.

LXIV.

Mar bha do laithean dol thairis
Bha t' fhàs an aithne na diadhachd,
Bha piseach lathail air t' anam
Mar mheanglan daingean san fhionan;
Bha t' fhas an eolas s an glaine
Na bhuaidh air t' fhaireachadh diamhair,
Gun d' chrom thu sios mar gheug fhallain
Fo t' ubhlan mealach lan biataidh.

LXV.

Mar bha thu dluthadh ri d' dhachaigh
Bha miad do dhearcan fàs lionmhor:
Thu mar chraobh fhàilneach lan abuich
Gu trom leo bagaidean ciatach;
Cha 'n fhaoide t' fhagail ni b' fhaide
S tu fein am fadachd fo chiocras
Gu dol air imrich do 'n aitreibh,
Tigh taimh us taisg neo-lamh-dhianta.

[TD 233]

LXVI.

Ach 's ann bha t' amhghair-sa 'g èirigh
O ghradh us eud na fior dhisleachd
Do aobhar Ughdaир na réite
Ghlan gaoid us eacal do chridh dhut,
A chum a spiorad gu treun ort
A dh' aom ris fein thu na d' inntinn,
Rinn fear co' pairt dhiot dheth dheuchainn,
Dh' fhag uallach eutrom fo chuing dhut.

LXVII.

Cha b'e do chrioch bhi ri faisneachd
Sna speuraibh ard air-son feinghloir,
Gun do shuil bhi ri lar dhut
A' sealltuinn aite do d' cheumaibh;
Bha siud na fhianuis air fabhar
Us deadh-ghean grasmhor Mhic Dhe dhut
Gu 'n t' slighe thoirmisgt bu ghrain leat
An umhlachd ghraidih dha ghrad threigsinn.

LXVIII.

Chaidh crioch air bron us mi ghèan dut,
Chaidh crioch air faireachduinn craiteach
Chaidh crioch air doilgheas s gach gearan
Chaidh crioch air gal us geur amhghair;
Chaidh crioch air truaigh theachd a d' charamh
Chaidh crioch air meallaidhean Shatain
S chaidh crioch air ionndrainn fo ainnis,
Lan chriochnuich carraig s cruidh-chasaibh.

LXIX.

Thoisich aoibhneas gun diobradh
Thoisich siocaint us sòlas
Thoisich lanachd nach criochnuich
Na beatha shiorruidh mar lòn dut;
Thoisich sonas co lionta
Nach teid air diochuin no fogradh
S gach agh us beannachd ion-mhiannaicht,
Lan mhealltuin Dhia ann an gloir leat.

LXX.

Cha chuir thu feum air an Scriobtuir
Tha nis a sheisd dut lan dearbhta,
Cha 'n fheum thu dochas no creideamh
Tha 'n cuspair seasmhach lan shealbhaicht;
Cha 'n fheum thu urnuigh tre easbhuidh
S tu lan gun teircead, do-fhalmhuicht
No ordugh seulaidh na h-eaglais
Tha seul am feasd ort nach falbh dhiot.

LXXI.

Is ann thionndaidh t' urnuigh gu moladh
Air cliu s air onoir an Ard-Righ
A ghraidh an Criosc a rinn coilont
Us liont le sonas nach traigh thu;
A chur naomh ghleus ort nach fannuich
A' seinn an teanga nam bardaibh
Gu h-ard air fairge mar gh lainidh,
S gach teud lan theannuicht a' d' chlarsaich.

LXXII.

A ghloir nach b' urrainn thu ghiulan,
Tre laigse shul air an talamh,
Is tric thug cridhe maoth bruit dut
Na 'braoinibh cùbhraidh air t' anam;
Tha nise lanachd a h-ionntlais
Ga 'mhealtuinn dlù leat tre shealladh,
Gun fheum air sgaile no gnis-bhrat
Air t' aghaidh ungte gu falach.

LXXIII.

Tu nise mealtuinn do shuaimhneis
Sa chuan am feasd nach dean traoghadh,
San oighreachd fhiorghlan neo-thruaillidh
Do shonas buan nach dean caochladh;
Os cionn gach amhghair us buairidh
A dh' iath mu 'n cuairt ort san t-saoghal
A' seinn lan aoibhneis gu fuaimneach
Air gloir an Uain thug a ghaol dut.

LXXIV.

Ach tha sinne n' ar truaghan
Am fàsach fuaraidh nan deur seo,
Us Dia gu 'n taisbean e thruas duinn,
Gu 'r cumail suas anns gach deuchainn,
A tha sior iathadh mu 'n cuairt oirnn
O'r naimhdean cruaidh tha g' ar teumadh;
O! thigeadh grasan a nuas oirnn
Trid fola 'n Uain le mò eifeachd.

[TD 236-242]

CLIU AN OLLAIMH DHOMHNULLAICH.

[Beurla]

[TD 243]

<eng>On the back of one of the stanzas he marks</gai>

"AIR FONN:-
Air faillirin fhillirin
Uillirin othoro laoidh
Caoidh an cruaidh fhortan gun fhius domh
Chuir mise fodh chuing do ghaoil."

ROIMHRADH DO CHLIU AN OLLAIMH DHOMHNULLAICH
ANN AN CROIS DHAN.

C è deacair ro dhuilich
L eam fein fàth mo thuiridh r 'a luaidh,
I s mo mhòr aobhar mhulaid
U r sgeul seo 'mhor Urramaich shuairc!
A n t-aodhair eudmhor bha ullamh
N a 'dhreuchd gu bhi buinnig an t-sluaigh
O leir sgrios us o chunnart
L e eug e bhi 'n tulach na h-uaigh;
L eam cha 'n ioghnadh an Tòiseachd
A shealbhaich roinn mhor dheth do chuairt,
M u do bhas a bhi bronach
H- uchd cràiteach bhi leointe san uairs',
D o bhrigh cho lion deoiridh,
H aic innte gun sòlas fo ghruaim,
O 'n chaill i do chomhradh
M u 'n ghras sin thug beo iad o 'n suain:
H o shluagh tha gun eagal,
N ach d' iompaich fo theagasc le rian,
U r n-uamhas (mur teich sibh
L e ball-chrith) tha greasach o Dhia;

[TD 244]

L om sgriob gu neo-theagmhach
U s leir sgrios le geilt-chrith s mor phian,

C ha chuis fhamaid ach sgreat sibh
H o! bhur n-anama gu 'n teasairceadh Dia!

CUIMHNEACHAN
NO
CLIU AN OLLAIMH DHOMHNULLAICH.

EARRANN I.-AN DUINE.

I.

Dò réir briathran a' Bhiobaill,
Bidh deadh chumhn' air an fhìrean a ghnàth
Us le dearmad cha 'n fhaodar,
Gu 'n searg an cliù naomha gu làr;
S do réir sin mu 'n aon seo,
Bhios air ainmeachadh leamsa na m' dhàn,
Is fad bhios 'iomradh gun di-chumhn'
Feadh gach aimsir aig iochd'rainibh gràis.

II.

An t-urramach iùlmhor
Bhi na 'shineadh 'san ùir s e fo 'n bhòrd,
An t-Ollamh Dòmhnullach cliùteach,
A bha dileas mar stiùbhard gun ghò;
Air an t-saoibhreas gun choomhnadh,
A chuir Dia leat a dh' ionnsuidh nan slògh,
Is iomadh ceud tha fo thùirse,
O 'n là thriall thu s a dhùin ort am fòd.

[TD 245]

III.

Is trom an osnadh ga d' ionndrainn,
Is frasach, silteach an sùilean le deòir;
A' caoidh s ag acain gu drùidh teach,
As do dhéigh fo mhòr chùram s fo leòin;
Goimh na 'n àirnibh ga 'n ciùrradh,
O 'n là dh' fhalbh thu gun dùil riut ni 's mò;
Gus an séidear an trompaid,
Bheir na mairbh ás an ùir gu teachd beò.

IV.

Iad ag iondrainn na chual iad
Fo do theagascáibh buadhach bha beò,
Shaor an anama o chruaidh-chas,
Iomadh uair bha ga 'n tuairgneadh gu mòr;
Bha do sgeul mu 'n àrd-Bhuachaill,
Dhoibh mar ghaoith a bha fuadach nan neoil,
S grian na fireantachd uasail,
To 'airt dhoibh aoibhneis le luathghair s binn cheòl.

V.

Is iomadh aon bha 'n cruaidh chàs dheth,

Aig an leòmhann ga 'm fàsgadh mar uain,
Rinn thu 'shaoradh o 'mhàgaibh,—
An creuchdan gu slàn dheanamh suas;
O mhath-ghamhnaibh ga 'n tèarnadh
O 'n reubadh le dàmhair gun truas;
S an ioghnadh 'n dream sin an trà seo,
Bhi ga d' chaoidh; rinn thu 'm fàgail s iad truagh?

[TD 246]

VI.

Thuilleadh Sgìre na Toiseachd,
Is iomadh sgìr' tha fo bhròn ga do chaoidh,
O do bheul leis 'm bu chòisir,
A bhi 'g éisdeachd do sgeòil a bha binn;
Air gràsaibh Iehobhaih,
Do anamaibh bha leòint agus tinn,
To'airt geall-daingnich air tròcair,
Dhoibh an seilbh ann an dòchas le cinnt.

VII.

Is mòr am briseadh s a bhèarna
Ann ar n-Eaglais le bàs do tho'airt uainn,
Bu taic thu na d' là dhuinn,
Ann an iomadaidh càs nach gabh luaidh;
Ann san ni seo gu h-àraidh,
Mar aodhair s oid'-àraich an t-sluaigh,
A bha ocrach us pàiteach,
Do 'n do fhritheil thu màna o shuas.

VIII.

Is mòr an iarguin 's gach cearna,
An cualas riamh gu beò-bhlàth uait àrd-ghlaodh,
Guth na trompaid o'n airde,
Chuir crith-ghluasad air cnàmhaibh bha sgaoilt,
Tioram, cruaidh 'sa ghleann fhàsaicht,
Us le anail na fàisneachd gu saor,—
Thug thu beò dhiubh mòr àireamh,
Tha na 'n deòraidh an dràsda ga d' chaoidh.

[TD 247]

IX.

Bha thu' d' chobhar gu fuasgladh,
Air anamaibh bha buairte, ga 'n claoidh;
Us luchd-mortaidh mu 'n cuairt doibh,
Ga 'n reubadh na 'n truaghain gun chì;
Is iomadh éire s mòr uallach,
Bha trom air an guaillibh s iad sgìth,
O 'n do shaor thu le buaidh iad,
Chum an aoibhneas le suaimhneas us sìth.

X.

Dh' fhàg siud goimh dhoibh na 'n àirnibh,

Iad gun fhios co ni 'n t-àite dhoibh suas,
Chum an ionaltraidh làitheil,
Ann an innis nan gràs s nan deadh chluan,
Far a minic 'n do tharladh,
Gu 'n robh 'n anam annt sàsaicht s le uaill,
A' deanamh aoibhneis 'san t-slàinte,
Dh' oibrich Criod dhoibh na 'ghràdh tha bithbhuan.

XI.

Tha do threud air am fàgail,
As do dhéigh mar 'm fàsach lòm, fuar;
Gun a' ghrian orr' a' dèarrsadh,
Ach fo neul s gun fhios c' àit iad an gluais;
A dh' fheumas fantuinn rè làithibh,
A' sealltuinn ri Ard-righ nan sluagh
Gus an deònaich a ghràs dhoibh,
Neach na d' àite ni bheàrna dhoibh suas.

[TD 248]

XII.

Ach an Tì rinn a' bheàrna,
Tha na 'chomas a càradh gu luath;
Us ma dheònaich a ghràs e,
Gu 'n cuir t' fhalluinn an lànachd a buadh,
Air an fhear thig na d' àite,
Gu bhi biathadh an àlaich sa' chluain,
Ann san d' fhuair iad deadh àrach,
Fhad s a mheal iad thu 'n làithibh do chuairt.

XIII.

Tha ar peacaidhean làthail-n'
An aghaidh naomh àitheanta Dhia,
A' tarruing gach plàigh' oirnn,
Gach smachd us geur àmhghair us pian;
O! gu 'n tiodhlaic e 'ghràs oirnn,
Chum ar n-ùmlach' na 'làthair le fiamh,
Deanamh bròin fo fhein-àicheadh,
Chum d' a fhìreantacnd àrdaicht bhi strìochdt'!

XIV.

O! gu 'n luathaich e 'n là sin,
Sam bi challaid gu slàn dhuinn mu 'n cuairt
Leis gach briseadh a chàradh,
Ann an diongmholtachd làidir nach gluais
Us nach tuit le feachd nàmhaid,
Ged a dh' iarradh iad fàth air tre fhuath;
Ach gu 'm faigh an treud sàmhchar,
Fo na beannachdaibh gràsmhor 's mòr luach.

[TD 249]

XV.

Thaobh do theisteis thug barr air

Cuid mhòr ann ar là-ne s 'n ar ré,
Làn do bhudadhaibh s do ghràsaibh;
Is beag mo chomas gu 'n àireamh gu léir;
Ged nach fheudar leam àicheadh,
Nach bu mhiann leam dheth pàirt chur an céill,
Ach mo bhriathran ro-fhàill'neach,
Gu 'lan-ionradh gu àirde mo sgéil.

EARRAN II:—A PHEARSA.

XVI.

BHA do chorp gu treun làidir,
Anns gach ball dheth làn tàbhachd us lùths,
Dìreach, iomchuidh 's gach pàirt dheth,
Chum na crìche an d' àraicheadh thu;
Bha do bhudadhanna nàduir
Farsuing, fosgailt a ghnàth anns gach cùis
A bha feumail na d' là dhuit,
Gu to'airt eòlais do chàch mar cheann-iùil.

XVII.

Cha robh smal ort thaobh cumaidh,
No 'n ud sgéimh o do mhullach gu d' shàil;
Gu deas, calma, mar churaidh,
Lan do mheanmnadh s ro-urrant gun sgàth

[TD 250]

Beothail, anamant gu h-uile,
Gu neo-clearbach;—oir b' urrainn mi 'ràdh.—
Gu 'm b' ni ana-minice t' uiread-s'
No d' cho-dhealbh ort a b' urrainn 'tho'airt bàrr

XVIII.

Bha do phearsa s do ghluasad,
Co tlachdmhor, neo-thuairgneach us tlàth,
Chor us gur tearc iad thug fuath dhuit,
Ged bu lionmhoir bha fuaidht riut an gràdh;
Aig na h-ìslibh s na h-uaislibh,
Bha spéis dhuit ged b' uaibhreach dhuibh pàirt,
Nì dh' fhàg t' ionradh ga luaidh ac',
Mar sgeul bròin o 'n là chual iad do bhàs.

XIX.

Aghaidh leòmhainn bha t' eudan,
Nuair a dh' éireadh luchd-eucoir ort ceàrr;
Aghaidh duine thaobh reusoin,
Fearail, tuigseach, làn céill agus bàigh;
Aghaidh laoidh a thaobh sèimheachd,
Ann an simplidheachd s tréibh dhireas gràis;
Aghaidh iolair thaobh nèamhachd,
S t' eòlas diomhair air stéidhibh na slàint,

XX.

Bha do shubhailcean lìonmhòr,
Ann an gliocas, an ciall s an deadh ghleus;
Agus aignidhean rianail,
Glan inntinn bha sìochainteach, réidh,

[TD 251]

Air an cleachdamh gach ial leat,
Ann sna nithibh bha ciatach annt' féin,
Timchioll reachdan na Diadhachd,
Ris 'n do chum thu do bhriathran s do cheum.

XXI.

Is e taitneas s deadh-mhùinteachd,
Bha d' chleachdamh gach taobh air 'n do għluais;
Bha do chonaltradh iùlmhor,
Le cathrannas ûrail gach uair;
Do gach smachd a' to'airt ùmhlachd,
An uair a làmh Righ nan dùl ort a bhual,
S fo gach fulangas giùlaint
Ann am macantas s ciùineachd an Uain.

XXII.

A thaobh t' oilean na d' òige,
Rinn thu thogail an Oil-thigh nan Gall,
Cha d' rinn thu riamh bòsd ás,
Mar na féinealaich phròiseil tha fealls;
Rinn thu feum dheth gu fogħlum,
Mu na nithibh bu' għlōirmhoire stamp:-
Feum nam peacach air tròcair,
S na rinn Dia gu 'n to'airt beò o bhi caillt.

XXIII.

Bha do għibhtean s do thàlant
Chuir an Spiorad o 'n àird' ort a nuas,
Air 'n ath-nuadhachadh gu gràsmhor,
A rinn feumail na d' là thu do 'n t-sluagh:

[TD 252]

Le do chòrdadh tre 'n għaradha sin,
Leis 'n do lìonadh gu blàth thu làn truais,
Ris na h-anamaibh neo-bħàsmhor,
Fo do theagħasg o 'n bhàs fhuair làn bhuaidh.

XXIV.

Bha ionnlad air t' aodann,
T' aghaidh ungti le faoilte gun għruaim;
Lìon spiorad a' ghaoil thu,
Na d' inntinn le caomhalachd truais;
Us bu shoilleir na d' aogas,
An gràdh thug thu do 'n mhaoth chridh' fo bhuaidh;
Is mòr do għlōir an Fhir-shaoraidh,

A dhealraich an aobhachd do shnuaidh.

XXV.

Bha thu truacanta, cuimhneach,
Air bhantraichibh s dilleachaibh fann,
Us air fialaidheachd d' inntinn,
Aig bochdaibh bha cinnt air gach ám;
Do na coigrich to'airt aoidheachd,
Air a' mhuinntir bha tinn le do làimh,
Bhiodh tu fòirinn s to'airt libhrig,
Do na mhuinntir bha 'm priosan gu teann.

XXVI.

Lagh a' chaoimhneis bha d' bhilibh,
Do briathran a' sileadh mar dhrùchd,
Air an fhonn a bha tioram,
O sheargadh 'to'airt cinneis ás ùr;

[TD 253]

Is e do chainnt bha ro-mhilis,
Do anamaibh na 'n innibh ro-chiùrrt',
Us fear an gràidh ac' ga shireadh,
Caoidh a làthaireachd, iad tiomeach s fo thùirs.

XXVII.

Ri anamaibh nan deoirimdh,
Bha thu iochdmhor, làn teò-chridheachd cridh,
An uair bha 'n truailleachd ga 'n leònadh,
Ag iarruidh gu beò os an cinn;
Bha thu d' bheannachd gu 'n còmhnad,
S gu 'n aiseig gu sòlas a rìs,
Trid na geallanaibh mòra,
Air 'n d' thug gras dhoibh làn chòir ann an Criod.

XXVIII.

Bha duinealias fuaidht riut,
Anns gach ceum dheth do għluasad s gach àm;
Bha géir' air do bhuadhaibh,
Bha ullamh tho'airt buaidh air luchd-feall;
Le faobhar gun tuaireap,
S nach feudadh luchd-fuath ort thigh'nn teann;
No na toibheumaich shuarach,
Le an anabas us truailleadh an teang.

XXIX.

Bhiodh do naimhdean fo mhùiseig,
Fo do smachd oir bha t' ùghdarris treun;
Is mòr a chìteadh na d' ghnùis dheth,
Ann an sealladh do shùl a bha geur;

[TD 254]

Dheanadh 'n coguis dhuit lùbadh,

Ged bha 'm mèinn co droch-mhùinteath gu géill,
Rachadh an ana-cainnt do 'n chùl-tigh
Gun chead labhraidh no brùchdaidh tre 'm beul.

XXX.

Anns gach comunn bu ghairbhe,
Gu 'n do tharruing do ghairm thu na d' ré
Bu làn ghaisgeach fo t' airm thu,
Gu cur casg air gach seirbhe fo stéill;
Bha t' fhocal co cuimseach,
Gu 'm buailteadh gu bailbhe gach beul,
Bheireadh ionnsuidh le coirbteachd,
Gu do chiùrradh le 'n ana-gloir gun chéill.

XXXI.

Cha robh aon a dh' iarr fàth ort
Le fanoid, le tàire, no bùirt,
Do na h-aingidh le 'm b' ghràin thu
Na ghabh air do dhànanachd na 'ghnuis,
Tigh'nn a chonnspoid da d' làthair,
Gu do ribeadh le fal-chainnt s mi-rùn,
Do nach d' rinn thu ball-àbhachd,
Teicheadh uaite le nàir us beul dùint.

XXXII.

Cha bu leòmhann an leisg ort,
Gu do chumail o dhleasdanas ceum;
Ealamh, èasguidh gu teagasg,
Do anamaibh a sheas ann na fheum:

[TD 255]

Bha thu 'gnath gu ro-dheasaicht',
Anns gach cùis mar a fhreagradh do d' dhreuchd,
Chuireadh dhiot leat gach leth-trom,
S am peacadh iadht' bha cur geilt ort 'san réis.

XXXIII.

B' e anama a thèarnadh,
An cùram ri t' àirnibh bha dlùth:
Aig gach àm 'san do thàir thu,
Ghabh thu 'n cothrom 's gach àit; oir b' e d' rùn
Saor shoisgeul na slàinte
Chur an céill ann an gràdh do gach dùil;
Ann an ùmhachd do 'n àithn' sin,
A thug Criosa tre ghràs do chinn-iùil.

XXXIV.

Bu laoch thu bha duineil,
Mar leòmhann gun ghioraig gun fhiamh;
Nach géilleadh s nach pilleadh,
Roimh naimhdhibh bha fineachail, fiat';
Bu diomhain gach inneal,
A dh' fheuch am fear-millidh riut riamh,

Chur mu d' thimchioll gu d' spionnad
A dheanamh anfhann mar mhinisteir Chriosd.

XXXV.

An uair dh' fheuch lagh na Stàide,
Gu cuing ort a chàramh nach b' fhiach,
Mar ghabh muinntir gun ghràs rith',
Chaidh na 'n tràillibh ag àicheadh cuing Chriosd;

[TD 256]

Is ann rinn thusa le d' bhràithribh,
Mar rinn Daibhidh s b' e dha-san 'n deadh ghnìomh
Thilg an lùireach gu làr dheth,
Bha 'n cuibhreach dha 'n àit bhi 'n a dòn.

EARRANN III.—A THEAGASG.

XXXVI.

Dò sholus bha fìor-ghlan,
Mu aon Bhith Naomh na fìor ghlòir,
Mu a Phearsaibh s mu 'n riaghladh,
Bu shoilleir o bhriathraibh do bheòil;
Do anamannaibh siorruidh,
A ghràdhaich e 'n Criosa co mòr,
Ghabh e 'n nàdur bha ìosal,
Chum na 'n àit a tho'airt diolaidh 'san fheòil.

XXXVII.

Bha do thàlaintean fiachail,
A chum gràs air deadh rian anns gach dòigh,
To'air bàrr air na ciadaibh,
A shaothraich san fhion-lios na d' lò;
Deanamh soilleir gu 'n d' fhiachadh
Do t' anam an diomhaireachd mhòr,
A dhaingnich do shiochaint,
Le dian-bheachd s lan-chinnteachd air còir.

[TD 257]

XXXVIII.

Dh' fhàg siud thu ro phriseil,
Mar theachdaire dìleas air gràdh,
Us gràs an Fhir shaoraidh
Do anamaibh nam mìltean do chàch,
Na d' theagasg o 'n Bhìobull,
Le Spiorad na firinn o 'n àird',
Do 'n aingidh to'airt saorsa,
Tre fhublangas Criosa na 'bhas.

XXXIX.

Bha do chomasan farsuing,
A ghabhail glan-bheachd anns gach pàirt

Air compairt gach pearsa
Do 'n diadhachd o eachdraidh na slàint',
A' saoradh nam peacach,
O 'n dìteadh dh' fhàg glaist iad an sàs;
An daors' fo bhinn ceartais,
S nach feud fuasglaidh air ais iad ach gràs

XL.

Air gliocas neo-chrìochnach,
An Athar, tha diomhair r' a luaidh,
Cur a Mhic an staid ìosail,
Air a ghineamhuinn o mhnaoi ach neo-thruaillt;
Leis an Spiorad ro-naomha,
Ann an nàdur na daonachd a nuas,
Fo 'n lagh bhrist air ar taobh-ne,
Gus a' mhallachd na 'ìobradh tho'airt uainn.

[TD 258]

XLI.

Gaol an Athar tha sìorruidh,
Air a nochdadhd na 'mhìorbhull ro mhòr,
A' dealbh a Mhic air mhodh dhìomhair,
Leis an Spiorad ro-fhìor-ghlan 'san òigh;
Thaobh a dhaonachd b' e 'siol-s' e,
Ach bha ghineamhuinn o Dhia na h-àrd ghlòir';
Gineil Dhaibhidh s a fhriamh e,
Dara pearsa na Diadhachd gun ghò.

XLII.

Ged bu diomhair air daoinibh,
S air na h-ainglibh ro-naomha tha shuas,
An dà nàdur bhi 'n aonachd,
Ann am pearsa ro fhìreant an Uain;
Eadar-dhealaicht gun chaochladh,
Ann an diadhachd s an daonachd bhith-bhuan,
Bu shoilleir o 'n fhìrinn,
Ann do theagasg ga 'innseadh do 'n t-sluagh.

XLIII.

Bu shoilleir o d' bhial e
Gu 'm bu Dia e le féithibh us feòil;
Us le anam bha riasont',
Ag osnaich ann féin le mòr bhròn;
A bha ocrach us ìotmhor,
Bha sàruicht' le sgios us fo dheòir;
A dh' fhuiling bàs;—'s e an iobairt,
Cuirp us anama,—gu sìth tho'airt d' a shlògh.

[TD 259]

XLIV.

Is tu dh' fhàgadh soilleir gur Dia e,
Leis an sgriobtuir na 'mhìorbhulibh mòr',

Cur na fairge gu siothchaint,
Gaoth dhoinnionnach dhian ga 'cur stòld';
Ann an tilgeadh nan diabhull
A mach le naomh-bhriathraibh a bheòil;
S ann na aiseirigh sgiamhaich,
Air a' bhàs to'airt buaidh shìorruidh le glòir.

XLV.

S mu' obair thri dhreuchdan,
Bu shoilleir o bhriathraibh do bheòil;
Mar fhàidh to'airt sgeula
Do an'maibh,-toil Dhé an to'airt beò;
Us mar Shagart 'to'airt diolaidh,
Do cheartas na 'ìobairt 'san fheòil,
Chum an réite s an siothchaint,
Ri Dia'dheanamh sìorruidh fa dheòidh.

XLVI.

Mar Fhàidh ga 'n saoradh,
O 'n aineolas baoghalt us bàth,
O 'n dorchadas millteach,
S o dhoill'-inntinn le firinn a ghràis,
Us le 'Spiorad gu dileas,
A' nochdadadh dhoibh innleachd na slàint;
A' to'airt eòlais le cinnt' doibh,
Air peacadh us mì-run an nàmh.

[TD 260]

XLVII.

Rùn diomhair an fhocail,
Le 'Spiorad ga 'fhosgadh dhoibh suas,
An solus an t-soisgeil,
Gu 'n anamanna chosnadhl le buaidh;
A' fosgladh na tuigse,
Gu eòlas a ghliocais d' a shluagh,
Na 'thròcair to'airt fios doibh,
Air teò-chridheachd iochdmhor a thruais.

XLVIII.

E mar shagart ga 'n tèarnadh,
O chiont us gath bhàis rinn an teum,
Us o 'n fheirg a bha tàmh orr',
E ga 'n aiseag gu fàbhar us réit';
Tre 'fhireantachd shlàinteil,
A mheas doibh gu làn air grunnd stéidh'cht'
Tre chreidimh na 'ghràdh doibh,
Nach diobair gu bràth iad s nach tréig.

XLIX.

Ghabh am mallachd na 'n àit air,
S a chorruich na 'làn air a dhòirt;
Fhuil-fhallas sa' ghàradh,
A' taomadh gu làn tre gach pòir;

Us b' e 'n t-ioghnadh mar thàrladh,
Gu 'n caidleadh a chàirdean fo chlò,
D' am buineadh an àmghair,
Thaobh nàduir nam fàgtadh iad fòidhp'.

[TD 261]

L.

Is geall daingnich tha fìor i,
Bha dhoibh-san air siothchaint us slàint,
Trid E-san bhi 'm paintaibh
A ghabh an gaol sìorruidh na 'n àit;
D' a bheannachdaibh tiodhlaict,
Gu 'm b' iàdsan am fìor luchd-comh-pàirt,
Chum 'an treibh dhireas fìor-ghlan,
An ùmhlachd do Dhia tho'airt le gràdh.

LI.

Bu shoilleir s bu chòmhnard,
O theagasc do bheòil e bhi ghnàth
Air deas-laimh na mòrachd,
A' tagradh an còrach gach là,
Us an t-Athair ro-ghlòrmhor,
Air caithir na tràcair to'airt dha,
Nam beannachdan òirdheirc,
Tho'airt neirt agus treòir dhoibh gach là.

LII.

Bu taitneach do chluinntinn,
Mu 'oifig mar Righ anns gach pàirt,
To'airt bruid ann am braighd'neas,
Us diabhuil ga 'n stampadh fo 'shàil,
Ceangal Shàtain fo 'n stamhnadh,
Ga 'spùineadh d' a ann-toil le spàirn;
Creach dhligheach le ainneart,
Ga 'm fuasgladh 'bh' air bhann aig' fo 'smàig.

[TD 262]

LIII.

A' fuasgladh nan geomhlan
Bhàrr chìomach bha teann aig an sàs,
Fo dhaors an staid chaillte,
Fo ghlasaibh s fo chuibhreachaibh bàis;
To'airt anaman bha aingidh,
Làn ceannairc' fo cheannsachadh dha,
Gu 'n strìochdadadh o 'n naimhdeas,
Gu ùmhlachd gun fhoill le fìor ghràdh.

LIV.

Bu leis féin an còir fuasglaidh;
Bha 'n anama ro-luachmhor na 'làth'r;
An toil theid a bhuain leis,
An là a chumhachd gu buadhach le 'ghràs;

Us e togail na fuair-dhealt,
Eigh-reodhaidh a' chruais dhiubh le 'ghràdh;
Cur casg le trom bhualadh,
Air naimhdibh 'thug fuath dhoibh us dha.

LV.

Ga 'n éideadh fo 'n armaibh,
Mar shaighdearaibh calma nach faon,
Fo 'n trusganaibh dearbhta,
Nach teirig s nach searg dhiubh le aois,
E féin mar cheann armait,
Le 'bhrataich, an tearmann nach clanon,
Ga 'n dion 's gach cath gailbheach,
Ged lotar nach marbhar dhiubh aon.

[TD 263]

LVI.

E to'airt costuis us lòin doibh,
Gu cogadh gu beo air a thaobh,
Lagh us reachdan ga 'n seòladh
Ga 'n riaghlaadh le òrduighibh naomh';
Ga 'n dion o luchd-foirneirt,
Ga 'n cobhar le dòchas faraon
To'airt dhoibh thiodhlacan òirdheirc,
Bheir dhoibh aoibhneas us sòlas mar mhaoin.

EARANN IV.—A THEACHDAIREACHD.

LVII.

Mu obair an Spioraid,
Is tu labhradh gu sgileil us réidh,
Bu shoilleir na d'imeachd,
Gu 'n deach' i troimh t' innibh gu treun;
Thug e fianuis gu minic,
Gu 'm b' fhìrinn a dh' innis do bheul,
M' a thimchioll,—a' sileadh,
To'airt a làthaireachd mhilis do d' bheul.

LVIII.

An Spioraid a għluais
Air na h-uisgeachaibh buan, an ceud là,
A chuir mais' agus snuadh,
Air a' chruitheachd le buaidh us le h-àdh,

[TD 264]

Chuir 'anail a nuas,
Air beò-chreutairibh chuantan us bħlär,
Nan speur a ta shuas;
S a chuir anam neo-thruaillidh an Adh'mh.

LIX.

Mar Spiorad na fìrinn,
Dheachd briathran a' Bhìobaill o n' àird,
A dhealbh s a ghin Iosa,
Am broinn Mhuire le mìorbhUIL a ghràidh,
A dh 'ung nàdur a dhaonachd,
Gu oifig thrài-fillte le 'ghràs,
Chur an gniomh air son saorsa,
Do anamaibh o dhaors air a sgàth.

LX.

Mar Spiorad an dùsgaidh,
Tha 'reubh s a' rùsgadh brat sgàil',
Bh' air cridheachaibh dùinte,
Bha marbh ann an dùsal a' bhàis,
Ag oibreachadh dùrachd,
Na 'n anamaibh le càram mu 'n slàint',
Ag osnaich fo thùirse,
S an coguis ga 'n sgiùrsadh gun bhàigh.

LXI.

Tha 'to'airt aithne do thruaghain,
Air cionta us truaighe le chéil',
A' to'airt eolais mu 'n Uan doibh,
A thàinig a dh' fhuasgladh a threud,

[TD 265]

Air 'fhìreantachd uasail,
Na 'h-iomlanachd bhuadhaich gu léir,
Tha sìor thabhairt shuaimhneis,
Do 'n pheacach a's truaigh' tha fo 'n ghréin.

LXII.

Mar Spiorad an t-soluis,
Tha 'foillseach' gaoil broillaich an Triath,
G' a nochdadadh,-'tho'airt cothrom,
Gu aomadh na toile chum Chriosd,
D' an obair s d' an onoir,
Bhi co-chur na fola dhòirt Ios',
Ris a' choguis,-gu folach,
Gach peacaidh chum sonais us dòn.

LXIII.

Mar Spiorad an aonaidh,
Ri Dia ann an Criosda gu bràth,
An co-cheangal na saorsa,
Le banntaibh nach sgaoil leis a' bhàs,
An co-chomunn a' ghaoil sin,
Nach fuaraich s nach lughdaich le gràin,
An co-chumadh na naomhachd,
An gràs s ann am fìrinn a' fàs.

LXIV.

Mar Spiorad nam buadhan,

Ta nochdadadh gach truailleachd us gaoid,
Ta ginntinn naomh fhuath dhoibh,
Na 'n anamannaibh luachmhòr maraon,

[TD 266]

Ta g' ìsleachadh uamhair,
Us àrdain s féin-uaill ann sna naoimh,
S a neartaicheas suas iad,
Gu taic dhoibh o bhuaireadh s droch dhaoin'.

LXV.

Mar Spiorad na dìlseachd,
An treibhdhireis fhìor tha gun gho,
Ta cumail gu direach
Ri sgriobtuir na fìrinн 'san ròd,
Nach aontaich le daoinibh,
No deamhnaibh gu claoadh o 'n choir,
S nach àicheidh cuing Chriosda,
Le tàire gu 'miann tho'airt do 'n fheòil.

LXVI.

Spiorad fair' agus ùrnuigh,
Us furachrais dhùrachdaich dhian,
Tha 'cur freiceadain dùbailt,
Air na h-anamaibh tha dùinte ri Criod,
Cur an cridhe fo chùram,
S eagal tiamhaidh na' dhùisg' annt' roimh Dhia,
A thig o 'n àird dhoibh 'tho'airt ùraich,
Eagal cadail fo dhùsal s fàs cròn.

LXVII.

Spiorad Dhé us na glòir' e,
Tha' gabhail gnath chòmhnuidh na 'n crìdh;
Dh'uchd-mhacaich an tòs iad,
Mar chomhfhurtair mòr dhoibh to'airt sìth',

[TD 267]

A' nochdadadh dhoibh òirdheirceis,
Us saoibhreis an eòlais tha 'n Criod,
An geall nach bu mhòr leo,
Na chaill iad;-'s e 'n gloir bhi d' a dhìth.

LXVIII.

Mar Spiorad an t-suaimhneis,
A labhras na 'thruas sa' chuairt-ghaoith,
Ri anamannaibh buaire,
Le doinninn an uamhais ga 'n claoadh,
Bheir foistinn o shuas dhoibh,
O Ard-righ nan sluagh a' to'airt cinnt'
Air a' cho-cheangal bhuan sin,
Gu bràth bhi do-ghluaiste d' an taoibh.

LXIX.

Ged bhiodh an geur àmhghar
Ro theinnteach, neo-ghnàthaicht r' a luaidh,
Ni'n Comhfhurtair gràidh seo,
An cumail an sàs ris an Uan,
Their: is leoир mo ghràs duibh,
Mo chùmhnant iom-làn chumail suas,
Bhur n-anam nach fàilnich,
S treun spionnadh mo ghàirdein mu 'r cuairt.

LXX.

Mar Spiorad a' ghràidh sin,
Tha 'g aonadh s a' tàthadh r' a chéil',
Nam ball ri 'n Ceann àrdaicht',
Ga 'n gabhail mar phàilliunn dha féin,

[TD 268]

S an coinnleir d' a lànachd,
A' taomadh a ghnàth réir am feum'
Na 'lòchran tha deàrrsach,
Tho'airt soluis do 'n àros gu léir.

LXXI.

Mar an Spiorad ro chaomha,
A ghlanas gach gaoid us droch cail,
Ni an nàdur a chaochladh,
Gu maise na naomhachd a 's àill,
Ni 'n taobh stigh ac' a thaomadh,
A ghlanadh gu 'n gnìomh bhi ni 's fèarr,
Ni taitneach araon iad,
Na 'n seirbhis s na 'n inntinn a ghnàth.

LXXII.

Is e ghin iad o'n àirde,
Tha a' dortadh a mhàن ann na 'n crìdh,
An dòchas nach nàraich,
Tha cinnteach nach fàilnich an tìm,
To'airt fàth-uaill dhoibh na 'n àmhghar,
Na 'n trioblaidibh sàruicht us claoidht,
S o chorp peacaidh us bàis ann,
Am miann bhi gu slàn aig làn shaors'.

LXXIII.

Tha 'g an còmhnhadh gu làitheil,
Na 'n anmhuiinneachd ghnàthaicht fo sgios,
Le osnaich do-ràitinn,
A' tagradh do ghnàth air sgàth Chriosd;

[TD 269]

O theachdairibh shàtain,
S na sgUILB tha ga 'n cràdh gu ro dhian,
A' to'airt foillseachaidh àrd dhoibh,

An cainnt ni nach dàna leo inns'

LXXIV.

A' to'airt foillseachaidh mòr dhoibh
Na 'n inntinn air òirdheirceas caomh,
Ard Phàrais na mòrachd,
Dh' ionnsuidh 'n gairmear fa dheòidh dhiubh gach aon,
A ni 'n anama-san lonrach,
An uair dheal'chas an n-deò riu le aog,
S bheir aiseirigh bheò air
An corpaibh le gloir tha ro naomh.

LXXV.

An Spiorad thug càil
Do na h-anamaibh a ghràdhaich e féin,
Nach riaraich s nach sàsaich,
Ach Criod us a lànachd air nèamh;
A' meas mar ni 's fèarr dhoibh,
Bhi triall ás am pàilliunnaibh cré,
Gu 'fhaicinn-s' mar tha e,
S a mhealtuinn gun sgàil air an léirs.

LXXVI.

Ga 'n deanamh féin-àicheil,
Us strìochdta d' a àithnteanainbh féin,
Gus nach toigh leis am fàgail
Ni 's fhaid' ann am fàsach nan deur,

[TD 270]

Na 'm fianuisibh dha-san,
Gu seirbhis d' a chàs mar an ceun',
Chum glòir a shaor ghràis-san,
Us comhfhurtachd àraich a threud.

LXXVII.

An Spiorad, gu saoibhir
A dhoirt là na Caingis gu treun,
A labhair le teangaibh,
A thuilleadh air Eabhra s air Ghréig;
Thug seo mar gheall-daingnich
Nach pill e s nach fanntaich a cheum,
Gus an cluinn cluasan mallda,
A bheò-bhriathran 's gach cainnt tha fo 'n ghréin.

LXXVIII.

A sgaoileas an fhìrinn,
Gu soilleir feadh thìribh an céin,
Bheir uachd'rain us righrean
Gu strìochdadadh do riaghait tigh Dhé,
S nach bi mòr-roinn na rioghachd
Nach aidich na 'n crìdh' s nach to'air géill,
Do laghannaibh Chriosda,
Na 'Eaglais tre bhriathraibh a bhéil.

LXXIX.

Cha bhi Righ no fear-riaghlaidh,
Ag iarruidh an riaghailtean féin
A mheasgadh le 'rian-san,
(S bhi cheana ga 'dhanamh b' e 'm beud!)

[TD 271]

Gheibh na ceannairceich tiodhlac,
Bheir fo smachd iad s gu strìochdadadh gu léir,
Bidh aonachd ion-mhiannaicht
Gaoil Chriosda feadh chrìoch chruinne-ché.

LXXX.

Cha b' e gibhtean ge h-òirdheirc,
Thug thu mar ghrunnd tràcair do chàch,
Dh' easbhuiddh thoraiddh, bu mhò leat
An creidimh, an dòchas s an gràdh,
Tha na 'n gràsaibh sìor bheòthail,
Ann an anamaibh a' còmhnuiddh s a' tàmh;
To'airt dhoibh aoibhneis us sòlais
Ann an Criosda Iehobhah an slàint'.

LXXXI.

An creidimh tha gabhail,
An dòchas tha daingean an greim,
Tha 'g earbsadh gu faireil,
A' feitheamh a' gheallaidh gun fhoill,
An gràdh tha sìor tharruing
A' mhiann sin nach fannaich a chaoidh,
Ag iomchair gach eallaich,
Gu 'n sealbhaich e 'm beannachd gach linn.

[TD 272]

EARRANN V:-A SHAOTHAIR.

LXXXII.

BU ghaisgeach ro chalm' thu,
Nuair bhiodh tu fo t' armachd gu 'n mheang,
Do shaighdean gun dearmad,
Dol beò na 'n geur dhealgaibh gu teann,
Tre inntinnibh marbhant',
Ga 'n dùsgadh le farbas o d' chainnt,
Fo'n chiont thug an fhearg orr',
S fo 'n mhallachd tha leanmhuinn gach feall.

LXXXIII.

Bhiodh na naimhdean air bhall-crith,
S cha b' iognadh fo 'n arm dhuit bu lann,
Claidheamh liomhta, geur, earbsach
An Fhocail bha dearbht ann do làimh,
Le 'dhà fhaobhar gu marbhadh,

Dh'ath-nuadhachadh 'n anma bha caillt',
An lagh nach toir tearmunn,
An soisgeul gu 'n teanacsadh air ball.

LXXXIV.

Is tu a' lomadh s a' spùilleadh
Féin mhealltairean dùrr bhiodh ri uaill,
O'n cuid luideag mhi-chùbhraidh
Am féin-fhìreantachd, (lùthrac gun bhuaidh);

[TD 273]

Cha 'n fhàgadh tu cùl-taic,
Aig aon diubh gun tionndadh gu luath,
S tu tairgseadh beath' an cois t' iumpaidh
Do gach tuigse gun ionndas gun luach.

LXXXV.

An uair a shéideadh an anail
Gu treun ort, bhiodh t' anam cho beò,
Bhiodh buaidh leat s cha b' ainneamh,
Air cluasaibh s air faireachadh slòigh;
Crith-ghluasad 'cur cabhaig
Le luasgadh us grabh ann am feòil,
Tho'airt didinn a' bhail' orr,
S fear dìolaidh na fol' air an tòir.

LXXXVI.

Bhiodh na mairbh air an dùsgadh,
Gheobheadh doill bha gun sùilibh an léirs';
Agus lomnochdaich rùisgte
Deadh thrusgan na h-ùir-mhais 's glan sgèimh;
An neach bha 'n dorchadas dùldaiddh,
Gheobheadh solus an iùil d' a chos-cheum;
Oighean cadail geur dhùsgadh,
S bacaich dannsadh gu sunndach a' leum.

LXXXVII.

Neach bha caillt' bhiodh deadh sgeul air,
Gheobheadh anfhuinneachd tréine us treòir,
Neach bha buairte s na éiginn,
Gheobheadh fuasgladh o dheuchainn s o leòn;

[TD 274]

Gheobheadh ocraich deadh bhiadhtacht,
Agus ìotmhòr casg iotaidh r' a òl;
Ciomaich ghlaiste fo fhiachiabh,
Saorsa naisgt le làn dìoladh us còir.

LXXXVIII.

Bhiodh na cridheacha calma,
Ga 'n sgoltadh na 'n spealgaibh na 'n cliabh,
Bhiodh inntinnean dalma,

Ga 'n tionndadh o ana-gnath gu rian;
Na cuilbheirtich chealgach,
Ga 'n glacadh mar tharbh ann san lòn;
Luchd mi-ruin agus ana-miann,
A' caoidh bhi gun tearmunn o Dhia.

LXXXIX.

Na h-inntinnean talmhaidh,
Bha feòlmhor s thug dearbhadh roimh 'n àm,
Gu 'n do thoill iad an fhearg sin,
Bha nise ga 'n leanmuinn gu teann;
A' caoidh fo 'n cor anama,
A nis an ceud earbs' air a call;
Gun dìdean gun tearmunn
San àm ac' an seilbh o bhi caillt'.

XC.

Na saoghaltaich mheallta,
Bha glonach gu saoibhreas us stòr,
Na 'n éiginn an teanndachd,
An cridhe fo champar gu leòir;

[TD 275]

A' choguis bha stampa,
To'airt fianuis a naimhdeas bhi mòr;
S an cunnart tre 'n aing'eachd,
Grad thuitem an laimh an Dé bheò.

XCI.

Luchd-misg agus geòcaich,
Luchd-neo-ghloin do 'n fheòil thug am miann,
Luchd-bhreug us gach dò-bheirt,
Us féinealaich bhòsgail gun chiall;
Us saobh-chreidich ghòrach,
Bha dorcha gun eòlas ac' riamh,
Ag acan gu brònach,
Mar shaltair iad fodhpa lagh Dhia.

XCII.

Ach O innibh na tràcair!
Bha 'n inntinn Iehobhaih d' an taobh,
Chuir a Spiorad gu d' sheòladh-s',
A lion thu le teò-chridheachd gaoil;
Rinn dhiot teachdaire glòrmhor,
D' an anamaibh,-bha sòlasach, caomh;
Rinn thu 'n gairm o 'n staid bhrònaich,
Dh' ionnsuidh còir tre dheadh dhòchas air Criod.

XCIII.

Mar bha 'n t-ionmhas neo-chriochnach,
Bha 'n tabhartas fialaidh d' a réir;
Cha bhiodh easbhuidh nach riaraicht'
Cia co tartmhòr s cia ciocrach bha 'n treud;

[TD 276]

S tu mar stiùbhard, glic, rianail,
Cur nan geallaidean lionmhor ri 'm feum;
Creidimh gabhail co-lionaидh,
Air na beannachdaibh sìorruidh gu lèir.

XCIV.

Bha éifeachd na d' ùrnuigh,
Tre dheatach na tùis' a' dol suas,
Do chridhe 'n dian dhùrachd,
A' tagradh gu dlùth trid an Uain,
To'airt silidh air sùilibh,
To'airt leaghaidh le srùladh air cruas,
S air inntinnibh brùideil,
To'airt taiseachd gu drùidh teach fo bhuaidh.

XCV.

An àm do naimhdibh bhi strlochdadadh,
Air am bioradh fo phiantaibh gu geur;
Aig do làimh bhiodh sàr iocshlaint,
Chum an lotan a lionadh s an creuchd;
Fuil a' cho-cheangail shiorruidh,
Chaidh a dhòrtadh gu fial chum an rèit',
Leis an Spiorad gu siothchail,
Chuir an inntinn air rian s air dheadh ghleus.

XCVI.

Air droch innleachdaibh Shàtain,
Bu mhòr t' eòlas mar nàmhaid nan uan;
Tha mar leòmhann do-shàruicht,
Ann am miann bhi ga 'n tàirsinn le 'chlauin;

[TD 277]

Dh' fhàg siud cùram ro àraid,
Mu 'n chuile bhrùit' ort a ghnàth chumail suas;
S mu 'n chaol smùid chum nach bàit' i,
Ann an tuiltibh nan àmhgharan cruaidh.

XCVII.

Bu sheanair glic thu na d' aimsir,
Chaidh tre mhòran do dhearbhadh thu féin;
Chunnaic blàthan a' seargadh,
Bha gun toradh us aimrid na 'n gnè;
Geugan iosal nach aithnicht' orr'
Mòran coslais s bha tarbhach na dhéigh;
Dh' fhàg sud faic'leach na d' ghairm thu,
Anfhuinn, dileas, ro earbsach us treun.

XCVIII.

B' athair caomhail do chloinn thu,
Air do lionadh le caoimhneis us gràdh;

Thu ga 'n iomchar 'san ancachd,
Ann sa' ghuth-àit a dh' oidhche s do là;
Leat a b' ionmhuinn s a b' aoibhneach,
Bhi ga 'm faicinn a' cinntinn s a' fàs;
Toradh t' ùrnughean diomhair,
Chuireadh suas leat ri Dia ás am pàirt.

XCIX.

Bha thu 'n truas ris na h-aingidh,
Tearc no lionmhòr bha naimhdeil do d' chliù,
Bha thu giùlan gu mallda,
Leis gach aon dhuit bha 'n gamhlas s mi-rùn;

[TD 278]

Chàrn thu tein' air an ceann-san,
Leis a' mhaith nochd thu 'n geall an droch dhùil,
S cha d' chuir lasan no campar
Bheag do d' shìochaint an call ort d' an toobh.

C.

Is mòr an t-urram chuir gràs ort,
Ann san t-saoghal seo làthair na d' chùrs,
Clann do chloinne bhi fàs ann,
S ag éirigh an àird ri do ghlùn;
Toil-inntinn shìothchail do d' ghràdh ann,
Chunncas siud leat mu 'n d' fhàilnich do shùil;
Is aobhar dochais gu 'm fàs dheth,
Nì nach fac thu na d' là fo bhlàth cùbhr'.

CI.

B' aodhair ath-truasach caomh thu,
Ris na caoraich o raointibh an cluain,
Chaidh le seach'ran air faontrath,
Ann an rib' an droch aoin iad a bhuair,
B' e 'n ath-aiseag o 'n claoadh,
An t-aon ni d' an taobh a bha uait,
Chum an ionaltraidh daonnan,
Ann an innis na naomhachd s na stuaim,

CII.

Cha b' e 'n reubadh s am pronnadh
Bu bheus dhuit ach tairisneachd truais;
Le t' impidh s le t' earail,
An creuchdan a ghlanadh gu nuadh,

[TD 279]

Ann an iocshlaint na fala,
Dheanadh sgiamhach us glan iad na 'n snuadh,
Le deadh rùintibh gu h-aithreach,
Chumadh dlùth iad na 'n caithris o shuain.

CIII.

An uair a chuireadh tu 'n céill doibh,
Cia mar mhill siad iad féin le dol cli,
Is ann bhiodh eangana geur ort,
Gus an dealbht na 'dheigh sin annt Criosc;
Spiorad tilgidh gu léir-sgrios
Cha b' e siud bha na d' chré dhoibh ach sìth,
Spiorad cosnaidh tre dheadh-ghean,
Neach na 'n àit thug an éiric gu crích.

CIV.

Bha thu d' nàmhaid do 'n pheacadh,
Mar theine ro chaitheach us dian;
Agus t' eud na 'ghnath-lasair,
Ag iarruidh cur ás dha gun sgìths;
Us nach fàgadh tu fasgadh
Aig aon bha ga 'chleachdamh na 'ghniomh;
Gus an iompaicht air ais iad,
Gus a fhreumh a ghrad chasgairt an Criosc

CV.

Bha do chàil co beag tlachd dheth,
Mar an ni bha mi-thaitneach le Dia,
Leag a mhallaich mar smachd air,
Air a leanmhuinn le masladh s mòr phian;

[TD 280]

Ged a b' ionmhuinn a Mhac léis,
Leag se 'fhearg air mar shac a bhrùth sios,
S ann an àite nam peacach,
Cha robh feòirling dha maithte gun diol.

CVI.

Bha an ni sin dhuit gràineil,
A tharruing am bàs air Mac Dhia;
Puinnsean nimheil an dràgoين,
Fìor nàmhaid shìl Adhaimh s glòir' Chriosc;
Air an aobhar-s cha b' àill leat
Annad féin no do chàch bhi ga 'dhòn;
Ach a dhìteadh tre 'n ghràs sin,
Thug làn bhuaidh air s a ghnàth-chur gu dìth.

CVII.

Thaobh gu 'n d' aon a ghràs tèarnaidh,
Ris fèin thu na 'ghràdh dhuit an Criosc,
Bha do thruas ri d' cho-bhràithribh,
Obair làmh an Ti 's àird na 'Righ;
S O! b' e 'n anama neo-bhàsmhor,
A thèarnadh, rùn-gràdhaicht do chridh',
B' e do shaothair ann a' d' là siud,
Gu 'n do thriall thu 'n uair thàinig do chrioch.

CVIII.

B' e 'n crann-ceusaidh do rìreadh,

A cheus dhuit an saoghal s an fheòil,
Am bonn teagaisg gu daonnan,
O 'm bu mhiann leat bhi 'g innseadh do sgeòil;

[TD 281]

Glòir an Uain a chaidh iobradh,
Bu shoilleir ga 'inns' o d' chainnt bheòil,
Is feòil a mhàin ghabhadh sgios dhiot,
N àm dhuit iomradh air 'fhireantachd mhòir.

CIX.

Bu ghlòrmhor o d' bhilibh,
Ri éisdeachd le ciomaich bha truagh,
Mu 'n ghaol tha gun choimeas,
Tha chòmhnuidh na 'innibh bith-bhuan,
Do na thàinig e 'shireadh,
S a thèarnadh o mhilleadh le 'thruas;
Fo theisteas an Spioraid,
To'airt leaghaidh le tiomachd air cruas.

CX.

Do mhacaibh nan tàirneanach,
B' aon thu bha làidir làn lùths;
Gu daingnichean Shàtain
A leagadh gu làr leat na 'n smùir;
S am ballachan àrda,
Bha a' cumail a thràillean gu dùr,
An glasaibh a bhàis leis,
Gun solus nan gràs theachd gu 'n sùil.

CXI.

Is tric a thugadh leat beàrna,
Air a chaistealaibh làidir bha doirbh;
A leig thu ghrian deàrsaidh
Tre 'sheomraichibh gràineil le toirm

[TD 282]

Am fear bu treise s e làimh riut,
Ga 'chreachadh dheth 'eàirneis s dheth 'airm,
S an t-anam neo-bhàsmhor,
Ga 'fhuasgladh s ga 'thèarnadh o 'n fheirg.

CXII.

Ann am blàraibh a' chogaidh,
Bu deas thu fo d' chlogad s fo d' sgiath;
Crios do leasraidh s do chaisbheart,
S t' uchd-éididh o lotaibh ga d' dhòn;
Claidheamh liomht' an naoimh fhocail
Ann a' d' làimh gu 'n glan nochd thu gach ial,
Chuir naimhdean na 'n tosd dhuit,
Bh' air an gluasad o 'n t-slochd gu mi-rian.

CXIII.

Measg luchd-togail na h-aitreibh,
Leag thu bunait gu taiceil, do-ghluaist',
Chaidh thu dhùsgadh nan clachan,
Bha na 'n dùnaibh na 'n codal fo 'n luaithr',
Bha do chlachaireachd snasmhor,
Beo-aointe, làn-mhaiseach na 'snuadh;
A' chlach-chinn us snaim glaic' aic',
Air an iomlan 'tho'airt neirt dhoibh s fàth-uaill.

CXIV.

Cha robh togail gun stéidheadh,
No dìdeana bréige gun stà,
Ris nach cuireadh tu séisdeadh
Ga 'n tilgeadh gu treun air an làr;

[TD 283]

Cinn-iùil dhall na h-an-eibhinn,
Is tric a ghlaodh thu na d' eud riu gu h-àrd
A chum daingnich na réite,
Iad a philltinn le 'n treudaibh s le 'n àl.

CXV.

Cha b' eud searbh a bha 'g éirigh,
O fheòlmhoireachd fhéineil gun chonn,
Tre 'n do ghlaodh thu le d' bheul riu,
Ach o 'n spéis do ghlòir Dhé bha na d' chom;
Is e meud a' ghaoil ort chuir éiginn
A luidh dlùth fad do ré ort gu trom;
Gu an an'm tho'airt o léir-sgrios,
Tre bheò-ghràsaibh an Léigh' air deadh bhonn.

CXVI.

Bu tu 'n searmonaich' fosglaidh,
Air lagh us air soisgeul faraon,
Gu anama a mhosgladh,
Fo mhothachadh goirt bhiodh neo-chlaon,
Air a' phuinnsein a lot iad,
Rinn an salachadh co olc leis gach gaoid,
S air-san,–Iobairt an cosnaidh,—
Làn iocshlaint am foistinn s an saors.

CXVII.

Sheirm thu trompaid Shinài
Mar ghuth criothnachaidh thàirneanaich chruaidh,
A chuir luasgadh air àireamh,
Do na h-anamaibh bh' aig Sàtan na 'n suain;

[TD 284]

Bhiodh do shaighdean geur-shàtht' annt',
Iad ga 'n lotadh na 'n àirnibh le buaidh,
Rinn dhiubh feumnaich air slàinte

Nach dean aon ach Imanuel suas.

CXVIII.

Trompaid Shioin gu 'n shéid thu,
Chuir an anail o nèamh gu treun beò,
Thug gu tobar na h-éifeachd
Iad gu 'n glanadh o 'n creuchdaibh s an leòin
Rinn iad sgeadaicht' na 'n éideadh,
Fo 'n cuid armachd gu gleust' air deadh dhòigh;
Fo Ard-cheannard na réite,
An aghaidh naimhdean na 'n déigh bh' orr' an tòir.

CXIX.

Is tu nach fàgadh aon chomas
Aig lethsgeulaibh collaiddh gun rian,
Gu seasamh gu somalt,
Cur dàil dhol an coinneamh an Triath;
Tu cur teine ri 'm bonnaibh,
Do shaighdean ga 'n tolladh na 'n cliabh,
Fearg theinnteach na 'tonnaibh,
S tein' ifrinn na 'n sealladh o shìos.

CXX.

Beath an tairgse do dheis-laimh,
Do na h-anamaibh a chreideadh an Criod;
Do na h-anamaibh nach creideadh,
Bhiodh am bàs s gach mi-leas na d' làimh chli;

[TD 285]

Us cha 'n fhàgadh tu teagmhaich,
Aig stairsnich na 'n seasamh aig sìth;
Ach bhiodh t' impidh ga 'n greasad
Gu an tàarmunn s an teasairginn sior.

CXXI.

Is tric a ghlaodh thu gu dileas,
O ìochdar do chrìdh' riu gu h-àrd,
Mar o Dhia ás uchd Chriosda,
Iad a philltinn gu 'n sìothchaint gun dàil;
Iad gun fhios ciod a dh' fhaodadh,
Uair do 'n ùin' tho'airt gu crich dhoibh nach fàg
Uiread s lethsgeul aig aon diubh,
Chum an dòn o bhinn-dìtidh là-bhràth.

CXXII.

Gur h-iomadh sgal cràiteach,
Tha 'n ifrinn us fàsgadh nan deòir,
Aig muinntir chuir dàil,
Ann an gabhail ri slàinte co mòr,
O 'n diugh gus am màireach,
An dùil nach robh 'm bàs orr' an tòir,
Co dlùth air an sàiltibh,
Gu an sguabadh co trà gu do-bhròn.

CXXIII.

Is iomadh mac a bha stròthail,
Us millteach le feòlmhoireachd thruaillt,
Fo do theagastg fhuair seòladh,
Gu pilltinn, d' a neo-ghloin' 'to'airt fuath,

[TD 286]

Braon an aithreachais bheòthail,
A' sgaoileadh nan deòir air a ghruaidh:
S bu mhòr t' aoibhneas mu 'n chòisir,
Air do 'n dannsadh s do 'n cheòl bhi dol suas.

CXXIV.

Cha bhiodh bròineag no bàrlag
Dhiubh, nach tilgteadh le tair air an cùl,
Cha bhiodh salchar co gràineil,
Nach biodh air ionnlad gun dàil dhiubh s gach grùid,
Trusgan fìor-ghlan na slàinte,
Mar a' chulaidh a b' fhèarr a chur ump';
An cois laoigh bhiata ga 'n àrach,
Bheirt' am fìon sin a b' fheàrr chum a bhùird

CXXV.

Bha do bhriathran co cuimir,
Sgar an searbh o na mhilis gach uair;
Agus cealgairean nimheil,
O na h-anamaibh a ghineadh o shuas,
Agus fuirmealaich thioram,
O an dream a bha 'g imeachd fo bhuaidh,
Saor ghràsan an Spioraid,
Bha ga 'n àrach an innis nan uan.

CXXVI.

Bha do theagastg neo-fheallsa,
Glan, dileas s ro rannsuchail, geur;
Air faireachduinn mhealltaich,
Air mearachdaibh dall bha gun fheum;

[TD 287]

Air barailibh fabhtach,
Bha 'g éirigh 's gach ceann bha gun chéill,
Chum an dìteadh mar aimhleas,
Bh' air an dealbh le àrd-cheannard nam breug.

CXXVII.

Bheirteadh milis á searbh leat,
Agus solus á dorchadas dùr,
Agus glan ás an t-salachar,
Agus mil o 'n fheur gharg, gu glan cùbhr',
Agus spionnadh á anmhunn,
Agus mòr ás a' mheanbh 'bha gun lùths,

Agus còmhnard á garbhlaich,
Agus dìreach á camachd nan lùb.

CXXVIII.

Chiteadh geal leat 'san sgàrlaid,
Ann am fuath chiteadh gràdh leat fo theinn;
Ann am fuachd gheibheteadh blàths leat,
Agus urram 'san tàire gun suim;
Ann an truailleachd fìor àillteachd,
Is tric chiteadh slàint' leat 'san tinn;
Chiteadh beath' ann sa' bhàs leat,
Far nach faicteadh aon chàil leis na doill.

CXXIX.

Mar bha t' anfhainneachd làitheil,
A' cur feum air ùr-ghràsaibh gach uair,
Fo 'n do chleachd thu féin-àicheadh,
Anns gach ceum ann sam b' àirde do bhuaidh;

[TD 288]

Cumail féin fo do shàiltibh,
Uiread s dioghlum cha b' àill leat a bhuan;
Bu le ainm an Tì 's àirde,
T' iobairt-mholaidh bha ghnàth dha dol suas.

CXXX.

Is iomadh teachdaire gràdhach,
Thaobh ghibhtean us gràis nach robh clì,
Leis 'm bu mhiann a bhi làimh riut,
N àm bhi 'g iomradh gu blàth air gaol Chriosd;
Aig do chosaibh gu sàmhach,
Gabhail oilein us àraich na 'n dìth
Fo do sholus o 'n àirde,
Deanamh aoibhneis us gàirdeachais crìdh.

EARRANN VI:-A CHLIU.

CXXXI.

CHA b' e duirchid do bhriathran,
Na do sholus a dh' fhàg diomhair air pàirt,
Cuid do d' phuingibh mu 'n diadhachd,
Mu oibreachadh mìorbhuileach gràis;
Ach am breithneachadh iosal,
Air doimhne, fad, leud agus àird,
Gliocais, gràidh tha neo-criochnaich,
Nach tuig creatairean criochnach na 'làn.

[TD 289]

CXXXII.

Fhuair thu Comunn 'san Trianaid,
Nach robh aon uair na 'chend staid aig Adh'mh;

Ged bu ghlòirmhor na 'iomhaigh
E mu 'n d' thuit e, le strìochdadadh d' a nàmh;
Ni bu dlùth' mar an ceudna,
Na bh' aig ainglibh na 'fhanuis gu h-àrd;
Ann a' d' aonadh ri Criodha,
Fhuair thu 'n nàdur na diadhachd comh-pàirt.

CXXXIII.

Nuair a rugadh an Ceud-ghin,
Nuair chualas an Ephrata an fhuaim,
Do sheinn aingle nan nèamhan,
Gu binn air àrd sgeula nam buadh;
Ach fhuair thusa mu 'n sgeul sin,
Gus a ghnàth chur an céill leat do 'n t-sluagh,
Ni nach d' fhuair na naomh-cheruib,
Ged is mòr th' ac' do léirsinn mu 'n Uan.

CXXXIV.

Fear do ghibtean do réir sin,
Ciod an t-ioghnadh ged dh' éireadh e 'n àird'
An cuid do phongaibh thar léirsinn
Iomadh aoin do d' cho-chreutairibh gràidh:
Dh' easbhuidh tuigse s le 'n reuson,
Nach cumadh na d' cheumaibh ort fàir',
Ach na 'dhéigh sin fhuair feum dheth,
Nuair a thuig iad uait fèin e ni b' fhèarr.

[TD 290]

CXXXV.

Chreid thu Dia theachd na d' nàduir,
Do dh' fhairich thu 'n gràdh ud na d' chrìdh';
Agus innleachdan Shàtain,
Dùsgadh truailleachd an àird' gus a chlaoïdh;
S mar tha ceannard na slàinte,
Na 'chùl-taic do 'n dream ghràsmhor tha sgìth,
Fo na tuinn mar mhuir bàithte,
Tigh'nn mu 'n timchioll s ga 'm fàgail gun chì.

CXXXVI.

Is iomadh uair dhoibh a thàrlas,
Mar bha òglach an fhàidhe fo thùirs',
Fo gheur uamhas ga 'fhàsgadh,
An uair bha 'n sluagh us feachd nàmhaid air dlùth;
Us ged bha e 'n staid téarnaoidh,
B' i an truaighe a mhàin ri 'n robh 'dhùil;
Gus am fac e 'm feachd làidir,
Bha m' a thimchioll o 'n àirde le 'shùil.

CXXXVII.

Is bochd, mi-shuaimhneach us brònach,
Do chuspairibh tràcair us trùais,
Tre ás-creidimh s mi-dhochas,
Do réir seallaidh, bhi 'm fòir-eigin chruaidh,

Agus naimhdean an tòir orr',
Ann an ciòcras gu 'm beò-shlugadh suas,
An uair th' aca tèaruinteachd ghlòrmhor,
Nam bu léir dhoibh, ga 'n còmhnhadh mu 'n cuairt.

[TD 291]

CXXXVIII.

Is e 'm beò-chreidimh ni làidir,
Na h-anamanna gràsmhor gu léir,
Ann an neart an tréin ghàirdean,
Am mòr iomlanachd àrdaicht' Mhic Dhé,
Thogas suas iad ri 'ghràdh-san,
O 'n talamh gu 'làthaireachd air néamh,
An uair tha 'm faireachduinn cràiteach,
S iad na 'n anmhuinneachd sàruicht dhiubh féin.

CXXXIX.

Thaobh an tairt s am mòr ìotadh,
Bh' air an t-sluagh air do bhriathraibh an tòir,
Bhiodh na mìltean s na ciadan,
As gach sgìr' teachd le ciòcras na d' chòir;
S cha bu sgios le cuid lionmhor,
Fichead mile, ged dhianadh iad s còrr,
Teachd a dh' èisdeachd do sgiala,
Bha na 'slàinte, na 'dòn dhoibh s 'na 'lòn.

CXL.

Bhiodh gach tiormadar féineil,
Leis an pharmad ga 'n lèireadh s ga 'n leon,
An luchd-leanmuinn ga 'n tréigsinn,
Teicheadh ás uath' mar threud o dhroch crò;
Am freasdal iomraidh mhi-chéillidh,
Bha gun iùl dh' easbhuidh cheud-faithean beò,
Ceang'lt' aig mealltair nam breugan,
An inntinn talmhaidh gun spéis ach do 'n fheoil.

[TD 292]

CXLI.

Bha do theagast co tarbhach,
Do mhòr àireamh do anamannaibh caillt',
S nach robh ceum fhad s a dh' fhalbh thu,
Nach robh 'n sluagh air do sheanchas an geall;
Ann an Sasunn luidh ainm dhuit,
Leis an uirighioll dhearbht' a bha d' chainnt;
Ghoir iad Abstol na h-Alb' dhiot,
Thaobh na glòir' bha 'n ùr-labhradh do theang.

CXLII.

Is fad s is farsuing a sgaoileadh,
Còmhradh t' oibre 'sna crìochaibh mu 'n cuairt;
Chaidh e mach feadh gach tire,
Ann am Breatunn measg mhìltean do 'n t-sluagh;

Sasunn, Eirinn s Tìr Iosal—
Na h-Alba s gach dìthreabh mu thuath;
Ghabh na h-Iortaich le mìlseachd,
Ri do theisteas ro dhileas mu 'n Uan.

CXLIII.

Is ni nach comas dhomh innseadh,
Dh' easbhuidh cainnt agus inntinn g' a luaidh,
Leat mar shoirbhich an fhìrinn,
Leis na beannachdaibh prìseil 's mòr luach,
Cha b' ann a mhàin ann san rioghachd-s',
Far am b' ait leinn bhi cluinntinn a fuaim,
Ach do thoradh do shaothrach,
Chaidh a null do na h-Innsibh thar chuan.

[TD 293]

CXLIV.

Toradh saothrach do ghaoil-sa,
Tha r' a fhaicinn 'sna h-Innsibh an uair-s'
Toradh ùrnuigh o d' mhaoth chridh',
Agus t' oilleanaich naomha na 'm buaidh;
Us do cheud mhac 'bha caomhail,
Measg nan anama thug gaol dha gun fhuath,
Fad a chuairt ann san t-saoghal,
Ged a chrìochnaich a shaothair co luath.

CXLV.

Ciod a their mi cha 'n eòl domh,
Mu do shoirbheachadh mòr fad do chuairt;
Ann am fìon-lios Iehobhaih,
Rinn thu dileas mar 'òglach-s le buaidh;
Leam cha teagamh nach d' chòmhlaich,
Cuid do d' chloinn le mòr shòlas riut shuas,
Cuid na d' dhéigh an gleann deòir dhiubh,
Bhios fa dheòidh dhuit na 'n glòir s na 'n crùnuail.

CXLVI.

Ged is lìonmhòr tha brònach,
Tha ga d' chaoidh o chaidh fòd ort le h-eug;
Cha 'n e 'm bròn tha gun dòchas,
Tha ga 'm fàgail co leòint' ann do dhéigh;
Oir is cinnt' leo gur beò thu,
Ann am Pàras na glòire air nèamh,
Measg nan ainglean thug còmh-dhail
Dhuit 'n uair dhealaich an deò ri do chré.

[TD 294]

CXLVII.

An uair bha 'm foghar tigh'nn dlùth ort,
Bha do bhagaidean cùbhraidh fàs làn;
Toradh trom ort ga 'ghiùlan,
Mar làn arbhar a' lùbadh gu làr:

Air do 'n ghairm teachd do d' ionnsuidh,
Gu dol imrich do 'n lùchaint a 's àird',
Dhol air falbh 's tu nach diùltadh,
Gu làn sheilbh ann an cùirt Fir do ghràidh.

CXLVIII.

Leis na h-ainglibh bu phrìseil
Bhi ga d' fheitheamh an uair libhrig thu 'n deo;
Air an sgiathaibh ga d' dhìreadh,
Chum an aoibneis gun sgios thar na neòil;
Chum a' chomuinn nach criochnaich,
Air an tric bha do mhiann s tu fo bhròn,
Ann san dealraich mar ghrian thu,
Ann am fireantachd fhìor-ghlan gun sgleo.

CXLIX.

Ann san fhìreantachd dhealraich,
Ann san d' àrdaich t' fhear-gràidh thu gu mòr;
Thu ga 'fhaicinn mar tha E,
Ann an iomlanachd àillidh bhi-bheò:
Thu ris cosmhuil na d' nadur,
Air do chaochladh o chàileachd na feòl';
Tha do chìocras làn-shàsuicht,
Ioma-riaraicht' an làthaireachd a ghlòir'

[TD 295]

CL.

Glòir nach b' urrainn thu ghiùlan,
Tre anfhainneachd shùl ann san fheòil;
Bu tric ort bha drùidh teach,
Mar bhlàth bhraonaibh ro chùbhraidh o neòil;
Air do chridhe maoth, brùite,
Do ghruaidhean a' srùladh nan deòir,
Cha 'n fheum thu nis gnùis-bhrat,
Ga 'lan-mheatlninn gu dlùth na d' làn-chòir.

CLI.

Chaidh gach doilghios air chùl dhuit,
Chaidh gach àmhghar us tùirse mu làr;
Theich gach duibhre s gach dùldachd,
Theich gach buaireadh, gach ciùrradh s gach cràdh;
Theich gach iomaguinn s gach cùram,
Theich gach diomhanas siùbhach s gach sgàil;
Theich gach caoidh leis gach ionndrainn—
Tha gach sgios dhuit air tionnnadh gu tàmh.

CLII.

Sgaoil do phàilliunn o chéile,
Am bu tric bha thu deurach fo bhròn;
Sgìth le osnaibh fo cheusadh,
S iomadh deuchainn bha dùr ga do leòn;
Ta thu nis na d' làn éideadh,
Aig làn shaors 'san tigh nèamhaidh ag òl

As an lànachd nach tréig thu;
Linn nan linn cha tig éis air do stòir.

[TD 296]

CLIII.

Thionndaidh bròn dhuit gu h-aoibhneas,
Thionndaidh duibhre na h-oidhche gu lò:
Cha tig sgàil air do shoillse,
Tha do dhealradh na 'bhoillsgeadh gun cheò
Thionndaidh t' ùrnuigh gu seinn dhuit,
Air a' chlàrsach ro bhinn tha do 'n òir;
Seinn nan dàna s nan laoidhean,
Air a' ghràdh rinn co-lìont thu le glòir.

CLIV.

Fhuair thu crùn na làn duaise,
Mar an gleachdair a bhuadhaich 'san réis;
A' chlach gheal s an t-ainm nuadh oírr',
Nach tuig aon ach na fhuair i iad féin;
An deis fhìor-ghlan neo-thruaillidh,
Chaoídh nach caochail na 'snaudh s na 'glan sgéimh,
Craobh na beatha bith-bhuan dhuit,
Le naomh thoraibh ro luachmhor a geug.

CLV.

An uair a shéidear gu fuaimneach,
An trompaid le 'n luaisgear na sléibht',
An uair a dhùisgeas o 'n uaighibh,
Na mairbh bha na 'n suain annt' gu léir;
Chì na slòigh do ghlòir uasal,
Air deas-laimh an Uain s mar ris féin,
A' to'airt breth air na h-uaibhrich,
An aghaidh t' iomraigd chuir suarach an Léigh.

[TD 297]

CLVI.

Sin an là 'm bi do shòlas,
Air a lionadh do ghlòir na 'làn-sgéimh;
Ann san iomlanachd òirdheirc,
Ann san sgeadaich Iehobhah a threud;
An uair theid diabhuil air fògradh,
S na shaltair fo 'm brògaibh Mac Dhé,
Fo bhinn-dìtidh gu dòlas,
Gu loch teine na dòruinn s na péin'.

CLVII.

Chì na h-aingidh thu 'n uair sin,
Bidh do ghlòir na 'mhòr uamhas dhoibh féin;
A' cur ri 'm piantaibh s ri 'n truaighibh,
Nach do chreid iad na chual iad o d' bheul;
Ach bidh aoibhneas le luathghair,
Aig a' mhuinntir thug cluas do do sgeul;

To'airt na glóir' do 'n Ard-uachd'ran,
Thug thu riamh dhoibh mar bhuchaille treud.

CLVIII.

Dhuit cha 'n aithreach gach deuchainn,
Rinn thu ghiùlan na 'aoibhar 'san fheòil;
Shiab o d' shùilibh na deura,
T' aghaidh ungt' le h-ol-aoibhneis gun sgleò;
Cha tig neul air do léirsinn,
O làn mhealtuinn do Dhé na 'làn-chòir;
Oir tha 'ghrian ort air éirigh,
tu mar shoillseadan h nspeu na 'n làn ghlòir.

[TD 298]

CLIX.

Deatach smùididh am pian-san,
Bhios a' dìreadh s a sìor dhol an àird',
Cha to'air osnad o d' chliabh-sa,
Ann an truas riùth', oir chrìochnaich dhuit cràdh;
Oir bidh t' anam co lìonta,
Leis a' ghlòir air 'n d' rinn iadsan mòr thàir,
T' Aleluia gu sìorruidh,
Bidh dol suas 'n uair tha 'm pian-s' na 'làn àird'.

CLX.

Bidh an caochladh co iomlan,
Air na naoimh, nach gabh iomradh an dràsd;
S nach tig gluasad le duilchinn,
Air an sonas, le h-urchuidibh chàich;
O! faiceadh peacaich an iomrall,
Gabhail impidh le h-iomaguinn na 'thrà;
Ann an dòchas s am muinghinn,
Tréigsinn uilc ann an iomlaid saoir ghràis.

CLXI.

Ach tha sinn' air ar fagail,
As do dhéigh, ann am fàsach nan deòir;
Fosgait, buailteach do àmhghair,
Do gheur-leanmuinn tha ghnàth oirnn an tòir;
Ach an tràcair nach fàilnich,
Tha ni 's leòir ann a ghràs gu 'r to'airt beò;
Chum ar n-anama na 'chàs-san,
Chumail suas ann an tàbhachd s an treòir.

[TD 299]

CLXII.

A Thi iochdmhor! na d' fhàbhar,
Dean sa' chreidimh sinn làidir us beò;
Nochd gu treun dhuinn do ghàirdean,
To'airt do naimhdean fo d' shàil mar chos-stòl;
Lùb do nèamhan o 'n àirde,
Leig do dhealanach deàlrach feadh shlògh,

Cuir do shaighdean geur-shàithte,
Ann an cridhe t' eas-càirdean ga 'n leòn.

CLXIII.

Gus an strìochd iad gu làr dhuit,
Tre ghràs aithreachais shlàinteil, d' an deòin:
Le féin-ghràin us féin-thàire,
Ann an ùmhlachd a' ghràidh mar bu chòir;
Gabhail tlachd ann do stàtuibh,
Air son peacaidh fo näire s fo bhròn;
Dol fo d' chuing gu féin-àicheil,
Le toil-inntinn us gairdeachas mòr.

CLXIV.

Leudaich ionad ar pàilliunn,
Brat ar bùtha 'chur sgàil oirnn us dòn;
Sgaoil ar cùird feedh an fhàsaich,
Ann am farsuingeachd tàirngte na d' rian;
Dean ar cuailleachan làidir,
Us do-ghluaise na d' stàtuibh gach ial,
Thigeadh sliochd air gach làimh oirnn,
Réir do gheallaidh le gràdh dhuit bhios liont'.

[TD 300]

CLXV.

Meudaich maoin do dheadh chàirdean,
Is leat an t-airgiod, an tain us an t-òir,
Dean iad fialaidh, pailt-làmhach,
Chumail bìdh ann a' d' fhàrdoich mar stòr;
Chum do theachdairean gràdhach
Chumail suas chum do chàs bhi dol leò;
Sgaoileadh sgeula na slàinte,
Le deadh shoirbheas nan gràs chum do ghlòir'.

[TD 301]

AN CUART CUAN
NO
DAN NA BREADALBAINN.

A rinneadh leis a' Bhard air dha tilleadh dhachaigh bho 'n taobh
deas ann sa' bhliadhna 1851.

I.

GED 's dail cha dearmad a bhac mo sheanachas
Mu m' thuras ainmach san aimsir fhuar
San chulaidh dhealbhaich do 'n ainm 'Breadalba'
Le gaoith gun anagna dh' fhag balbh an cuan;
Gu 'n dhuisg an soirbheas o' n aird an Earadheas
A ghreas air falbh i mar earb air luaths,
S nuair dh' fhaisg i 'canabhas sna tuinn bha barragheal
Bha spairn ga 'n teannachadh air cainb nan dual.

II.

Nuair lion na siuil aic, gach aon diubh s bru air
S a cruinn mar iubhrain a' lub 'san uair,
Bha coileach dùbh-ghorm a' ruith o 'n stiuir aic
Na chamalaig lubaich ri durdan cruaidh;
S e 'ceum bha siubhlach a' leum gu sunndach
Troimh 'n mhuir bha sruladh gu dluth m' a cuairt,
Gu 'm b' fhior chruit-chìùil a bhi 'g eisdeachd bùirein
A tomain surdail bu bhruchdail fuaim.

[TD 302]

III.

Ge b' thoiseach geomhraidh le gaoith bha ceannaidh,
I 'seideadh teann cha b' ann mall i ghluais,
Troimh 'n fhairg mar bheanntaibh na luig s na gleanntaibh
A' cur nan steall diubh na 'n deann m' a cluais;
Le fiamh no fanntachd cha d' iarr i 'n t-abhsadh
S e ghnath ri sealltuinn taobh thall a chuain;
B' fhior ('s mis' bha 'g amharc ri cùrs nach d' chaill i)
Gu 'n ghearr i nall air gu ceann a ruaig.

IV.

Is i 's deis' fodh h-aodach gu cur nan gaothaibh,
S a com a' faomadh tighinn saor m' an cuairt,
O sail bhiodh saobh-shruth mar chladhan gaoireach,
Mar bhuaile chaorach co cruinn mar chuach;
Is i nì 'n roid-chinn deth na leum le sinteag
S a smuid na still thar na croinn dol suas,
Gu 'm b' aiteas inntinn do neach bhi innte
Mur deanta tinn e le glinn a chuain.

V.

Gu 'm b' ait an ceol leinn fior fhuaim a cronain,
Na ruith cur bhorlum na 'n torr o gruaidh,
S a' muir us croic air mu beul a' copadh
An lan s gach seol aic s gach rop ri fuaim;
Na tuinn a' bochdadhbh le gaoir a' dortadh
Gu dluth mu bordaibh le roichdeadh cruaidh,
An sgiob ga seoladh le laimhaibh eolach
S a' deanamh sòlais ro mhor r'a luathas.

[TD 303]

VI.

A ghaoth ged sheideadh s a siùil a' reubadh
O'n chloich nan gléidht i air ceum a h-iùil,
Na tuinn ged bheuchdadhbh cha 'n éireadh beud dhi
Us soills' o'n speuraibh 'to'airt leirsinn shul;
Tha asnaibh cléibh aic cho taiceil treunmhor
Cho teann ri cheile s nach géill dhi sugh,
Ri uchd gach deuchainn tha i cho gleusda
S nach tarladh léireadh do chré fodh buird.

VII.

Ged dh' eireadh cona-ghaothach le teine sionnachain
S a' muir na ghlumraidh ri bulg gu dlùth,
Cha rachadh tulg innt ri tuinn ga tunnachdad
Ag àt le buirbe s le burrchedadh dùr;
Cho fad s a b' iomchuidh dhi aodach iomchar
Ged bhiodh na stuirchd mar choin-luiring m' a stiuir,
Cha b' aobhar iomaguin d' a taobh nach buinigeadh
I cala cuimseach nam fuilingeadh siùil.

VIII.

Tha i cho aonta s cho dluth na saoirsneachd
Na cinn s na taobhan dion-ghlaodh, teann-bhuailt,
Cho saor o ao-dion s nach iarr i taoman
S clar uachdair caoin-gheal troimh braon bha bhail;
Taobh stigh cho saoineil cho glan s cho riomhach
S gu faodadh Righ leis car tim cur suas,
A bhiadh a dhiolaidh us luidh sìnnit innt
Air leabaidh mhìn-ghlain aig sith le suain.

[TD 304]

IX.

Gu 'm b' aiteas dhùinn ar ceud sealladh sul di,
I' teachd d' ar n-ionnsuidh s a càrs gu tuath
Air dhi 'bhi giulan nan teachdair iulmhor
Tho'airt sgeul ás ùr dhuinn air cliu an Uain;
S gu 'm b' e ar durachd gu 'n cumaidht i siubhlach
Air feedh nan duthchaibh-s' gach taobh mu 'n cuairt
Feedh cheall us chuiltibh fodh neul an dusail
A chum le ùr-ghras an dusgadh suas.

X.

Is e seo mo chliu dhuibh air feum na h-iubhraich
D'an ceaird bhi giulan chinn-iuil nam buadh,
Gu tir nan stuchd bheann 'to'airt tluis us ùraich
Us saors o'n duldach a dh' ionnsuidh sluaigh;
Air sgàth 'n fhir iulmhoir a ghabh dhinn curam
Bhios 'ainm ro mhuirneach fad ùin ri luaidh;
B' e 'm beud s an diubhail gu 'n cuirt' air chul i
Le cainnt luchd diumbaidh chion diù us truais.

XI.

Nan cuirt' air chul i le fior chion diu dhinn
Gun teachd d' ar n-ionnsuidh b' i chuingeachd thruagh,
Bu mhòr an ionndrainn tre easbhuidh ionndais
S e mor r'a chunntas, nan cumaidht i uainn;
I ghnàth ga thionndadh s do phairt a' dubladh
Gun iad ga chunn'adh le dùinteachd cruais,
S bho thainig spùill oirnn gu 'm b' fhialadh dhuinn iad,
A nis dha chionn siud an duil to'airt uap.

[TD 305]

XII.

Chuir i air tir mi far 'n tric robh m' inntinn
An caidreamh priseil s le cridhe gun ghruaim
Am measg nam firean tha 'n cuid na 'n sineadh,
Gu 'n chriochnaich tim dhoibh an sith san uaigh;
Far an d' fhuair mi aoidheachd le gair s le faoilteachd,
Bho shluagh s bho aodhair le gaol gun fhuath
S cha b'e mo sgios diubh 'ni ghreas mi direach
Gu m' chas a shineadh Phort-righ cho luath.

XIII.

Far d' fhuair mar b' àbhaist mi caoimhneas gradhach
S an d' rinn mi tamh gus an d' rainig m' uair
Gu falbh am bàta na smuide laidir
A' ruith gun dail tromh Chaol-Acainn suas;
An Caol Reith bha sàs oir' cur sruth gu daicheil,
Ri h-uchd bha gàrradh gu h-ard mar bhruaich,
Na chop le gair gheal na 'bhruchd a' barcadh
S a coinn ga fhasgadh le spairn bha cruidh.

XIV.

Nuair chuir i 'n caol sin s a fhuair i faothachadh
Mar fhiadh an aonaich s e'n caonnag chruaidh,
Bha ceum cho aotrum ri earb nan raontaibh
S na coin fo 'n chaothach ga 'n cur dian na 'n luaths;
Gu Maol Chinntire bha stoirm na h-aoduinn
S cha d' rinn i pilltinn romh mhill nan stuadh,
Nuair fhuair i ghaoth leithe taobh thall na Maoile
B' i fein an t-sraonag feadh mhìn uisg Chluaidh.

[TD 306]

XV.

An Dunothainn àigh ghabh mi tir mar b' àill team
Far 'n d' thuig mo chairdean cion-fàth mo chuairt
A nochd gun dail dhomh gu 'n robh 'n gaol braithreil
Gu dlùth ri 'n àirnibh le baigh s le truas;
S cha b' ann a mhain ann am briathraibh blàtha
Nochd iad an gradh bhi do chàs an Uain,
Ach fial pailt lamhach do 'maoin a phairtich
Gu Eaglais Mhanuis a lan chur suas.

XVI.

B' e 'n crannchur àraidh do neach bhi tamh ann
A ghne do àite cho àillidh snuadh,
Fo 'n mhais chuir nadur air tir s air traigh air
Le cùbhraidheachd fàilidh nach tair mi luaidh;
S iad air son slainte do 'n cuirp s le àbhachd
Tighinn 'n àm a' bhlàthais ás gach cearn mu 'n cuairt,
S e thaitneas ard a ni mhiannaich aireamh,
An sgeimh chuir gras air ceann-fath gach uaill.

XVII.

Tha 'bhlath le neonain cho taitneach boideach

S a reidhlean comhnard ri bordair Chluaidh,
Tha lan gach lo do na longaibh seolaith
S luing theine 'n comhnuidh le ceo dol suas;
A bheanntaibh mora le gorm bhrat oirdhearc
A raointibh comhdaicht le lon s le buar,
Bu shealladh gloir-mhoir do shuilibh feola
S bu bholladh sòlais do m' shroin a chluain.

[TD 307]

XVIII.

Gur maирг le ailghios a dh' iarradh fhagail
Mar sheimh thom taimhe cho aillidh snuadh,
Cho fallain failidh s gach ni tha 'm fabhur
A chuirp chum slaint ann gu lathail nuadh;
S e beannachd àraidih chuir Dia na ghradh air
Do dh' anm' neo-bhasmhor 'n grasaibh buan,
A' sileadh blath mar an driuchd a ghnath air
To'airt luthais us fais doibh gu tlàth o shuas.

XIX.

Fhad s bha mo thamhachd air oidhch no là ann
Cha d' fhuair mi càil dhomh thug cradh no leon,
Cha chualas gadruisg a mach air sraid ann,
Mu thighibh tàirnidh; no capraig òil,
No cleachdadadh graisgeil luchd bristidh Sabaid
No briathraibh graineil no gnath luchd pòit
Ach sith us samhchair an aonachd ghraidih ann
Mar chloinn fodh àrach nan grasaibh beo.

XX.

Is iad fein bha ordail us deas na 'n comhdach
Air dhoibh teachd comhladh mar chomhlan sluaigh,
Aig eisdeachd stolda fo chuirm ro shoghmhoir
An t-soisgeil ghlormhoir tigh'nn beo gu 'n cluais;
Bha gnuisibh sòlais ag innseadh dhomhsa
Mar mheasg am bron leis na deoir o 'n gruaidh,
Gu 'n d' thainig trocair nan gràs na 'n comhdhail
Bha dhoibh an comhnuidh mar lòn o shuas.

[TD 308]

XXI.

Bha seo na dhearbhadh nach b' ni bha aimrid
Chuir beo na 'n anamaibh ach gineamhuin nuadh,
Gu 'm bhainne fhuair iad bha 'g altrum leanabaibh
S bha saor o anabas s cho dealrach snuadh;
Nach cridh bha seargta gun aithne dhealbhaich
Air grasan tearamuinn le aircis truais
Nach b' aodhair balbh a bha dhaibh n' fhear-labhraidih
Thug mana falachaидh an sealbh do 'n t-sluagh.

XXII.

S nach crann do 'n chrionaich thog suas co lionmhor

Do gheugaibh sgiamhach cho ciatach blàth,
Fo 'n toradh bhiachar a dh' fhàs o shiol chur
An t-Soisgeil shiorruidh s o fhriamh a ghraidh;
Bha 'n tlachd s an iotadh a' faotainn riaraich
S a' bhainn' lon-mhiannaicht a mhiadaich cail,
Gu 'm beul bhi 'g iathadh gu dlù mo chiochaibh
Neach shruthail fion doibh gu fial o 'n aird.

XXIII.

Bha 'm blas cho fior għlan s nach gabht mar bhiadh leo
Na dearcan fiadhainn a riaraich cach
Nach d' thog am fianuis an gniomh na 'm briathraibh
An aobhar Dhaia s nach do striochd da 'n àithn;
Ach dh' fhan gu cianail fo 'n stàid gu 'n riaghladh
S a dhiult cuing Chriosda gun mhiadh d' a chàs,
Dh' fhag siud na ciadan tigh'nn beo gu diomhain
Air cairb na blianaich fo nial a' bhais.

[TD 309]

XXIV.

S e cridh bha leoint' dheanamh leum le sòlas
Na faict o chlo iad tighinn beo tre għras,
An t-Athair glormhor a' dol na 'n còmhdaile
Mar mhacaibh strothail le pòig s le fàilt;
Tre fħarmad fheolħor nuair chluinnt an ceol leo
Bhi air cul na comħla 's ann leo nach b' fhearr,
Ach seinn co-choirdt' ann an gaol na trocain
S a' chuan ro shogħħor ag òl an sàth.

XXV.

Dh' fhàg siud an comhnuidh na bhlaiss air trocain
D' an taobh ga 'n leonadh s gu mor ga 'n cradh
Airson an t-seors ud fo 'n bħrat ga 'n comhdach
S cinn-iuil ga 'n treorach 'sa cheo gach là;
Dh' fhàg iochd us teo-chridheachd d' an taobh iad bronach
A' faicinn morain gun eol air slaint,
Fo bhinn am fograidh o 'n chathair ġħormhoir
Fu cuan na doruinn s nan deoir gun bhàigh.

XXVI.

Gum b' ait leam fein a bhi measg an treud ud
An àm bhi 'g eisdeachd fo sgeul nam buadh
Us gras na h-eifeachd a' teachd le treun għath
Cur fuil na reite ri creuchdaibh truagh;
Għażiex aon aig eigheach a fhuair ùr ghleusadħ
A' seinn le 'm beul air cliu Dhe ga 'luaidh,
Air gloiż an Leigh sin a phaigh an éiric
S an aignidh 'g eiridh gu neamħ a suas

[TD 310]

XXVII.

S o sin do sheoladh gu Eilean Bhoid mi

Far nach bo dòlum dhomh lòn us blàths,
Le toil gun soradh o chaomh fhear eolais
Bha dhomh na chomhnadh ro mhòr s na stà;
A dh' fhàlbh s a threoraich a measg an t-sloigh mi
Bha ciuin na 'n comhradh us còir na 'n gnàth,
A nochd bhi deonach na 'n gibht gun bhosda
O innigh throcair shìn dhomhs an lamh.

XXVIII.

Bho Mhaighstir Anderson caomh bha 'g amhrac
Thaobh slaint bhi fann s gun a shaibhreas mor,
Cha b' ann gu gann domh bha shineadh làimhe
S a threud na 'n teanntachd ro ghann do stor;
Cha 'd chuir iad moille 'am meud s a gheall iad
Chuir cruinn air ball dhomh s leo b' anns' an còrr,
Nam biodh e ann gus a chur na cheann domh
Mar bhonn na bantraich 's an daibh bu deoin.

XXIX.

O aodhhaire caoimhneil taobh tuath na h-oighreachd
Maighstir Mac Brìd' thug dhomh roinn de 'n òr,
O Mhaighstir Eildeir s mnai uails 'n cobhoinn ris
Le gean s le aoibhneas s le aoidh gun gho;
A shir le faoighreadh a là s a dh' oidhche
A measg luchd saoibhreis us cloinn bha òg,
Nach d' mheas mar dhoil'chinn na chur iad cruinn domh
Na 'm buinn s na 'n doitibh gu'n d' rinn e torr.

[TD 311]

XXX.

Bha 'n tuath-cheatharn gràdhach us uaislibh bharr orr
A shìn an lamh dhomh gun chàil do ghruaim,
Le 'n gnuisibh failteach us fiamh a ghair' orr
Gu geanail blath rium s do 'n chàs lan truais;
Is e 'n run bh' aig pairt diubh nan deanainn dail orm
Gun deant ni b' fhearr dheth measg chairdean suas,
S na fhuair mi dh' fhabhair Mhonteith us Chraigean
Cha cha 'n mi càil ach gu fag mar fhuair

XXXI.

Ach għluaiseadh sios leam gu baile Ghrianaig
Far 'n d' fhuair mi siocaint le fior ghean graidh,
Bha m' inntinn riaraicht an comunn rianail
An dream o chian leis 'm bu mhiann leam tamh,
Nuair fhuair mar dh' iarr mi 'n ceann-iuil ga 'm riaghla dh
An t-Ollamh fiachail, sinn thriall gun dàil
Nam measg s an chiad sgriob bu chinnt dhuinn fialachd,
S iad 'to'airt an iasachd do Thriath nan gras.

XXXII.

Rinn m' inntinn gaire nuair fhuair mi Gaidhlig
Am measg mo chairdean le blàs nach gann,
Bha mi lan samhchair na 'n comunn gradhach

Cho fad s a thamh mi fo 'n sgail san àm;
S gu 'm faod mi ràtitinn mo thaing do aireamh
Do mhuinntir àraidh nach tàir mi chainnt
Chuir orr' am baigh rium le meud s a bhair'g iad
A chuir orm làire le 'n d' fhàs mi fann.

[TD 312]

XXXIII.

S na thuilleadh bharr air na fhuair mi chairdeas
O m' fhior luchd daimhe le gradh gun fheall,
Cha d' thainig cach ann a tomhas gearr air
An gean s am fabhar dhomh measg nan Gall;
Nach robh gann lamhach mo 'm maoin de 'm phaigh iad
Gu siochail pairteach do 'n chàs san àm,
M Port Ghlaschu chamhlaich s gun Ghuraig fhagail
Bha 'n inntinn tlàth rium s gach ait a bh' ann.

XXXIV.

Us Fairi cliuteach nan tighean siuchdair
Nach cruaidh mu 'n chùinneadh an cuisibh teann
Bheir uaith gun chùmhnhadh nuair 's àil s is fiù leis,
Bidh ghibht-san dubailt os cionn mor mheall;
A mach ás ionndais thug e da phunnd domh
S cha d' rinn e ionndrainn mar ouns' da chall
Bo bheag na shuilibh 'n to'air dhomh na 'n lubain
Le toil s le durachd, á gnuis gun sgraing.

XXXV.

An sàr dhuin uasal Mac Phi nam buaidhibh
D' an cliu bhi suairce gun chruas mo mhaoin,
A chomhdaich suas mi 'cur deis air m' uachdar
Do eudach snuadhdmhor s do shuanach daor;
Cha b' e ghibht shuarach o laimh a fhuair mi
Le gnuis gun ghruaimein, gun uaill d' a thaobh
S bidh ainm ro luachdmhor air chuimhn ri luaidh ann
Air linntibh buan air-son truas a ghaoil.

[TD 313]

XXXVI.

Gu Glaschu mheadhrach a' chamhlaich ghreadhnaich,
San lionmhor Goill tha ro chaoimhneil caoin,
Chaidh mi feadh roinn deth na b' fhiach fhoighneachd
A thug dhomh slaim ann le aoibhneas gaoil;
Cha b' ann le raoiteachd a b' àill leo saoibhreas
A chosd san oidhch ach gu caoimhneil caomh,
S bu ghradh bha foillsicht na 'n gnuis a' boillsgeadh
To'airt uath le deadh ghean cuid roinn gu saor.

XXXVII.

Measg chairdean diamhair bha rium ro fhialaidh,
Nach b' ann le briathraibh a dhearbh dhomh 'n gaol
Ach nochd na 'n gniomhraibh s cha b' ann gu diomhain

Le 'n d' rinn iad diolam a b' fhiach an t-saothar;
A sheol dhomh riaghailte cho math s a dh iarruinn
Measg luchd na tiolac a dhion le faoilt;
S a mheas mar fhiachaibh dhoibh sin a dhianamh
Dheth 'n bhulich Dia orr' chur rian na 'n cridhe.

XXXVIII.

An urra mhór sin Fear Tullaich Eoghain
Tha fial an comhnuidh mo stor s mo mhaoin,
O innibh throcair chuir lamh na phoca,
Thug ás a dhorn dhomh deich nòt gu saor;
S mnai uaisl le sòlas a' tionail comhladh
O inntinn theo-chridh'ch chuir doigh us saod,
Air tuillidh sheoltaidh am measg luchd eolais,
Gun d' fhúair iad moran le deoin gach aoin.

[TD 314]

XXXIX.

As sin do thriall mi Dhuneidinn ghrianach
Nan sraidibh ciatach le 'n ciadaibh sloigh,
Nan luchairt sgiamhach s nan cuirtibh fiorghlan
Nan uaislean fiachail nach crion mo 'n òr;
S cha b' ann gu h-iorgallt ach ciùin neo fhiadhant
Bha 'n cainnt s am briathraighe le tiamhachd teòt
S a naisg gu h-iasgaidh á inntinn thiorail
Dheth 'n cuid gun iorguinn ach fial gun gho.

XL.

Bha statuibh mora s mnai uaisle phosda
Araon us oighean gun phrois gun ghrúaim,
Gu cridheil deonach a' to'airt dheth 'n storas
Le speis gun soradh o theo-chridh truais;
Le truaghais mor bhi ri cor nan deoiribh
Bha dh' easbhuidh sheoil air tigh le e chur suas,
Gu eisdeachd stolda ri sgeul an t-sòlais,
Saor Shoisgeul ghloirmhor Righ mor nan sluagh.

XLI.

Bha cairdean gaolach am baile Lite
A rinn an dicheall le cridh gun chluain,
Luchd-dreuchd us aodh'raibh mu 'n cuid cho aoidheil
Le inntinn aon-fhillt le saors gun uaill;
An t-Ollamh priseil Macealair caoimhneil,
Cha b' e ghibht maoidheach no phiob gun luach
Dhomh rinn e shìneadh s bha innigh dileas
Na chois s bu bhrigh dhi: gu 'n cinn le buaidh.

[TD 315]

XLII.

Sin thog mi m' imrich gu Maighstir Irbhainn,
Cha b' e dhomh 'n t-iomrall no 'n duilichinn chruaidh,
Ghabh rium gu suilbhearr le faint s le fuireabhailt,

Cha b' e fath iomaguin mo chruinn car cuairt;
Ghrad sgaoil e m' iomradh s e fein ga iomchar,
To'airt cinnt gun chumrig gu 'm buinnigt o 'n t-sluagh
Cuid roinn dheth 'n ionmhas s e fein gu h-ionmhuinn
A reir mar dh' fhuilingeadh a' tiomnadadh suas.

XLIII.

Tha 'n t-àm tigh'nn dlù gu mo sgeul cho-dhunadh
Le toil s le durachd mo rùin s mo ghraidh,
Gu 'm biodh fior chultaic gach aoin ghabh curam
Le 'n speis do 'n chuis seo 's fior ghrunnd do m' dhàn,
A' fàs ni 's mù dhoibh an gras s an ionndas,
A ghnath le dubladh s le urach fais,
S gun tog an suilean ri Righ nan Duilibh
Gu bhi ga 'n stiùireadh na 'n iul gach là.

<eng>END OF VOL. I.<gai>